



CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD



# Coimisean na Croitearachd

Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan Bhliadhnaile  
2020/21

Aithisg Bhliadhna agus Cunntasan Bliadhna Coimisean na Croitearachd 2020/21

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba a rèir Earrann 2B agus Pàipear-taice 1, paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

**Don Fhòr Urramach Nicola Sturgeon**  
Prìomh Mhainistear a Mòrachd.

A Phrìomh Mhainistir Chòir

Tha e na urram dhuinn an ochdamh Aithisg Bhliadhna le Cunntasan aig Coimisean na Croitearachd na bliadhna 2020/21 a chur an làthair.

Is sinne, le meas



Malcolm MacMHathain, Neach-gairm  
Ann an dreuchd Neach-gairm bhon 20mh den Iuchair 2021



Uilleam Barron, Ceannard

SG/2021/178



Coimisean na Croitearachd  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW  
F:01463 663439  
D:info@crofting.gov.scot

Còmhdaidh © Charlotte Mackay Innes

# Clàr-innse

## 3 AITHISG AIR DÈANADAS

Sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2020/21, le sgrùdadadh air an libhrigeadh agus an dèanadas againn, agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

## 4 Foir-shealladh

Cunntas air cò sinn, dè tha sinn a' dèanamh, na gàbhaidhean as mothà a tha mar coinneimh agus mar a chaidh dhuinn thairis air a' bhliadhna a chaidh.

4 Ro-ràdh an Neach-ghairm  
6 Foir-shealladh a' Cheannaird

8 Cò Sinn

9 Modal Gníomhachais

9 Cruth na Buidhne

10 Amasan agus Ro-innleachdan

12 Ceistean agus Gàbhaidhean a Tha Mar

Coinneamh

13 Cunntas Ionmhasail

14 Cunntas air Dèanadas

## 15 Sgrùdadadh air Dèanadas

Measadh air an ire dham bheillear air na h-Amasan sa Phlana Bhliadhnaill againn, ceangailte ri Toraidhean a' Phlana Chorporra 5-bliadhna againn, a thoirt gu buil.

16 Operational Performance

23 Siostam na croitearachd a riaghlaigh gu ceart agus a dhion is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.

24 Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)

24 Ath-thagraidhean gu Cùirt an Fhearrainn (SLC)

25 Ceistean agus Gàbhaidhean a Tha Mar

Coinneamh

27 Clàr nan Croitean (ROC)

28 Clàr na Croitean

29 Dleastanasan Chroitearan

30 Cunntas na Croitearachd 2019 – Dleastanasan

32 Cunntas na Croitearachd 2020

33 Ionaltradh Coitcheann

33 Cunntas air Ionaltradh Coitcheann

34 Saorsa Fiosrachaidd/Riaghailtean

Àrainneachd/Dion Dàta

34 Gearanan

35 Conaltradh

36 Còraichean Daonna

37 Gnothaichean Àrainneachd

38 Dèanadas Ionmhasail

39 Gnothaichean an Aghaidh Coirbeachd is

Ceannach le Duais

40 Sgrùdadadh-cùise

## 43 AITHISG CUNNTALACHD

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gabhail ri deagh-riaghlaigh corporra.

## 44 Aithisg Riaghlaidh Chorporra

Mìneachadh air co-chur is eagrachadh nan structaran riaghlaidh againn agus mar a chuireas iad taic ri toirt nan amasan is nan ceann-uidhe againn gu buil.

44 Aithisg Luchd-stiùridh

47 Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir  
Chunntachail

48 Aithris mu Riaghlaidh

## 58 Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach

Sa phoileasaidh tuarastail againn, gheibhear fiosrachadh air pàigheadh is cùisean peinnsein Buill a' Bhùird againn, an Sgiobastiùridh, nochdadadh mu chothrom na Fèinne agus aithisg air luchd-obrach.

58 Aithisg Tuarastail

64 Aithisg Luchd-obrach

69 Nochdadadh fo Chunntalachd Phàrlamaideach

## 70 Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

## 75 AITHRISEAN IONMHASAIL

Aithrisean Ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le fiosrachadh mar thaic is mar mhìneachadh.

76 Aithris mu Chosg Lom Ion-chuimseach

77 Aithris mun t-Shuidheachadh Ionmhasail

78 Aithris mu Shruthan-airgid

79 Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Chisean

80 Notaichean an cois nan Aithrisean Ionmhasail

89 Stiùireadh le Ministearan na h-Alba

90 Faclair Ionmhas





# Aithisg air Dèanadas

San earrann seo, bheirear sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2020/21, le sgrùdadh air libhrigeadh is dèanadas agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

# Ro-ràdh an Neach-ghairm

Abair gur e bliadhna air leth inntinneach a tha air a bhith againn.

Thàinig air Coimisean na Croitearachd tighinn beò le dòighean-obrach eadar-dhealaichte, air falbh bho a h-ionad ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir.



Ruairidh MacCinnich

Bho dheireadh a' Mhàirt na bliadhna an-uiridh, tha an luchd-obrach agus na Coimiseanairean air a bhith ag obair bho na dachaighean aca agus a' cumail an t-uabhas choinneamhan air-loidhne. Tha na cleachdaidhean ùra sin uile air obrachadh gu math, ach a-mhàin air làimhseachadh an àireamh mhòr de litrichean a bhios an Coimisean a' faighinn gach là, ann an fior stoidhle croitearachd chaidh am post ath-stìùireadh, làimhseachadh agus air a phróiseasadh às a' chroit agam fhèin airson 6 mìosan gu deireadh an t-Sultain. Chuidich na Coimiseanairean eile gu leir cuideachd rè na h-ùine sin, nuair a bha na h-àireamhan fòn pearsanta againn air làrach-lìn a' Choimisein, agus mar thoradh air sin, chuidich sinn uile le bhith a' làimhseachadh nan iomadh ceist a thàinig tron fòn a bhios an Coimisean a' faighinn gach latha, gus an d'fhurasas dòigh eile airson luchd-obrach fònaichean a fhreagairt a-rithist.

As t-earrach na bliadhna an-uiridh, dh'iarr Riaghaltas na h-Alba air ar Stiùiriche Bill Barron a thighinn a dh'obair leotha gus cuideachadh leis an èiginn co-cheangailte ri COVID-19 ann an roinn nan dachaighean cùram, agus a-rithist chuir na Coimiseanairean an làmhan ris a' chrann gus cuideachadh far an gabhadh gus an Coimisean a chumail a' dol le obair. Lùgainn taing mhòr a thoirt dhan Bhòrd Choimiseanairean agam airson nochdadh agus a' dol an sàs ann an taobh obrachadh na buidhne ann an àm feuma.

Is e a tha a' bhliadhna a tha air a dhol seachad air sealtainn dhomh, am measg rudan eile, nach robh an Coimisean uidheamaichte gu leòr nuair a chuireadh ceumannan glasaidh an sàs. 'S e aon eisimpleir sònraichte den seo nach robh siostam air-loidhne ann far gabhadh fiosan agus tagraighean a dhèanamh le teicneòlas, agus far an gabhadh cìsean clàraidh Clàran na h-Alba (RoS) a phàigheadh air-loidhne, seach dèiligeadh ri seicichean. Bha seo na phriomhachas aig a' Bhòrd

ach a-nis tha e riatanach dha-rìribh gum bi na h-aon chomasan aig a' Choimisean ri buidhnean riaghlaidh eile. Mar fhreagairt don fheum air siostam tagraidh air-loidhne, chuir sinn buidheann obrach de luchd-stìùridh, luchd-obrach agus Coimiseanairean air chois gus coimhead air na foirmean air-loidhne a bhios a dhìth gus siostam air-loidhne comasach a stèidheachadh. Chuireadh trì buidhnean-obrach eile air chois san aon chruth gus coimhead ris a' Bhòrd agus molaidhean a dhèanamh a thaobh:

- Prìomhachasan son leudachadh air an sgioba Còmhnaidh is Cleachdadhbh Fearainn (RALUT).
- Beachdachadh air làrach sgioba-obrach a' Choimisein – mar a chothromachas sinn ar priomh ofis ann an Inbhir Nis ris a' chothrom dreuchdan a chruthachadh ann an àiteachan eile.
- Ciamaid a bhrosnaicheadh com-pàirteachadh sa Bhòrd ann an 2022, gu h-àraid am measg boireannaich.

Rinn na buidhnean-obrach sin uile molaidhean, a leanas sinn agus a chuireas sinn an sàs anns a' bhliadhna a tha romhainn.

Mo thaing dha na h-uile a bha an sàs gu saor-thoileach anns na buidhnean-obrach. Bha e na thlachd mhòr a bhith a' faicinn luchd-obrach, luchd-stìùridh agus Coimiseanairean ag obair còmhla gus amas coitcheann a choileanadh.

Choinnich am Bòrd air-loidhne ri Rùnaire a' Chaibineit, Fearghas Ewing, aig deireadh an Ògmhios agus bha sinn air leth toilichte gun deach àrdachadh sa bhuidseat a thabhdhann dhuinn gus croitearachd a neartachadh agus a leasachadh, le dreuchdan anns na h-Eileanan an Iar. Cho-dhùin na Coimiseanairean na priomhachasan dhan airgead ùr: sa gheàrr-ùine thòisich sinn iomairt gus èifeachdas siostaman a' Choimisein a leasachadh, gu sònraichte gus tagraighean air-loidhne pròiseasadh; cho-dhùin sinn

cuideachd leudachadh dhreuchdan a roinn eadar sgioba leasachaidh ùr stèidhichte anns na h-Eileanan an lar, leudachadh air RALUT agus dreuchd a bharrachd san sgioba riaghlaidh.

Tha croitearachd agus croitean fhathast, mar a bhathas a-riamh, làidir, agus feumaidh a' bhuidheann seo cumail suas ri croitearachd agus frithealadh air feumalachdan croitearachd san 21mh linn.

'S e seo an ro-ràdh mu dheireadh agam mar Neach-gairm Coimisean nan Croitearachd, leis gum bi Bòrd ùr ann bhon Mhàrt 2022 às deidh taghaidhean a' Choimiseanair. Mo thaing airson an taic a fhuair mi bho Rùnaire a' Chaibineit agus an Roinn Urrasachd; riaghlaidh agus luchd-obrach a' Choimisein agus mo bhòrd Choimiseanairean rè mo chuid ùine san dreuchd.

Mar a thuirt mi roimhe, tha mi air a bhith mi-riaraichte le mar a chaidh cuid de na h-iomairtean nuair a bha mi san dreuchd. Dh'iarrainn air a' Bhòrd ùr a bhith dàna agus co-dhùnaidhean a dhèanamh a bhrosnaicheas agus a chuireas e ri croitearachd. Tha mòran dhùbhlain ro choitearachd, leithid chùisean àrainneachd agus atharrachadh na gnàth-shìde, dìth gniomhachd, croitean bàna agus iomallachd. Faodaidh siostam croitearachd air a dheagh-riaghlaidh dèligeadh ri mòran de na gnothaichean sin.

**'S e an dùbhlain as mothà ma choinneamh Coimisean na Croitearachd mar a' Bhuidheann Riaghlaidh... ciamar a choileanar seo agus a bheirear an taic, an stiùireadh agus am brosnachadh a tha a dhìth air croitearachd.**

Rod MacCinnich, Neach-gairm



# Foir-shealladh a' Cheannaird

Tha atharrachaidhean mòra air a bhith ann dhan Choimisean am bliadhna, air sgàth is an dà chuid galair COVID-19 agus leudachadh ar n-obrach a' cur taic ri croitearachd.



Willie Barron

Chunnaic sinn cuideachd deireadh na h-ùine eadar-ghluasaid Brexit air 31 Dùblachd 2020. Cha tug am Brexit buaidh mhòr air a' Choimisean fhèin, ach tha sinn gu math mothachail gu bheil mòran mì-chinnt agus atharrachaidhean an aghaidh toile ma choinneamh chroitearan mar thoradh air.

Bha an Coimisean a' bruidhinn greis air dreuchd nas farsaing ann an adhartachaidh no leasachaidh, oir chan eil Achd 1993 a' toirt dhuinn ach dleastanas choitcheann "a bhith a' brosnachadh croitearachd". Mar sin, bha sinn air leth toilichte nuair a dh'iarr Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh Dùthchail air a' Choimisean ar dleastanas a thaobh leasachadh croitearachd a leudachadh, le maoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba. Thug seo cothrom dhuinn sgioba leasachaidh beag a chruthachadh, agus ar n-obair sparradh Còmhnaidh agus Cleachdadh Fearainn (RALU) a leudachadh, a shaileas sinne a tha bunaiteach airson ar dleastanas a bhith a' neartachadh agus a' dòn siostam na croitearachd.

Tha dà dhreuchd leasachaidh ùr, aon dreuchd RALU agus dreuchd rianachd a-nis stèidhichte anns na h-Eileanan an Iar, mar a dh'iarr Rùnaire a' Chaibineit. Tha buannachdan follaiseach an lùib fastadh luchd-obrach agus cuid de na dreuchdan againn a stèidheachadh ann an sgìrean croitearachd. Lùigidh sinn gum faiceamaid leudaichean eile a' leantainn air an leudachadh anns na h-Eileanan an Iar, leithid sgaoileadh gu raointean croitearachd eile, ged a tha sinn cuideachd gu mòr airson prìomh oifisean làidir a chumail ann an Inbhir Nis. Beachdaichidh an Coimisean nas fhaide air a' chùis seo.

Dìreach mar dhaoine agus buidhnean anns a h-uile àite, dh'adhbhraich an galar agus na glasaidhean eadar-dhealachaidhean mòra san dòigh sa bheileas ag obair. Bhon Mhàrt 2020, tha a' mhòr-chuid de luchd-obrach a' Choimisein air a bhith ag obair bhon taigh. Dh'adhbhraich seo buannachdan do chuid, le barrachd priobhaideachd, sùbailteachd uairean obrach agus sàbhaladh air ùine siubhail. Bha cuideam is uallach air cuid eile, le aonranachd obair leotha fhèin, càram a thoirt do theaghlaich is nàbaidhean, agus ann an cuid de shuidhichidhean duilgheadasan le bann-leathann. Mar bhuidheann, fo stiùireadh nan Coimiseanairean, chuir sinn cuideam air conaltradh agus ceanglaichean, leasachaidhean air ceanglaichean IT, agus taic airson sunnd pearsanta ar luchd-obrach air fad, ged a bhiodh iad ag obair san oifis no san taigh.

Rinn sinn ar dicheall gus na b' urrainn dhuinn de ghnìomhan a chumail a' dol, a dh'aindeoin nan duilgheadasan a dh'adhbhraich an galar. Gu mi-fhortanach, cha robh e comasach a dhol gu fèilltean àiteachais sam bith as t-Samhradh 2020, oir chaidh iad uile an cur dheth. Bha gnothaich coltach ri seo ron sgioba ionaltraidh againn: ciamar a b' urrainn dhuinn comataidhean-ionaltraidh ùra a bhrosnachadh, nuair nach gabhadh coinneamhan poblach a chumail? Gus bailtean san staing seo a chuideachadh, chleachd sinn na cumhachdan againn fon Achd gus comataidhean-ionaltraidh leantainneach no ùra fhastadh, gus comataidhean a chur an dreuchd ged a bhiodh an àm nan dreuchd air tighinn gu ceann, no, ann an cuid de shuidheachaidhean, comataidhean ùra eile. Le seo,

chunnacas àrdachadh beag eile anns an àireamh de chomataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd, bho 495 gu 500. San aon dòigh, fhuair sinn air beagan trèanaidh a chumail a' dol dha comataidhean-ionaltraidh, a' cleachdadadh dòighean air-loidhne.

Tha e na phrìomhachas dhan Choimisean gun cumar ri riaghailtean còmhnaidh agus cleachdadadh fearainn agus tha e na uallach dha mòran chroitearan. Às dèidh leudachadh gnìomhachd RALU ann an 2018 agus 2019, chunnacas nas luga de dh'obair le buaidh COVID-19. A dh'aindeoin sin, lean an obair gus bhrisidhean dleastanais an dà chuid aithnichte agus amharasach a rannsachadh, agus chaidh 49 briseadh a rèiteach le RALU sa bhliadhna: Chithear am fiosrachadh air taobh-duilleagan 16 is 17.

Le sùil ri àrdachadh ann an sgioba RALU ann an 2021, bheachdaich buidheann-obrach air na priomhachasan gus obair RALU a leudachadh. Ghabh am Bòrd ris na molaidhean aca agus chìthean iad anns a' Phlana Gnìomhachais againn airson 2021/22. Bidh sinn ri barrachd gnìomh a thaobh chroitearan nach till am fios bliadhnaile aca, sealbhadairean chroitearan bàna nach eileas a' cleachdadadh, agus croitean a tha nan laighe fàs a dh'aindeoin gu bheil croitear a' gabhal còmhnaidh orra.

B' e aon phrìomh amas am bliadhna ìrean seirbheis luchd-cleachdaidh a chumail suas ann an làimhseachadh thagraidhean riaghlaidh. Às dèidh a' chiad għlasaidh, bha ar comas dèiligeadh ri cùisean ga bhacadh gu mòr; ach thuit an àireamh de thagraidhean gu mòr cuideachd. Bhon uair sin, tha sinn air a bhith a' cumail sùil gheur air obair air cùisean oir tha an dà chuid na h-iarrtasan agus ar comas air tilleadh gu nas fhaisge air na h-ìrean a bh' ann roimhe. Is e am buil gu bheileas a' tort nas fhaide dèiligeadh ri cùisean sa chumantas, ged a tha grunn adhbharan ann airson seo, nam measg co-dhùnadh a' Choimisean barrachd ùine a chaitheamh a' coimhead gu geur air tagraighean fearainn a thoirt a-mach à croitearachd mus co-dhùnar am bu chòir an ceadachadh.

Tha mi anabarrach taingeil dhan luchd-obrach anns na sgiobaidhean riaghlaidh againn, agus sna sgiobaidhean eile againn, a tha air a bhith ri saothair gus seirbheisean a chumail a' dol, a dh'aindeoin nan dùblain a bhith ag obair aig astar agus na h-uallaichean eile a dh'adhbhraich an galar dhaibh fhèin is dhan teaghlaichean.

Faisg air deireadh na bliadhna, rinneadh dà sgrùdadadh a bharrachd air earrainnean de dh'obair a' Choimisein. Nochd sgrùdadadh taobh a-staigh laigsean san dòigh sa bheil sinn a' planadh, a' cumail smachd air agus a' barantachadh freagarrachd an t-Siostam Fiosrachaidd Croite againn (CIS); agus sheall sgrùdadadh bhon taobh a-muigh air Riaghlaidh agus Follaiseachd a' Choimisein gnothaichean a tha air a bhith ann o chionn fhada a thaobh mar a tha am Bòrd agus an Ceannard a' dèiligeadh ri chèile, ann an co-theacsa dàimh na buidhne againn ri Riaghaltas na h-Alba. Chaidh planaichean làidir a dhealbhadh gus dèiligeadh ris na cuspairean a nochd san dà aithisg, agus tha mi cinnteach gun leig iad sin leis a' Bhòrd agus an luchd-stiùiridh saoghal soirbheachail a chruthachadh don Choimisean san àm ri teachd.

A dh'aindeoin nan cùisean sin, 's e àm air leth inntinneach a tha seo dhan Choimisean, le dùil ri tagraighean riaghlaidh air-loidhne, obair RALU a' leudachadh agus an sgioba leasachaidh ùr a' töiseachadh air obair. 'S e bliadhna taghaidh a bhios ann an 2022 cuideachd don Choimisean, agus mholaínn gach neach le ùidh beachdachadh air seasamh airson taghadh sa Mhàrt, gus ceannas a thoirt don Choimisean anns na 5 bliadhna a tha romhainn.

Àrd-oifigear agus Oifigear Cunntachail



# Cò Sinn

Tha bun-reachd, cumhachdan agus dleastanasan Coimisean na Croitearachd gam mìneachadh ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

Chruthaich Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2010 Coimisean na Croitearachd, a nochd air 1 Giblean 2012, an àite Choimisean nan Croitearan. Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB) a tha ann agus e ag obair bho latha gu latha gu neo-eisimeileach bhon Riaghaltas, ach ris a bheil Ministearan na h-Alba an urra air a' cheann thall.

'S e a tha ann am Bòrd Choimisean nan Croitearan sianar Choimiseanair air an taghadh agus triùir Choimiseanairean air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba, le stiùireadh bho Neach-gairm. Tha sgioba de 58 luchd-obrach le stiùireadh bho Àrd-oifigeir a' cumail taic ris a' Bhòrd.



## AN SEALLADH AGAINN

Gun sìor-chuir croitean agus coimhearsnachdan croitearachd ri gnothaichean sòisealta, cultarach, eacnamaich agus àrainneachd nan sgìrean croitearachd.



## AR RÙN

Siostam na croitearachd a riaghlaigh gu ceart agus a dhòn is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.



## NA LUACHAN AGAINN


Leasaich an Coimisean luachan corporra a nochdas na tha cudromach dhuinn mar bhuidheann agus a tha aig cridhe na dòigh sam feuch sinn ri obrachadh bho latha gu latha.

- Cùram a ghabhail de choimhearsnachdan croitearachd agus den àrainneachd
- Obair-sgioba cuideachail
- Dealas do fhreagarrachd sheirbheisean agus do leasachadh
- Brosnachadh leasachadh luchd-obrach is Choimiseanairean
- A bhith cothromach is gun chlaonadh


# Modal Gníomhachais

Is e a' phrìomh obair a tha aig Coimisean na Croitearachd a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 (an t-Achd): a bhith a' riaghlaidh croitearachd, ag ath-eagrachadh croitearachd, a' cur leas na croitearachd air adhart agus a' cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd. Tha an Achd cuideachd a' cur mar dhleastanas air a' Choimisean a bhith ri sgrùdadh iomradh air briseadh dhleastanasan le máladairean agus croitearan a tha nan luchd-còmhnaidh is luchd-seilbh.

Bidh an Coimisean a' cumail comhairle ri Ministearan na h-Alba air cùisean ceangailte ri croitearachd agus bidh e cuideachd a' co-obrachadh le buidhnean eile airson leasachadh eaonamaidh is sòisealta nan sgirean croitearachd.



## Cruth na Buidhne



# Amasan agus Ro-innleachdan

Tha toraidhean a' Phlana Chorporra aig Coimisean na Croitearachd ceangailte gu dlùth gus lìbhrigeadh 4 Toraidhean Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba san Fhrèam Nàiseanta mu Dhèanadas a thoirt gu buil. Faodar sealltann air a' Phlana Chorporra slàn againn aig [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)



Frèam Dèanadais Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

**Mar a chuidicheas sinn:** Tha modail àiteachas beag agus seasmhach bunailteach ann an croitearachd, air fearann a tha gu tric meadhanach, agus tha deagh bhuidhean soilleir aig an t-seòrsa sholarachadh bìdh seo airson bith-iomadachd agus nas lugh a charboin. Tha tòrr de dh'obair a' Choimisean a' dòn agus a' neartachadh an taobh seo de chroitearachd. Ann an 2020/21 gu h-àraighe, dh'obraich sinn gus àireamh nan raointeán-ionaltraidh le stiùireadh a mheudachadh, le àrdachadh de 5 comataidhean-ionaltraidh tron bhliadhna. Dh'obraich sinn cuideachd gus fearann a chumail ann an còir-fhearaínn le sgrùdadh mionaideach air iarrasan talamh a thoirt a-mach à croitearachd, a rèir a' Phlana Poileasaidh againn. Dh'aithnich còmhraidhean a' Bhùird cho cudromach 's a tha ath-nuadhachadh mòintich air ionaltradh coitcheann, agus craobhan a chur air ionaltradh is croitean, agus chuir sinn ri Plana Leasachaíd Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson croitearachd, a tha a' mìneachadh sreach de dh'iomaítean eile gus taic a thoirt do chor àrainneachd nan sgìrean chroitearachd.

**Mar a chuidicheas sinn:** Le bhith ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil croitean gan obrachadh le croitearan a tha fuireach orra no iar-mhàladairean, tha sinn a' neartachadh choimhairsnachdan croitearachd agus coimhairsnachdan nas fharsaing air a' Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan. Ann an 2020/21, air sgàth 's an obair againn, thill 2 croitearan a dh'fhuireach air no faisg air na croitean aca, agus thagh 12 a bharrachd nach b' urrainn seo a dhèanamh, a' chroit a shònachadh do chuideigin eile. A bharrachd air seo, ghabh a' Choimisean gnìomh dìreach gus crìoch a chur air 4 gabhaltasan croitearachd gus an gabhadh na croitean sin a chur air màl don fheadhainn a ghabhas ris na dleastanasan. Tha an obair riaghlaidh againn na bunait dha co-thàthadh nan coimhairsnachd oir tha càraichean nan coimhairsnachd croitearachd nam pàirt de phròiseasan riaghlaidh mar a chaidh ainmeachadh ann an Achdan na Croitearachd..

**Mar a chuidicheas sinn:** Nì Riaghaltas na h-Alba sgrùdadh gach 4 bliadhna air tabhartas eaonamach nan croitear ris a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus eaonamaidh nas fharsainge na h-Alba, agus nochd am foillseachadh ma dheireadh aca air a' chuspair seo san Dùblachd 2018. Nochd seo gun tug croit teachd a-steach meadhanach de £2,000 dha teaghlaich croitearachd gach bliadhna, ach gun robh àrdachadh san àireamh de chroitearan a dh'ainmich teachd a-steach mòran na b' àirdé na seo. Thug an aithisg fa-near cuideachd air fianais gun robh croitearan a' leudachadh nan gnìomhachasan aca – mar eisimpleir, le meudachadh ann an àireamhan croitearan a' toirt seachad àite-fuirich làitheansaoira. Mar a shaoileadh, is ionadh croitear aig a bheil cosnadh eile nan coimhairsnachdan agus nas fhaide air falbh, a bharrachd air an obair croitearachd aca. Chum sinn taic do sheasmhachd eaonamach nan coimhairsnachdan croitearachd le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean follaiseach air tagraighean riaghlaidh, agus le bhith a' toirt ar beachdan air cuid de thagraidhean dealbhaidh a bheireadh buaidh air coimhairsnachdan croitearachd. Chuir sinn romhainn cuideachd sreach de dh'iomaítean a bheir an Sgioba Leasachaíd Croitearachd ùr againn air adhart.

**Mar a chuidicheas sinn:** Tha an Coimisean a' strì airson neo-phàirteachd agus neo-leth-bhreith na obair air fad. Tha Achdan na Croitearachd a' glèidheadh san lagh càraichean nan croitear, nan uachdaran agus nan coimhairsnachdan ionadail, agus tha an Coimisean gan cumail suas uile nuair a ruigeas e co-dhùnaidhean. Ghabh sinn còrr is 700 co-dhùnaidhean reachdail ann an 2020/21, agus bha cuid dhiubh feumach air cothromachadh faiceallach eadar miannan diofraichte nam pàrtaidh eadar-dhealaichte agus an aghaidh miann fharsaingeachd coimhairsnachd na croitearachd. Tha sinn air a bhith ri spàirn gus leantainneachd ar gnìomhachas a bharantachadh a dh'aindeoin nam bacadh a thàinig leis a' ghalar.

# Cunntas air na Cunnartan is Cùisean a tha Mar Coinneamh

Tha Coimisean na Croitearachd a' cumail dà chlàr de cunnartan: Clàr Cunnart Ro-innleachdail a tha ag amas air na cunnartan a thaobh coileanadh ar priomh amasan, agus cunnartan farsaing aig ère àrd; agus Clàr Cunnart Obrachaidh le sreach de chunnartan eile a thaobh ruith a' ghnìomhachais bho latha gu latha.

Anns na bliadhnaich mu dheireadh, is ann dà-fhillte a tha na priomh dhraghan anns a' Chlàr Cunnart Ro-innleachdail: cumail suas comas sgioba riaghlaidh gu leòr gus àireamh de thagraidhean nach gabh a thomhas a riaghlaidh; agus ar n-èifeachdas ann a bhith a' brosnachadh croitearachd gniomhach, tro bhith a' cur an gniomh dhleastanasan, taic do ionaltradh, agus o chionn ghoirid an sgioba leasachaидh againn. Tha comas sgioba riaghlaidh ann an àm a' ghalair fhathast na dhragh agus tha e ga sgrùdadh gu dlùth. Tha an galar air bacadh a chur air ar n-obair adhartachaidh, agus tha ceistean toinnt leithid prìsean croitean fhathast nan dùblan mòra don t-siostam croitearachd. Anns an pharsaingeachd, ged-ta, tha ar n-èifeachdas ann a bhith brosnachadh croitearachd gniomhach air tighinn air adhart, agus leigidh ar n-oidhirpean sgioba leasachaидh a chruthachadh agus sgioba RALU a leudachadh dhuinn barrachd a dhèanamh.

As t-Earrach 2021, chuir sinn dà chunnart àrd-ìre ùr ris a' Chlàr Cunnart Ro-innleachdail, mar thoradh air dà phriomh sgrùdadh. Bha na cunnartan sin air a bhith ann o chionn fhada, ach thugadh iad mar coinneamh 2020/21. Nochd sgrùdadh bhon taobh a-muigh mar a dh'fheumadh soillearachadh a bharrachd a bhith ann a thaobh mar a tha am Bòrd, an Ceannard agus Riaghaltas na h-Alba a' dèiligeadh ri chèile agus tha planagniomh ga ullachadh gus gnothaich a ghabhail ri seo. Aig an aon àm nochd sgrùdadh taobh a-staigh laigsean san dòigh sa bheileas a' riaghlaidh agus a' cumail smachd air leasachadh CIS sa bhuidhinn againn, a chuireas feum air tuilleadh ghoireasan bhon Choimisean agus/no buidheann bhon taobh a-muigh fhastadh gus earrainn den obair a choileanadh gus am bithear seasmhach.

Is e priomh chuspair den Chlàr Cunnart Obrachaidh an cunnart gun toir call priomh luchd-obrach buadh air sgiobaidhean fa leth. Tha an Coimisean nas lugha na mòran bhuidhnean poblach eile, agus tha mòran de dhreuchdan gan còmhach le direach aon neach no dithis. Nuair a dh'fhalbas priomh dhaoine, faodaidh call an cuid eòlais a bhith buadhach. Tron bhliadhna tha sinn air an cunnart seo a lughdachadh le bhith a' comharrachadh riochdairean airson a' mhòr-chuid de phriomh dhleastanasan, agus tha sinn ag ullachadh eàrr-ràdh obrachaidh sheasmhach don Phlana Luchd-obrach againn, gus dèiligeadh nas dirich ris a' chunnart gun caillear luchd-obrach.

Gheibhean sgrùdadh nas doimhne air na priomh chunnartan againn san Aithisg Sgrùdadh Dèanadais air taobh-duilleig 25.

# Cunntas Ionmhasail

Chaidh aithisg bhliadhnailean 2020/21 a sgrùdadadh le Deloitte LLP a chaidh a chur an dreuchd le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba mar luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh do Choimisean na Croitearachd bho 1 Giblean 2016.

Rè na h-ùine seo fhuair an Coimisean a-rithist aithisg-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh gun atharrachadh. Tha seo mar thaic ri dearbhadh eile a fhuaireadh tron bhliadhna bho sgrùdaidhean air an taobh a-staigh, a nochd fianais air riaghlaigh èifeachdach air an taobh a-staigh air na raointean a chaidh a sgrùdadadh.

Chaidh na cunntasan ullachadh fon Stiùireadh mu Chunntasan a thug Ministearan na h-Alba air a bheil fiosrachadh air duilleag 89. Chaidh an cur ri chèile mar ghnothach leantainneach, rud a tha a' ciallachadh gu bheil e san amharc aig a' Choimisean cumail air ris a' ghnothach aige fhathast agus gun tèid aige air a dhèanamh. Dh'obraich an Coimisean taobh a-staigh a' bhuidseit aige airson na bliadhna air a bheilear ag aithisg. Nochd suidheachadh ionmhasail a' Choimisein airson na bliadhna air a bheilear ag aithisg caiteachas iomlan de £3.060M (2019/20 £2.807M) a chaidh a mhaoineachadh gu dìreach le Riaghaltas na h-Alba. Tha barrachd fios mu dhèanadas ionmhasail ri fhaotainn anns an Sgrùdadadh air Dèanadas againn air duilleag 38.



# Aithisg air Dèanadas

Airson na bliadhna 2020/21 thomhais Coimisean na Croitearachd an dèanadas aige a rèir nan amasan ro-innleachdail a chìtheard sa Phlana Chorporra 2019 – 2022. Tha na h-amasan ro-innleachdail a' nochdadh nan toraidhean as cudromiche don bhuidhinn agus don luchd-ùidhe aice agus tha iad a' dèligeadh ris na prìomhraointean air fad ann an raon-ùghdarrais a' Choimisein.

## Comharraighean Dèanadais

Tha na toraidhean uile sa Phlana Chorporra againn gan lìbhrigeadh le gnìomhan anns a' Phlana Ghniomhachais far a bheil fios cuideachd mu amasan sònraichte gus dèanadas a leasachadh airson na bliadhna sin. Gheibhear iomradh air na toraidhean sa chlàr gu h-iseal.

### Seòladh

 Air a Choileanadh	 Air a Choileanadh gu Ìre	 Gun Choileanadh
---	--	---

Comharraighean dèanadais Àrd-ìre	Amas	Soirbheachadh lomlan
Àireamh nan croitean bàna	Lùghdachadh	Nach deach a thomhas: air deireadh air sgàth 's dith ghoireasan
Àireamh briseadh dhleastanasan gan rèiteach tro ghniomhan a' Choimisein	Meudachadh	
Àireamh nan raointean ionaltraidh fo riaghadh le comataidh	Meudachadh	
Àm gus iarrtasan riaghlichail a choileanadh	Lùghdachadh	
Ìrean toileachas an luchd-chleachdaidh	Meudachadh	
Measadh air ceanglaichean ri luchd-obrach	Meudachadh	
Brùchdadhbh carboin bho shiubhal	Lùghdachadh	

# Sgrùdadh air Dèanadas

Tha na toraidhean ann am Plana Corporra Coimisean na Croitearachd gan lìbhrigeadh le gnìomhan anns a' Phlana Ghniomhachais.

Anns a' Phlana Chorporra 2020/21 againn tha sinn a' comharrachadh nam prìomh chlachan-mìle a tha sinn ag iarraidh a choileanadh gus am faod sinn Toraidhean a' Phlana Chorporra againn a lìbhrigeadh. Dh'fhoillsich sinn am fiosrachadh seo air an làrach-lìn againn, agus gheibhear e airson ath-sgrùdadh aig <https://www.crofting.scotland.gov.uk>

A bharrachd air na clachan-mìle, chomharrach sinn cuideachd beagan tomhaisean is amasan pisich, agus thathas a' cur an cèill gu h-ìseal dè an fheadhainn a thug sinn gu buil.



# Dèanadas Obrachail

## Plana Corporra is Plana Gniomhachais: Toradh 1 – CROITEAN AN SEILBH AGUS GAN RIANACHD

Ceum	Amas	Toradh
Lùghdachadh àireamh nan croitean bàna.	Lùghdachadh 5%.	

### Toradh:

Cha deach a thomhas air sgàth dàil ann an obair airson croitean bàna a lorg agus an àireamh sin a mheudachadh air sgàth 's trioblaidean goireasachaidh. Ach tha an Sgioba Còmhnaidh is Cleachdadadh Fearainn fhathast ag obair air cùisean fa leth.

Tha an sgioba air a bhith an sàs ann an coinneamhan brìghmhor le Coimiseanairean a thaobh a dhol an sàs le oighreachdan ainmichte gus croitean bàna a leigeil air màl. Mar thoradh air na coinneamhan sin, tha an sgioba an-dràsta a' bruidhinn ri oighreachdan ann an Gallaihb agus Taobh Siar Rois le sùil ri grunn chûisean a thoirt air adhart gu ìre pròiseas tagraigdh/molaidh. Dh'aontaich an Coimisean 3 molaidhean bho uachdarain fo earrann 23(5) de Achd 1993 gus croitean bàna a leigeil a-mach air màl. Tha sinn an-dràsta ag obair air tagradh màl bho uachdarain fo earrann 23(3) ann an cùis anns na Hearadh, far an do chuir an Coimisean crìoch air a' ghabhaltas. 'S e neach a tha ùr gu croitearachd a bhiodh anns an neach-gabhair a thathas a' moladh. A thaobh a' Choimisean fhèin a bhith a' gabhair os làimh a' chroit a leigeil a-mach fo earranan 23(5B) agus (5C) de Achd 1993, chaidh an sgioba air adhart le bhith a' leigeil croit bàin ann an Leòdhas air màl, rud a thug a-steach neach ùr a-rithist gu croitearachd.

Ceum	Amas	Toradh
Conaltradh a thòiseachadh le tuilleadh chroitearan nuair a tha amharas ann briseadh dleastanasan Còmhnaidh is Cleachdadadh an Fhearrainn (RALU).	Tòiseachadh conaltradh RALUT le 100 cùis a-bharrachd.	

### Toradh:

Air sgàth dìth ghoireasan, chuimsich an sgioba air cùisean a tha ann a cheana a thoirt air adhart agus dèligeadh ri cùisean ùra a tha ag èirigh à fiosrachadh sgrìobhte mu amharas briseadh dleastanasan.

Thòisich sgioba RALU a' conaltradh ri croitearan a dh'ainmichear a bhith fo amharas gun robhas a' briseadh dleastanas, mar thoradh air fiosrachadh sgrìobhte a fhuaireadh fo earrann 26A de dh'Achd 1993. Fhuair an sgioba fiosrachadh mu **10** cùisean mar seo sa chiad leth den bhliadhna, a thathas an-dràsta gan gluasad. Às dèidh atharrachadh ann am poileasaidh a dh'aontaich am Bòrd san Ògmhios 2020, thòisich sinn a' conaltradh leis na **44** luchd-freagairt cunntais 2018 a tha air fhàgail gus na cùisean a rèiteach no a thoirt air adhart gus brath a chur a-mach, mu amharas briseadh dleastanas fo ullachaidhean earrann 26C (1).

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh brisidhean RALU air an rèiteach le croitear nach do choilean dleastanas còmhnaidh, a-nis a' fuireach air a' chroit aca.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (32) ann an 2019/20.	

### Toradh:

Chaidh **2** chuis rèiteach leis a' chroitear a' gabhair còmhnaidh air a' chroit. Dh'obraich an sgioba air **20** tagraigdh son cead a bhith air falbh, chaidh gabhair ri **16**, agus dhiùlt an sgioba **4** dhiubh. A thuilleadh air an sin dhèilig agus ghabh an sgioba ri **2** thagradh son cead son a bhith air falbh.

## Plana Corporra is Plana Gníomhachais: Toradh 1 – CROITEAN AN SEILBH AGUS GAN RIANACHD

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh brisidhean RALU gan rèiteach le toirt seachad croit no reic croit le neach-seilbh a' fuireach air.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaithich (28) ann an 2019/20.	

### Toradh:

Rèitich **11** croitear am briseadh le bhith a' sònrachadh an gabhaltasan le cead bhon Choimisean.

Chaidh **1** cùis a bharrachd cùis a rèiteach leis an neach-gabhal a' ceannach agus a' leigeil a' ghabhalaits a-mach le cead a' Choimisein.

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh brisidhean RALU air fhuasgladh le fo-ghabhal, no aonta ùine ghoirid air croit aig croitearan nan luchd-còmhnaidh is luchd-seilbh.	Cumail no meudachadh an àireamh (88) ann an 2019/20.	

### Toradh:

Rèitich **15** croitearan am briseadh dleastanais le fo-mhàladh anns na ciad trì chairteal den bhliadhna.

Dh'atharraich an Coimisean a phoileasaidh air fo-ghabhal anns a' chiad leth den bhliadhna leis nach bi e mar as trice a' ceadachadh fo-ghabhal no leigeil geàrr-ùine airson ùine nas fhaide na 5 bliadhna. Mar thoradh air an sin, faodaidh sinn a bhith a' sùileachadh tuilleadh atharrachaidhean agus diùltadh thagraidhean airson ùine nas fhaide na 5 bliadhna agus sinn a' gluasad air adhart.

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh de bhrisidhean RALU air an rèiteach le crìochnachadh gabhalaits, aontachadh ri molaidhean leigeil msaa.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaithich (6) ann an 2019/20.	

### Toradh:

San ùine seo, chuir an Coimisean a-mach **13** litrichean Earrann 26C (1) mu amharas briseadh dleastanais – bha **11** mar thoradh air freagairtean cunntais agus **2** às dèidh aithris briseadh earrann 26A.

Bha cuideachd **12** co-dhùnaidhean Earrann 26C(5) nach robhas a' coileanadh dleastanasan, **11** mar thoradh air freagairtean cunntais, agus **1** air aithris fo earrann 26A.

Bha **2** co-dhùnaidhean earrann 26C(5) ann far an deach co-dhùnad, às dèidh beachdachadh air tagraighean nan croitear mar a tha riatanach fon Achd, gu robhas a' coileanadh dleastanas reachdail, **1** mar thoradh air freagairt cunntais agus **1** às dèidh aithisg fo earrann 26A.

Chaidh **1** litir earrann 26D (1) a thoirt seachad a' toirt cothrom don chroitear gealladh am briseadh dleastanais aca a rèiteach.

Thug an Coimisean seachad **4** Òrdughan crìochnachaidh gabhalaits fo earrann 26H. Thàinig **2** de na crìochnachaidhean sin mar thoradh air freagairtean cunntais agus **2** mar thoradh air aithisgean bho chomataidhean ionaltraidh fo earrann 26A.

## Seòladh



Air a Choileanadh



Air a Choileanadh gu Ìre



Gun Choileanadh

**Plana Corporra is Plana Gniomhachais: Toradh 2 – RAOINTEAN IONALTRAIDH GAN RIAGHLADH AGUS DÒIGHEAN-RIANACHD COITCHEANN GAN LEANTAINN**

Ceum	Amas	Toradh
Meudachadh àireamh nan raointeán ionaltraidh le Comataidh.	Meudachadh ann an àireamhan nan comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd.  Bun-loidhne: 495 comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd air 31mh den Mhàirt 2020.	

**Toradh:**

Ceumannan a chur an sàs gus leigeil le comataidhean a tha ann mar-thà, ach an ùine ann an dreuchd a' crìochnachadh, leigeil le cuid de chomataidhean tilleadh agus cumail a' dol nan obair air ionaltradh choitcheann.

**500** comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd aig deireadh na h-ùine seo.

Chan eil e ach duilich do luchd-com-pàirt ann an ionaltradh choitcheann gun chomataidh an leithid a chur an dreuchd air sgàth cuingealachaidhean COVID-19. Tha Earrann 47 (1) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 ag iarraidh comataidh a chur an dreuchd le luchd-com-pàirt aig coinneamh phoblach. Chleachd an Coimisean earrann 47 (30) den Achd gus dèanamh cinnteach gun gabh comataidhean a tha gus an ùine a chriochnachadh teirm eile a chur seachad gus dèanamh cinnteach gun lean riaghlaidh airson nan ionaltraidh choitcheann sin. A bharrachd air an sin, tha cumhachdan aige ann an suidheachaidhean sònraichte comataidhean fhastadh airson cuid de dh'ionaltraidhean coitcheann gun chomataidh aca a leigeil dhiubh an dreuchd.

Ceum	Amas	Toradh
Meudachadh ann an àireamhan comataidhean-ionaltraidh a bhios a' cleachdadh teamplaid nan riaghailtean ùra.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (6) ann an 2019/20.	

**Toradh:**

Buil cuingealachaidhean COVID-19.

Chan fhaigheadh comataidhean-ionaltraidh air coinneachadh aig an àm seo. Mar thoradh air an sin, cha d' fhuaras iarrtasan ùra san ùine seo. Ge-tà, tha **10** air an cur a-steach mu thràth aig diofar irean adhartais, ged a bhios tuilleadh co-chomhairle le comataidhean-ionaltraidh a dhìth son cuid dhiubh. Aig a' cheann thall, cha deach ach **3** sreathan riaghailtean aontachadh anns a' bhliadhna.

Ceum	Amas	Toradh
Coinneamhan no conaltradh susbainteach còmhla ri Comataidhean-ionaltraidh agus luchd-ùidhe (mar a chaidh iarraidh orra) gus taic a thoirt dhaibh le riaghlaidh agus stiùireadh nan raointeán-ionaltraidh.	Cumail no meudachadh àireamh nam bailtean far a bheil cùisean ionaltraidh air an toirt air adhart no gan rèiteach, le conaltradh leis a' Choimisean.  Baseline (33) in 2019/20.	

**Toradh:**

**12** conaltradh susbainteach gan clàradh.

Ged nach robh mòran chothrom ann do chomataidhean ionaltraidh coinneachadh san ùine seo, chan eil seo a' ciallachadh nach eàrich connspidean a thaobh chomataidhean agus an riaghlaidh air ionaltradh choitcheann.

**Plana Corporra is Plana Gniomhachais: Toradh 2 – RAOINTEAN IONALTRAIDH GAN RIAGHLADH AGUS DÒIGHEAN-RIANACHD COITCHEANN GAN LEANTAINN**

Ceum	Amas	Toradh
Stèidhich earrannan ceart air ionaltradh cumanta le bhith a' sgrùdadadh agus ag ùrachadh chlàran de shuidheachaidhean luchd-earrannan.	Àireamh bhailtean a chaidh a rannsachadh. Baseline (14) in 2019/20.	

**Toradh:**

**15** staid earrainnean gan sgrùdadadh agus gan ùrachadh.

Rinn cion ruigsinneachd air faidhlichean eachdraidheil agus fiosrachadh ri na duilgheadasan agus air an ùine airson an obair seo a choileanadh.

Ceum	Amas	Toradh
Leasach agus cuidich le trèanadh agus tachartasan eile dha comataidhean ionaltraidh agus riaghlaigh ionaltradh choitcheann.	Baseline (9) in 2019/20	

**Toradh:**

Chuireadh sgrùdadadh air-loidhne gu **365** clàrcan ionaltraidh san t-Samhain 2020 gus faighinn a-mach mun ìre ùidh ann an trèanadh gus cuideachadh le coinneamhan air-loidhne a chur air dòigh. Fhuair seo **114** freagairtean. Chaidh grunn sheiseanan trèanaidh air-loidhne mu coinneamhan a chumail air-loidhne a bharrachd air trèanadh ann an eadar-mheadhanachadh agus dèiligeadh ri còmhstri anns an 2 chairteal mu dheireadh.

Chan eil e cho coltach gun leanar le na tachartasan trèanaidh air-loidhne dha comataidhean-ionaltraidh a thòisich an-uiridh. Ach bhathas a' còmhradh o chionn ghoirid ri SAC Consulting, agus mholar dhaibhsan maoineachadh Seirbheis Comhairleachaidh Tuathanais (FAS) a chleachdadh airson leasachadh ionaltradh choitcheann. Thathas a' beachdachadh air diofar thachartasan trèanaidh air-loidhne agus didseatach a bu chòir a bhith buannachdail do ionaltradh choitcheann agus dhaibhsan a tha an urra ri an riaghlaigh.

**Seòladh**

[Air a Choileanadh](#)

[Air a Choileanadh gu Ìre](#)

[Gun Choileanadh](#)

**Plana Corporra is Plana Gníomhachais: Toradh 3 –  
GUM BI CROITEARACHD GA RIAGHLADH ANN AN DÒIGH A THA CEART, TÀBHACHDACH IS  
ÈIFEACHDACH**

<b>Ceum</b>	<b>Amas</b>	<b>Toradh</b>
Lùghdachadh ann an amannan meadhanach làimhseachaidh (croitean clàraichte, aontachaidhean ìre 1).	Lùghdaich amannan meadhanach làimhseachaidh dha na prìomh oibricean riaghlaidh.	

**Toradh:**

Tha failleachadh air a bhith ann a thaobh nan amannan làimhseachaidh. Tha mòran obrach ann fhathast; tha an àireamh de thagraidhean a fhuaireadh sna mìosan a chaidh seachad air tilleadh gu ìre nam bliadhnaichean roimhe. Chunnacas àrdachadh san àireamh de thagraichean sa Mhàirt 2021. Thatas a' cumail sùil air an seo feuch an e seo suidheachadh a leanas.

Thug buaidh a' ghalair agus obair bhon dachaigh buaidh air luchd-obrach agus tha amannan fada air a bhith ann cuideachd far nach robh e comasach dha Buidheann-stiùiridh Pàighidhean Dùthchail is Sgrùdaidhean Riaghaltas na h-Alba (RPID) aithisgean RPID a chruthachadh agus a chur a-steach agus mar sin a' cur dàil air cùisean.

Air leth bhon sin, tha an Sgioba Taic Riaghlaidh air aithris gu bheil barrachd chùisean air an cur air adhart gu ìre 2 airson comhairle agus co-dhùnadh, nì a tha a' toirt buaidh air amannan làimhseachadh chùisean. Tha cuid de phròiseasan agus phoileasaidhean air atharrachadh agus air a' phròiseas a dhèanamh nas fhaide, mar eisimpleir tha an ùine airson cùisean fo-ghabhal a bhith air a shoidhnigeadh aig ìre 1 air a lughdachadh agus mar sin tha luchd-obrach ag aithris gu bheil barrachd chùisean gan cur gu ìre 2 a bhiodh air an làimhseachadh roimhe aig ìre 1. Cuideachd, thèid a h-uile cùis far a bheil gearanan ann a-nis air adhart gu Taic Riaghlaidh airson comhairle.

Tha toirt a-steach an t-siostam deuchainn a' ciallachadh gu bheil barrachd conaltraidh ri tagraichean a thaobh a bhith ag atharrachadh thagraidhean gus cumail ri riaghailtean tiomnaidh agus am Plana Poileasaidh, a thaobh talamh a thoirt a-mach à croitearachd, gun togalaichean àiteachais san àite san tagradh, feumar a bhith cinnteach gum faighear dhan earrainn a tha air fhàgail den chroit cuir an aghaidh tagraighean nach eil airson adhbhar reusanta a thaobh earrann 20 (3) den Achd, ag iarraidh air tagraichean gun a bhith a' dèanamh tagradh airson raointean nas motha na tha freagarrach msaa. Faodaidh seo a bhith a' ciallachadh gun toir e nas fhaide tagradh a phròiseasad, ach tha e a' ciallachadh buil nas fheàrr, agus gu tric le nas lugh a dh'iarrtas ghoireasan air a' Choimisean fiù 's ged a bheir nas fhaide. Is e aon bhuil math às an iomairt seo nach do shoirbhich le aon ath-thagraidhean gu Cùirt Fearainn na h-Alba gu ruige seo, airson gin de na gniomhan riaghlaidh a tha air a bhith fo dheuchainn bho thòisich e.

Tha sinn air ceumannan a ghabhail gus an Sgioba Riaghlaidh a dhèanamh nas treise.

Feuch an làrach-lìn againn airson làn chunntas air a' mhodail againn de Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte.

**<https://www.crofting.scotland.gov.uk/forms-and-guidance>**

	Tuairmeas àireamh de chùisean gach bliadhna	Seachdainean mar chuibheas (2019/20)	Seachdainean mar chuibheas (2020/21)
Sònrrachadh	c125	8.0	10.71
Dì-chroiteadh Làrach Taigh-croite	c50	8.0	13.0
Dì-chroiteadh pàirt de Chroit	c100	13.3	22.57
Leigil le Uachdaran	c10	9.4	14.14
Leigil le Neach-seilbh a tha na Chòmhnaidh	<10	11.4	12.4

**Plana Corporra is Plana Gnìomhachais: Toradh 3 –****GUM BI CROITEARACHD GA RIAGHLADH ANN AN DÒIGH A THA CEART, TÀBHACHDACH IS ÈIFEACHDACH**

Ceum	Amas	Toradh
Lùghdachadh ann an àireamh nan cùisean riaghlaidh gun rèiteachadh às dèidh 12 mìosan.	Lùghdaich àireamh de chùisean a tha fhathast fosgailte às dèidh 12 mìosan.	

Bun-loidhne (167 fosgailte)

**Toradh:**

Chaidh aithisg ullachadh a' leigeil dhan Sgioba Riaghlaidh na cùisean nach deach an rèiteach taobh a-staigh 12 mìosan a chomharrachadh agus a sgrùdad. Tha an Sgioba Riaghlaidh ag obair tro na cùisean. Tha na cùisean sin toinnté nan nàdairean agus tha iad a' dol air adhart gu lìre 2 agus lìre 3 mar a dh'fheumar, ach far an gabh a dhèanamh tha na cùisean gam fuasgladh agus tha an àireamh a tha fhathast gun fuasgladh a' lùghdachadh. (Tha **159** air fhàgail agus chaidh an ath-sgrùdad).

Ceum	Amas	Toradh
Ìrean sàsachd an luchd-cleachdaidh	Gu bhith air a leasachadh nuair a tha siostam ìre sàsachd an luchd-cleachdaidh ann.	

**Toradh:**

Tha Foirmean Seirbheis Luchd-cleachdaidh a-nis gan toirt do thagraichean airson gach seòrsa co-dhùnadh. Fhuaireadh àireamh bheag de bhileagan gan lìonadh agus is ann cuideachail a bha na foirmean uile a fhuaireadh.

Ceum	Amas	Toradh
Lùghdachadh ann an àireamh nan ceist choitcheann.	Lùghdachadh an àireamh.	

Baseline (2,394) in 2019/20

**Toradh:**

Chunnacas na h-uimhir de lùghdachadh bhon àireamh de cheistean a fhuaireadh rè 2019/20 an coimeas ri 2018/19. Bha dùil ri lùghdachadh eile às dèidh na h-òrdughan roinneadh a luchdachadh suas gu Clàr nan Croitean air-loidhne, agus nochd seo ann an lùghdachadh mòr ann an 2020/21, gu timcheall air **1,500**.

**Seòladh**

Air a Choileanadh gu lìre



Gun Choileanadh

**Plana Corporra is Plana Gniomhachais: Toradh 4 – BHEIREAR TAIC DO CHOR NA CROITEARACHD  
LE RÈITEACHADH FIOSRACHAIL CÒMHЛА RI LUCHD-ÙIDHE**

Ceum	Amas	Toradh
Chan eil Measadh Dèanadais ann dhan Toradh seo		

**Plana Corporra is Plana Gniomhachais: Toradh 5 – THA NA SGILEAN IS AM BROSNACHADH  
CEART AIG AN LUCHD-OBRACH GUS DÈANAMH GU MATH, THA NA DÒIGHEAN-RIANACHD  
AGAINN MAR AN CLEACHDADH AS FHEÀRR**

Ceum	Amas	Toradh
Meudachadh ann an ìre dol an sàs ri luchd-obrach.	Meudachadh bho 51% gu 55%	
Baseline (51%) in 2019/20		

**Toradh:**

Chuir COVID-19 dàil air sgaoileadh rannsachadh-beachd luchd-obrach. Chaidh an rannsachadh-beachd a sgaoileadh san Lùnastal 2020 agus chaidh na freagairtean a sgrùdadadh. Tha an sgrùdadadh a' sealltainn gun do mheudaich na toraidhean dearbhach cuibheasach airson raoin de cheistean stèidhichte san sgrùdadadh gu **57%**. Chaidh an Sgrùdadadh ath-fhoillseachadh as t-Earrach 2021 agus nochd e ìre com-pàirteachaidh luchd-obrach de **65%**.

Ceum	Amas	Toradh
Corporate carbon emissions.	Cumail no lùghdachadh	

**Toradh:**

Chuir a' Choimisean an ainm ris an aithisg Atharrachadh Gnàth-shìde na Roinne Poblaich gu saor-thoileach, a choileanar gach bliadhna (30mh An t-Samhain). Nì a' Choimisean tomhas air an cur a-mach CO2 aice gach bliadhna mar a leanas -

- 2017/18 18.45 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fior)
- 2018/19 15.46 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fior)
- 2019/20 15.20 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fior)
- 2020/21 Chan eil e ri fhaotainn an-dràsta.

Tha an tomhas mu dheireadh a' sealltainn lùghdachadh ann an cur-a-mach bho 2018/19. San fharsaingeachd, bha meudachadh beag ann air sgàth tursan-adhair a bha frith-chothromachadh an aghaidh ìrean nas lugha tursan càr, rèile, bàta-aiseig agus siubhail ann an tagsaigh. Thatas an dùil gum bi eimiseanan 2020/21 air tuiteam gu mòr air sgàth cuingealachaidhean COVID-19 air siubhal.

**Seòladh**

 <a href="#">Air a Choileanadh</a>	 <a href="#">Air a Choileanadh gu Ìre</a>	 <a href="#">Gun Choileanadh</a>
---	--	---

# Siostam na croitearachd a riaghladh gu ceart agus a dhòn is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.

Is e prìomh obair Choimisean na Croitearachd croitearachd a riaghladh gu ceart is gu reusanta air mhodh a bhios gu h-iomlan a rèir Achd na Croitearachd (Alba) 1993. Mar sin, tha a' chuid as mothà den obair a nì an Coimisean a' bualadh air gabhail ri iarrtasan riaghlaidh agus a' clàradh bhrathan.

*Bidh àireamh nan iarrtasan a gheibhear diofraichte bho àireamh nan iarrtasan a shocraicheadh ri linn nan iarrtasan a thugadh air adhart bho 2019/2020 agus an fheadhainn a bheirear air adhart gu 2021/2022.*

Seòrsa larrais/Bratha	Fhuaireadh	Ùghdarraichte/ Le Brath	Dhiùltadh	Gun Tàbhachd	Air An Tarraing Air Ais
Roinneadh	61	15	1	4	6
Roinn Sònraichaidh	12	3	0	7	2
Croit Sònraichaidh	292	242	0	20	5
Cead a bhith às an làthair – Sìneadh	2	2	0	0	0
Cead a bhith às an làthair – ciad tagradh	21	15	4	2	0
Croit ùr a chruthachadh	17	5	0	3	2
Dì-chroiteachadh – Làrach Taigh-croite agus Talamh a' Ghàrraidh	127	94	3	22	6
Dì-chroiteachadh – Pàirt Croit	267	184	4	19	8
Dì-chroiteachadh – S17 & S18 fiù	8	5	0	3	0
Dì-chroiteachadh – Croit lomlan	8	3	3	0	2
Dì-chroiteachadh – Croit lomlan – Taigh a-mhàin	4	5	0	0	0
Roinneadh – Croitear na Sealbhadaidh a' còmhnaidh	18	10	2	4	2
Roinneadh le Neach-gabhaltais	17	15	0	1	2
Iomlaid fearann croite	2	0	0	0	0
Leigeil – Uachdaran Croit Bhàin	28	21	0	0	4
Leigeil – Croitear Sealbhadaidh-Còmhnaidh	12	8	0	1	0
Aonta Fad Ùine Ghoirid	16	16	2	0	2
Fo-leigeil	66	52	3	9	2
Còir-sheilbh gun Tiomnadh (brathan)	64	68	0	4	1
Còir-sheilbh Tiomnaidh – Dileab Gabhaltais Croite (brathan)	103	94	0	7	4
Iomlan 2020/21	1,145	857	22	106	48
Iomlan 2019/20	1,494	1,260	23	189	61
Iomlan 2018/19	1,511	1,265	25	171	38
Iomlan 2017/18	1,366	925	21	132	36

# Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)

Tha Bòrd nan Coimiseanairean air a bhith a' tiomnadadh cho-dhùnaidhean air cùisean riaghachail sìmplidh do dh'oifigearan. Feumaidh na cùisean seo a bhith taobh a-staigh nan crìochan aonaichte agus a-rèir nam feumalachdan reachdail is poileasaidh gu lèir, mura bi, cuirear iad gu ìre nas àirde.

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn nan diofar ìrean de cho-dhùnaidhean a thathar a' cleachdadh anns a' Choimisean agus àireamh nan cùisean air an deach beachd a ghabhail aig gach ìre.

Ìre Co-dhùnaidh	Àireamh Chùisean Aonaichte 2020/21	Àireamh Chùisean Aonaichte 2019/20	Àireamh Chùisean Aonaichte 2018/19	Àireamh Chùisean Aonaichte 2017/18
Ìre 1 (Oifigearan larrtasan)	630	859	735	678 *
Ìre 2 (Àrd-oifigearan)	132	203	211	186
Ìre 3 (3 Coimiseanairean)	46	64	53	57
Co-dhùnadadh le làn-Bhòrd Choimiseanairean	4	1	4	5

Nota\*: Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 161 brathan. Chaidh brathan fhàgail a-mach à àireamhan nam bliadhna nas fhaide air adhart air sgàth 's nach gabh a' Choimisean co-dhùnadadh orra.

## Tagraighean gu Cùirt an Fhearnainn (SLC)

Faodaidh tagraighean a chur gu Cùirt an Fhearnainn an aghaidh co-dhùnaidh, dearbhaidh no stiùiridh sam bith a nì an Coimisean air iarrtas fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Feumar tagradh sam bith a dhèanamh an taobh a-staigh 42 là. A bharrachd air an sin, faodaidh an Coimisean a dhol an sàs mar phàrtaidh ann an diofar thagraighean Cùirt an Fhearnainn agus càraichean ath-thagraidh a tha eadar-dhealaichte bho ath-thagraidhean earrann 52A.

Lean trì ath-thagraidhean bho 2019/20.

- Ann an aon ath-thagrath sheas an SLC co-dhùnadadh a' Choimisein
- Mar thoradh air aon ath-thagrath, thill a' chùis air ais dhan Choimisean airson co-dhùnadadh ùr
- Ann an aon ath-thagrath sheas an SLC co-dhùnadadh a' Choimisein.

Fhuaireadh 6 ath-thagraidhean eile ann an 2020/21 – chan eil fios air an toradh, agus tha 4 dhiubh air an stad rè ùine airson còmhraidhean eadar na pàrtaidhean. A bharrachd air an sin, rinn uachdaran tagradh an aghaidh nan riaghailtean is cumhaichean a shuidhich an Coimisean mu ath-leigeil. Cuideachd, tha an Coimisean an sàs ann an dà thagrath ath-thoïseachadh far an do chuir e gu foirmeil an aghaidh an tagraighean mar phàrtaidh le ùidh.

# Sgrùdadadh Prìomh Ghàbhaidhean is Cuspairean Mar Coinneamh

Toradh Plana Chorporra	Mìneachadh Gàbhaidh	Gníomh ga Ghabhail
Croitean an seilbh agus gan obrachadh	Chan fhaighear astar gu leòr gus leasachadh soilleir fhaicinn.	Dòigh-dèiligidh rianail gus gnothach a ghabhail ris an fheadhainn ud a dhearbas tron chunntas gu bheil iad a' briseadh dhleastanasan. Pròiseas stèidhichte airson a bhith a' sgrùdadadh bhrisidhean a chaidh aithris fo earrann 26A de Achd 1993.
Ionaltradh coitcheann gan riaghladh agus dòighean-rianachd còmhla gan adhartachadh	Le atharrachaidhean air cleachdaidh is taic ann an croitearachd chìtheart sior-isleachadh agus gluasad air falbh bho chùiltean-cinn gan rianachd is gan cleachdadh.	Anns an Dàmhair/Samhain 2020 chaidh pròiseasan a sgioblachadh gus cùisean àrdachadh aig ire nas tràithe gu na riaghailtean sparraidh reachdail ann an Earrannan 26C(1) gu (5) de Achd 1993.
Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart, tàbhachdach is èifeachdach.	Tha meud agus toinnteachd iarrtasan thar chomas Choimisean na Croitearachd inbhean àrda de sheirbheisean luchd-cleachdaidh a thoirt seachad.	Tha RALUT ga leudachadh agus gluaisidh an sgioba barrachd an aghaidh feadhainn nach till bileagan Cunntas Croitearachd agus a thaobh croitean gun chleachdadh.
Ionaltradh dha Chomataidhean Ionaltraidh is Clàrcan. Sgrùdadadh air clàrcan gan dèanamh gus feum agus uidh ann an trèanadh airson coinneamhan didseatach a mheas.	Trèanadh dha Chomataidhean Ionaltraidh is Clàrcan. Sgrùdadadh air clàrcan gan dèanamh gus feum agus uidh ann an trèanadh airson coinneamhan didseatach a mheas.	Poileasaidh ùr ga aontachadh gus leigeil leis a' Choimisean comataidhean-ionaltraidh a tha gus dreuchd fhàgail a stèidheachadh nan dreuchd as ùr fo chumhachdan earrann 47(3) de Achd 1993.
Sreath de phròiseactan geàrr-ùine gus diofar thaobhan de ar n-èifeachdas a leasachadh, gu sònraichte a thaobh IT. Obair leantainneach le Clàran na h-Alba gus pròiseasan clàraidh a leasachadh.	Tha meud agus toinnteachd iarrtasan thar chomas Choimisean na Croitearachd inbhean àrda de sheirbheisean luchd-cleachdaidh a thoirt seachad.	Sgrùdadadh iomlan de bhileagan tagraidh gus am bi iad nas freagarrache, le obair a' dol air adhart gus an gabh an làn thilleadh gu didseatach, gus nach fheum obair a rinneadh a cheana a thaobh fiosrachadh a chur ann an CIS a dhèanamh a-rithist.
Mion-sgrùdadadh nas fharsainge air obair-cùise nach eil deiseil fhathast, le sùil ri na tagraighean/fiosan sin a thoirt gu crìch.		Mion-sgrùdadadh nas fharsainge air obair-cùise nach eil deiseil fhathast, le sùil ri na tagraighean/fiosan sin a thoirt gu crìch.
Tuilleadh sgrùdaidh air toraidhean Fiosrachadh Riaghlaidh.		Tuilleadh sgrùdaidh air toraidhean Fiosrachadh Riaghlaidh.

<b>Toradh Plana Chorporra</b>	<b>Mìneachadh Gàbhaidh</b>	<b>Gníomh ga Ghabhail</b>
Gheibh chor na croitearachd taic le conaltradh fiosrachail còmhla ri luchd-ùidhe.	Èirigh strì air sgàth eas-aonta eadar siostam na croitearachd, àrainneachd is eaonamaidh an là an-diugh agus diofar fheumalachdan aig luchd-ùidhe.	Maoineachadh a bharrachd ga thoirt don Choimisean gus ar dleastanas a thaobh leasachadh agus adhartachadh croitearachd a leudachadh.  Fios is beachd ga chur ri dreach Phlana Leasachaидh Nàiseanta airson croitearachd aig Riaghaltas na h-Alba.
Tha an t-eòlas is am misneachd cheart aig an luchd-obrach againn gus an obair a dhèanamh ceart, agus is iad na modhan-riaghlaidh againn an fheadhainn as fheàrr.	Dì-chomas luchd-obrach comasach/ eòlach fhastadh agus/ no a ghlèidheadh ri linn teannachadh ionrmhais no adhbharan eile.	Plana feachd-obrach gus taic a thoirt do thrèanadh agus ullachadh ma choinneamh luchd-obrach ùra.  Fastadh luath, a-rèir feuma, gus dreuchdan a lìonadh.  Rannsachaidhean-beachd Luchd-obrach gan cumail gu cunbalach, agus Planaichean Gníomha gan leasachadh agus a wthoirt do luchd-obrach. Barrachd cuideam air cor an luchd-obrach le duilleag Slàinte ga chruthachadh. Tachartasan gus taic a thoirt do shunnd air a chur air dòigh le Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG).
<b>Riaghladh</b>	<b>Mìneachadh Gàbhaidh</b>	<b>Gníomh ga Ghabhail/ga Phlanadh</b>
Aithris mu Riaghladh is Follaiseachd	Ceannas ga lagachadh leis an fheum air soillearachadh a bharrachd a thaobh mar a tha am Bòrd, an Ceannard agus Riaghaltas na h-Alba a' dèiligeadh ri chèile, fulangaidh dàimhean mar thoradh air an sin.	Plana leasachaidh coileanta ga chriochnachadh. Gheibhear barrachd fiosrachaïdh nar n-Aithris Riaghlaidh air taobh-duilleag 55.
Siostam Fiosrachaïdh Croit	Adhbhraichidh droch phlanadh agus lìbhrigeadh leasachaidhean san t-siostam laigsean ann an comas-gníomh agus èifeachdas.	Buidheann-stiùiridh CIS ga stèidheachadh. Gheibhear barrachd fiosrachaïdh nar n-Aithris Riaghlaidh air taobh-duilleag 55.  Barrachd ghoireasan do leasachaidhean san t-siostam, gu sònraichte deuchainn mus tèid fiosan a sgaoileadh.
Gach taobh de dh'amasan a' Choimisein.	Chuir COVID-19 bacadh air lìbhrigeadh obair a' Choimisein air sgàth call cothrom air luchd-obrach tro dhleastanasan cùraim agus cuingealachaidhean eile obrach dachaigh; nas lugha ruigsinneachd air oifis; agus trioblaidhean ceanglaichean IT.	Cuideam air sìor-feabhas air ciamar a thèid le luchd-obrach is iad an obair bhon taigh.  Comataidh Slàinte, Sàbhailteachd is Sochair ga neartachadh, poileasaidhean ùra gan leasachadh agus sgrùdadh S&S nan àite, an dà chuid do luchd-obrach san oifis agus dhaibhsan a tha ag obair aig an taigh.  Cumar sùil air obair riaghlaidh gach seachdain. Plana leantainneachd sònraichte stèidhichte don Sgioba Ionmhais.

# Clàr nan Croitean (ROC)

Tha Coimisean na Croitearachd a' cumail a ROC fhèin a chumas fios air ainm, suidheachadh, cùs, meud gach croite, fios mun neach-ghabhaltais, mun uachdaran agus mu chòraichean sam bith air mòinteach a' bhaile.

## Àireamh nan Croitean air an cur san ROC

Àireamh nan Croitean air an cur anns a' Chlàr = 21,292  
(2019/20: 21,186)

### Na h-Eileanan Siar


<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	6,116
<b>An Seilbh</b>	258

### Earra-Ghàidheal is Bòd

<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	620
<b>An Seilbh</b>	498

### Siorrachd Àir a Tuath

<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	0
<b>An Seilbh</b>	1



<b>Sealtainn</b>	
<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	2,127
<b>An Seilbh</b>	1,209


<b>Arcaibh</b>	
<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	66
<b>An Seilbh</b>	396

<b>A' Ghàidhealtachd</b>	
<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	6,260
<b>An Seilbh</b>	3,741

<b>Moireibh</b>	
<b>Fo</b>	
<b>Ghabhaltas</b>	0
<b>An Seilbh</b>	0

## Croitearan a rèir aois

Àireamh Chroitearan clàraichte ann an ROC = 16,476 (2019/20 16,370)




# Clàr na Croitearachd


A bharrachd air a bhith a' dèiligeadh ri iarrtasan riaghlichail tha sinn cuideachd a' meas tàbhachd iarrtasan gu Clàr nan Croitean do Chlàran na h-Alba (ROS).

## Iarrtasan Clàradh Chroitean

### Ciad Chlàradh



### Tachartas an dèidh làimhe a' bhuaileas air croit chlàraichte



Bha cuideachd **30** (2019/20: 26) ùrachaidhean gun trigear agus 113 (2019/20: 160) ceartachaidhean a làimhseachadh. Tha àireamh iomlan de 7,481 (2019/20: 6,839 crofts) a-nis clàraichte ann an Clàr Croitearachd RoS.



# Dleastanasan Chroitearan

Tha dleastanas air croitearan a tha nan Luchd-gabhaltais agus nan Luchd-seilbh nan Còmhnaidh:



A bhith a' fuireach mar as àbhaist air a' chroit aca no an taobh a-staigh 32km air falbh bhuaipe



Gun a' chroit a chur gu mi-fheum no a leigil air dhearmad



A' chroit àrach is a ghlèidheadh, no a chur gu feum buannachdail eile.

## Sanas mu Amharas Briseadh Dleastanas

Ma chuireas croitear, comataidh-ionaltraidh/Maor no Measadair fios mu easbhaidh gabhail ri gin de na dleastanasan, tha e mar fhiachaibh air a' Choimisean sgrùdadadh a dhèanamh.

**!** **Chuireadh fios chun a' Choimisein mu 10 shuidheachaidhean far an robhas an amharas gun deach briseadh a dhèanamh tron bhliadhna (18 ann an 2019/20).**

**1** Gun tàbhachd (chan e croit a tha anns a' chuspair)



**9** cùisean a' dol air adhart fhathast (**1** chroitear ann am pròiseas an croit sònrrachadh – thathas a' sgrùdadadh nan **8** eile).



Iarrasan airson Cead a bhith Às an Làthair

**!** **21 (2019/20: 19) iarrasan air fhaighinn.**

**16** gan ceadachadh



**4** gan diùltadh



**1** gun tàbhachd



Cead a bhith às an làthair – Sìneadh

**!** A thuilleadh air an sin, dhèilig agus ghabh an sgioba RALU ri 2 iarrtas son sìneadh air cead a bhith air falbh.

# Cunntas na Croitearachd 2019 – Dleastanasan

Air sgàth buaidh COVID-19, cha b' urrainn don Choimisean töiseachadh air conaltradh ri daoine fa leth a thill bileagan Cunntas Croitearachd 2019 a' nochdad gun robhas a' briseadh aon no barrachd de na dleastanasan reachdail aca airson a' chiad uair. Tòisichidh an Coimisean as ùr air a' phròiseas conaltradh ri luchd-freagairt Cunntas Croitearachd 2020, a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas iad gus cumail ris na dleastanasan reachdail aca.

Ann an 2020, thòisich an Coimisean air conaltradh ri na **46** luchd-freagairt Cunntas Croitearachd 2018 a tha air fhàgail gus na cùisean aca a rèiteach no a thoirt air adhart gus brath a chur thuca, mu amharas briseadh dleastanas fo ullachaidhean earrann 26C(1).

A-mach às na **46** croitearan don deach sgrìobhadh – tha **5** dhiubh, gu ruige seo, air am briseadh aca fhuasgladh mar a leanas:



- **2** chroitear air gluasad a-steach dhan chroit
- **3** croitearan a dh'iarr agus a fhuair Cead a bhith às an Làthair
- Chaidh cuideachd **2** cùis a dhùnadh leis nach eil na croitearan a-nis maireann; **1** chùis far an deach co-dhùnadh gu robh adhbhar math ann gun għluasad an aghaidh neach a thaobh Earrann 26C (1) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993; agus **2** chroitear a thuirt gun robhas a' briseadh an dleastanas còmhnaidh ach nuair a rinneadh sgrùdadh fhuaras gun robh na croitearan dha-rìreabh a' còmhnaidh taobh a-staigh nan 32 km a bha a dhith.

A bharrachd air seo tha:

- Tha **12** croitear air tagraighean a chur a-steach airson cead bhon Choimisean na croitean aca fo-leigeil agus dùil ri co-dhùnайдhean
- Tha **8** croitearan air tagraighean a chur a-steach airson cead bhon Choimisein gabheltas nan croitean aca a thoirt seachad agus dùil ri co-dhùnайдhean

Tha na **16** cùisean eile a' dol tro phròiseas sparradh nan Dleastanas.

A bharrachd air seo rinn RALUT an obair a leanas:

# 2017 & 2018 Cunntas na Croitearachd

- **11** croitear am briseadh le an gabhaltasan a shònachadh le cead bhon Choimisean
- **1** cùis a bharrachd a rèiteach leis an neach-gabhail a' ceannach agus a' leigeil a' ghabhaltais a-mach le cead a' Choimisein.
- **16** croitearan am briseadh le an gabhaltasan a fo-leigeil le cead bhon Choimisean.

Aig deireadh na bliadhna aithris, bhathas fhathast a' beachdachadh air na leanas:

- **15** tagraighean son cead gabheltas a shònachadh
- **17** tagraighean son cead gabheltas a fo-leigeil
- **64** cùis ris a bheilear a' dèiligeadh fo na h-ullachaidhean sparradh dhleastanasan (bhon cheist am bu chòir brath 26C(1) Brath Amharas Briseadh Dleastanas a thoirt seachad – gus co-dhùnadh fo earrann 26C(5) a bheilear a' cumail ri dleastanas – gu cur a-mach fiosan fo earrann 26D, cothrom a thoirt don chroitear a tha ri briseadh, a' chùis a rèiteach taobh a-staigh ùine a mheasas an Coimisean reusanta).

Chuir an Coimiseanairean a-mach:

- **13** litrichean Earrann 26C (1) mu amharas briseadh dleastanas – bha **11** mar thoradh air freagairtean cunntais agus **2** às dèidh aithris briseadh dleastanas earrann 26A.
- **12** co-dhùnaidhean Earrann 26C(5) nach robhas a' coileanadh dleastanasan, **11** mar thoradh air freagairtean cunntais, agus **1** air aithris fo earrann 26A.
- **2** co-dhùnaidhean earrann 26C(5) far an deach co-dhùnadh, gu robhas a' coileanadh dleastanas reachdail, **1** mar thoradh air freagairt cunntais agus **1** às dèidh aithisg fo earrann 26A.
- **1** litir earrann 26D (1) a' toirt cothrom don chroitear gealladh am briseadh dleastanas aca a rèiteach.
- **4** Òrdughan crìochnachaidh gabhaltais fo earrann 26H Achd 1993. Thàinig **2** de na crìochnachaidhean sin mar thoradh air freagairtean cunntais agus **2** mar thoradh air aithisgean bho chomataidhean ionaltraidh fo earrann 26A.

Dh'aontaich an Coimisean **3** molaidhean bho uachdarain fo earrann 23(5) de Achd 1993 gus croitean falamh a leigeil a-mach air màl. A thaobh a' Choimisein fhèin a bhith a' leigeil a-mach croit air an ceann fhèin fo earrannan 23(5B) agus (5C) de Achd 1993, chaidh an sgioba air adhart le bhith a' leigeil croit bhàin ann an Leòdhas air màl, rud a thug a-steach neach ùr gu croitearachd. Dh'aontaich an Coimisean cuideachd a' chiad chuairead de **3** tagradh bho uachdar san Eilean Sgitheanach gus croitean a tha air a bhith falamh bho chaidh an stèidheachadh mar chroitean o chionn corr air 10 bliadhna.

Tha Bòrd Coimisein na Croitearachd air a bhith a' sìor-radh gum bu chòir gnìomh airson còmhnaidh croite agus cleachdadh fearainn gnìomhach a bhrosnachadh a bhith àrd air liosta phrìomhachasan a' Choimisein. Fhreagair am Bòrd do riarachadh buidseit leasaichte a' Choimisein le a' nochdadh gum bu chòir cuid den riarachadh seo a chleachdadh gus còmhnaidh agus cleachdadh fearainn gnìomhach a bhrosnachadh agus togail air obair le sgioba RALUT a' Choimisein. Chuireadh buidheann-obrach air chois le grunn Choimiseanairean, luchd-measaidh agus oifigearan a stèidheachadh anns an luchar 2020 gus sgrùdadh a dhèanamh ciamar a bheir Coimisean na Croitearachd a h-obair air adhart san raon seo.

Dh'ullach Buidheann nan Dleastanas clàr de 12 mholadh a dh'aontaich am Bòrd aig an coinneimh san Dùblachd 2020. Gheibhear tuilleadh fiosrachaидh aig a' cheangal <https://www.crofting.scotland.gov.uk>

Mar aithne gun leudaich obair RALUT nuair a chuirear na molaidhean an sàs, bheir an Coimisean tuilleadh ghoireasan ann an 2021/22 le Oifigearan Obair-cùise a bharrachd, agus bidh neach dhiubh stèidhichte ann am Baile a' Mhanaich, Beinn na Faoghla.

# Cunntas na Croitearachd 2020

Tha dleastanas laghail air croitearan bileagan Cunntas na Croitearachd, a thathar a' cur a-mach gach bliadhna, a lìonadh agus a chur air ais chun a' Choimisein.

Ann an 2020 chaidh 19,636 (2019/20: 19,485) bileagan Chunntas na Croitearachd a chur a-mach 17,645 (2019/20: 17,519) bileagan coitcheann agus 1,991 (2019/20: 1,966) mu earrainnean ionaltraidh (croitean air am meas). B' e seo an dàrna bliadhna a bha roghainn aig croitearan am bileag Cunntas Croitearachd a lìonadh air-loidhne agus bhrosnaich an Coimisean buannachdan an roghainn seo tro na meadhanan sòisealta. 2,820 (2019/20: 1,674) bileagan no 19.7% (2019/20: Rinneadh 11.4%) de bhileagan air-loidhne. San fharsaingeachd, thàinig 14,297 (2019/20: 14,726) bileagan air ais dhan Choimisean. Tha seo co-ionann ri 72.8% (2019/20: 75.5%) gan cur air ais



Fuireach mar as àbhaist air a' chroit aca no an taobh a-staigh 32km air falbh bhuaipe:  
**94%** (2019/20: 86%)




Gun Mhì-ghnàthachadh no Dearmad:  
**89%** (2019/20: 89%)



Croit ga h-Àrach/Gleidheadh/Cur gu Feum:  
**89%** (2019/20: 89%)

Àireamh chroitearan nach robh a' coileanadh nan Dleastanasan aca air innse don Choimisean  
**BUIL: 1,289 (2019/20: 686)**



# Ionaltradh Coitcheann

'S iad mòintichean baile pàirt riatanach agus cudromach den t-siostam croitearachd. Is iad dà thrian den fhearrann gu lèir a tha fo ghabhaltas croitearachd, agus tha am fearainn seo air a bhith deatamach do shiostaman stuic ach tha iad cuideachd air an aithneachadh barrachd airson nam buannachd àrainneachdail a tha iad a' toirt seachad. San aon dòigh, tha comas aca lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde tro ath-nuadhachadh mòintich, cruthachadh is riaghlaigh choilltean, cumhachd ath-nuadhachail agus ionaltradh cothromach.

Tha còrr air 1,000 mòintichean baile a' còmhdaigh sgìre nas mothà na 500,000 ha air feadh siorrachdan croitearachd na h-Alba.



Tha comataidhean-ionaltraidh, a tha gan cur an dreuchd le croitearan le roinn san ionaltradh, bunaiteach airson riaghlaigh agus cumail suas nan goireasan coitcheann cudromach sin. Dh'adhbhraich an galar COVID-19 ann an 2020 duilgheadasan sònraichte don dleastanas reachdail coinneamhan poblach a chumail gus comataidhean-ionaltraidh ùra fhastadh, gu sònraichte dhaibhsan a tha a' leigeil dhiubh an dreuchdan às dèidh an teirm ainmichte de 3 bliadhna.

Gus leantainneachd gniomhachais a bharantachadh agus cuideachd gus ar tasgadh mòr fhèin a dhìon ann a bhith ag ath-nuadhachadh misneachd agus àireamhan chomataidhean-ionaltraidh, chleachd an Coimisean eileamaid eile den reachdas gus dèanamh cinnteach gum fastar comataidhean-ionaltraidh agus iad air an dreuchd a leigeil seachad tron bhliadhna. Le cùisean mar a bha iad, thug an Coimisean an cothrom do bhuill chomataidhean ionaltraidh a dhol nan dreuchd airson teirm eile. A bharrachd air an sin, nam feumadh luchd-earrannan ann an sgìrean eile comataidh, rinneadh ullachadh airson conaltradh ris a h-uile duine le roinn nan ionaltraidhean mus do chuir an Coimisean comataidh-ionaltraidh sam bith an dreuchd. San dòigh seo, tha an Coimisean air co-obrachadh le comataidhean-ionaltraidh agus coimhleasachdan croitearachd gus dèanamh cinnteach gu bheil an structar riaghlaigh airson ionaltradh coitcheann fhathast ann far an gabh sin a dhèanamh.

Thug an galar droch bhuaidh air a' phrògram gus trèanadh eadar-ghniomhach a thoirt do chomataidhean ionaltraidh ann an co-bhonn le FAS, a bhathas a' feuchainn sa bhliadhna roimhe. Obraichidh seo as fheàrr ann am buidhnean, agus le eadar-obrachadh eadar an luchd-trèanaidh agus na com-pàrtichean croitearachd. Ge-tà, fhuair clàrcan ionaltraidh cothrom pàirt a ghabhail ann an rannsachadh-beach air-loidhne gus ùidh ann an trèanadh didseatach a thomhas san t-Samhain. Mar thoradh air an seo, chuireadh grunn thachartasan trèanaidh didseatach air dòigh le taic bho SAC agus FAS thairis air na mìosan a lean.

	2020/21	2019/20	2018/19
Àireamh nan Comataidh-ionaltraidh ann an Dreuchd	500	495	418

## Cunntas air Ionialtradh Coitcheann

Thug Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 dleastanas air Comataidhean-ionaltraidh aithisg ullachadh gach 5 bliadhna air cor an talamh ionaltraidh agus cor gach croite le croitearan nan luchd-gabhaltais no nan luchd-seilbh a' còmhnaidh a roinneas san ionaltradh choitcheann agus air cùisean sam bith eile a' bualadh air an ionaltradh choitcheann no air croitearachd ann am baile sam bith ceangailte ris an ionaltradh. Rinneadh agus thugadh seachad bileag cunntais ionaltraidh gus an cuireadh Comataidhean-ionaltraidh e gu feum gus an dleastanas seo a choileanadh agus tha e ri fhaighinn air làrach-lìn Coimiseanan na Croitearachd.

Bho thugadh a' bhileag seo seachad sa Mhàrt 2017, tha an Coimisean air 109 toradh cunntais ionaltraidh fhaighinn.

# Saorsa Fiosrachaidh/ Riaghailtean Àrainneachd/ Dìon Dàta

Tha rùn aig a' Chomataidh gèilleadh do reachdas a bheir còir dhan t-sluagh fiosrachadh iarraidh agus gun toirear am fiosrachadh sin seachad mura bi adhbhar ann airson a' chaochlaidh. Tha an dleastanas laghail seo fo Achd Saorsa an Fiosrachaidh (Alba) 2002, Achd Dìon Dàta 2018, an Riaghlaidh mu Dhòn Fios Coitcheann, agus Riaghailtean Fios Àrainneachd (Alba) 2004.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig [www.crofting.scotland.gov.uk/foi](http://www.crofting.scotland.gov.uk/foi)

## Gearanan

Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd seirbheisean den chìad iùre a thoirt don luchd-cleachdaidh againn agus tha sinn a' cleachdadadh an fhiosrachaidh bho luchd-cleachdaidh nach eil sàsaichte gus na seirbheisean againn a leasachadh.

Ann an 2020/21 fhuair  
sinn **39 gearanan**  
(2019/20: 36).



Fuasgladh Sreath-toisich	2020/21	2019/20	2018/19	2017/18
Air an Glèidheadh	15	4	16	10
Air an Glèidheadh gu ìre	2	3	-	1
Gun Ghlèidheadh	11	17	16	2
Air an Cur air Adhart	-	-	23	7
<b>Buil</b>	<b>28</b>	<b>24</b>	<b>55</b>	<b>20</b>

Sgrùdadh a' Dol air Adhart	2020/21	2019/20	2018/19	2017/18
Air an Glèidheadh	3	2	5	2
Air an Glèidheadh gu ìre	3	6	8	4
Gun Ghlèidheadh	4	3	4	5
Gun Tàbhachd	1	1	1	3
Sgrùdadh a' Dol air Adhart	-	-	1	-
<b>Buil</b>	<b>11</b>	<b>12</b>	<b>19</b>	<b>14</b>

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig [www.crofting.scotland.gov.uk/complaints](http://www.crofting.scotland.gov.uk/complaints)

# Conaltradh

Nochd COVID-19 agus na glasaidhean co-cheangailte ris àite nam meadhanan sòisealta.

Tha na Meadhanan Sòisealta fhathast nan dòigh chudromach do Choimisean na Croitearachd fiosrachadh a sgaoileadh ann an dòigh luath agus èifeachdach gu sluagh mòr.

Tha àireamhan luchd-leantainn Facebook agus Twitter fhathast a' meudachadh agus tha puist air seanailean nam meadhanan sòisealta seo gu tric a' faighinn gu barrachd na 1,000 neach.

Leanaidh sinn cuideachd a' leasachadh ar làrach-lìn, a tha an-dràsta ga ùrachadh gu mòr, a' gabhail a-steach deuchainn air an ère ruigsinneachd a th' ann an-dràsta gus dèanamh cinnteach gun gabh a chleachdad. Tron bhliadhna rinn sinn ath-sgrùdadh mionaideach air ar ro-innleachd Conaltraidh is Meadhanan Sòisealta le sùil ri grunn mholaidhean a chuir an gnìomh ann an 2021/22, leis an amas tuigse agus mothachadh àrdachadh air àite a' Choimisein.



# Còraichean Daonna

## **Co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd**

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltann co-ionannachd chothroman agus tha poileasaidhean is modhan an sàs aige gus a dhèanamh cinnteach gun toirear seo gu buil. Tha e cuideachd làn-mhothachail air na dleastanasan laghail a tha air, gu sònraichte mu dhàimh-chineal, agus leth-breith a thaobh aoise, gnè is ciorraim, agus a' leantainn poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba gu lèir a thaobh Còirichean Daonna is Co-Ionannachd.

## **Dleastanas Co-ionannachd**

Tha Coimisean na Croitearachd fo Riaghailtean Achd Co-ionannachd 2010 (Dleastanasan Coitcheann) (Alba). Feumaidh an Coimisean aithrisean air pàigheadh co-ionann is Buill a' Bhùird fhoillseachadh cuideachd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltann ùrachadh a thoirt mar phàirt de dh'Aithisg Bhliadhnailean na buidhne agus thathar air iomradh a thoirt gu h-ìseal a chum na crìche sin.

Tha uallach air an fheadhainn a tha fon dleastanas mu cho-ionannachd, tro lìbhrigeadh nan gnìomhan aca:

- Cur às do leth-breith, do shàrachadh agus do dh'fhulaingeachd mhì-laghail agus do ghiùlan eile a tha toirmisgte leis an Achd.
- Co-ionannachd chothroman a chur air adhart eadar daoine air a bheil feart a tha ga dhòn agus daoine air nach eil.
- Deagh-dhàimh àrach eadar daoine air a bheil feart a tha ga dhòn agus daoine air nach eil.

Gheibhear an aithisg shlàn mu phrògram nan tionnsnàidhean rianail air a bheil a' bhuidheann air a bhith ag obair gus a lìbhrigeadh, cho math ri adhartas a dh'ionnsaigh lìbhrigeadh nan toraidhean co-ionannachd, ann am Plana Co-ionannachd agus lomadachd Coimisean na Croitearachd air an làrach-lìn. <https://www.crofting.scotland.gov.uk>

Fo Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Poblach (Alba) 2018, thug Riaghaltas na h-Alba a-steach amas riochdachadh gnè gum bu chòir 50% de bhuill ainmichte gu Bùird poblach a bhith nam boireannaich, le ceann-latha 31 Dùblachd 2022 gus seo a choileanadh. A thaobh Coimisean nan Croitearachd, tuigear gum biodh amas riochdachadh gnè na h-Achd riaraichte nam biodh co-dhiù aon bhall boireann ainmichte a-measg nan Coimiseanairean.

Le ceann-latha aithris sa Ghiblean 2021, cho-dhùin an Coimisean as t-samhradh 2020 ceumannan a ghabhail gus a dhealas a thaobh riochdachadh boireann air a' Bhòrd a nochdadh agus stèidhich e Buidheann-obrach Geàrr-ùine (STWG). Anns a' bhuidhinn bha 3 oifigearan boireann às a' Choimisean, 2 mheasadair boireann agus 2 Choimiseanair. Chaith co-dhùnadh anns a' chiad dol a-mach gum biodh a' bhuidheann ag obair gu ghnìomhach air gach cuid bhoireannaich a brosnachadh gus tagradh a dhèanamh airson dreuchdan bàna agus cuideachd seasamh airson taghadh dhan Bhòrd.

Dh'aontaich an STWG sreach de ghnìomhan practaigeach agus chuir iad ri chèile liosta de luchd-ùidh, gus fiosrachadh a sgaoileadh gu luath gu lionradh farsaing de bhuidhnean le ùidh. Leig seo, mar eisimpleir, curidhean a sgaoileadh gu coinneamhan Bùird bhidio, rud a tha nise air fidhe a-steach do phròiseasan a' Choimisein. Le coinneamhan a' Bhùird a dhèanamh nas faicsinnich, thathas an dòchas cur an aghaidh beachdan gu bheil gnothaichean toinnt, a bharrachd air a bhith a' leudachadh tuigse mu obair a' Choimisein. Stèidhich a' bhuidheann cuideachd ceanglaichean ri na h-oifigearan iomchaidh ann an oifis Dreuchdan Poblach. Tha an obair ghnìomhach a thòisich a' bhuidheann a' toirt a-steach deasachadh agus cuairteachadh Ceisteachan gus ceistean a chur air boireannaich mu na cnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith man coinneamh a thaobh com-pàirteachadh agus mar a dh'fhaodadh iad sin a lasachadh, aistean, blogaichean is filmichean, a bharrachd air trèanadh agus dòighean-obrach dìreach do dhaoine fa-leth. Leanaidh an obair seo agus bidh dà shlighe na lùib, air aon làimh, co-cheangal fo stiùir oifigearan le Riaghaltas na h-Alba, gus follaiseachd is roinneadh fiosrachaидh a mheudachadh agus, air an làimh eile, co-chomann, conaltradh neo-fhoirmeil agus adhartachadh air a stiùireadh le buill eile den bhuidhinn.

# Gnothaichean Àrainneachd

Mar luchd-gabhaltais ann an oifis air an roinneadh, (Taigh a' Ghlinne Mhòir), tha uallach air NatureScot airson an togalaich, agus chan urrainn don Choimisean aghaidh a chur ach a-mhàin air cùisean air an taobh a-staigh leithid cleachdadhe ghoireasan, siubhail agus mothachaideh. Is e fear de na toraidhean anns a' Phlana Chorporra againn a' bhuaidh a bheir sinn air an àrainneachd a lùghdachadh. Ged nach eil amasan sam bith a thaobh na h-àrainneachd air an cur le Riaghaltas na h-Alba air Coimisean na Croitearachd an-dràsta, tha e a' gabhail ri cùisean na h-àrainneachd mar rud cudromach agus bidh e a' gabhail ri cleachdaidhean a bhios a' cur cuideim air an àrainneachd nuair a ghabhas. Tha an Coimisean na chom-pàirtiche saor-thoileach a thaobh sùil a chumail air na sgaoilidhean CO<sub>2</sub> aige agus aithris a chur a-steach air atharrachadh na gnàth-sìde gu Riaghaltas na h-Alba.

Għluais Coimisean na Croitearachd gu sgiobalta gu obair bhon taigh mar thoradh air stiùireadh COVID-19 Riaghaltas na h-Alba. Tha seo air sgaoilidhean co-cheangailte ri siubhal chun oifis a għarrachadha cha mhōr gu neoni, ach nas cudromaiċhe bhiodh Coimiseanairean a' siubhal gu coinneamhan a' Bhùird agus coinneamhan eile ann an Inbhir Nis agus air feedh nan siorrachd croitearachd, air plèanaichean, bātaichean-aiseig agus càraichean priobhaideach. Chùm an Coimisean a' dol le choinneamhan air an cumail an toiseach air Skype agus a-nis air Microsoft Teams. Le sùil ri 2021/22, tha dùil gun gabh an Coimisean a-steach eileamaid mhōr de choinneamhan air-loidhne agus eileamaid de dh'obair dachaigh do na cleachdaidhean aige, a lughdaicheas siubhail agus na sgaoilidhean a tha co-cheangailte ris gu mòr.

Tha obair air a bhith a' dol ann an 2020/21 gus gluasad a dh'ionnsaigh foirmean air-loidhne agus is dòcha fios bliadhnaile air-loidhne. Thathas an dùil gun adhbhraich seo sàbhalaidean mòra ann an cleachdadhe pàipear agus post, agus anns na sgaoilidhean co-cheangailte ri libhrigeadh puist.

Tha clù aig croitearachd airson a bhith a' dèanamh biadh aig an ìre as àirde agus aig an aon àm a' dèiligeadh ris an àrainneachd ann an dòigh sheasmhach. Chìthear eisimpleir de dh'iomairt shoirbheachail air taobh-duilleag 40 den aithisg againn.

Tha Coimisean na Croitearachd air a bhith air thoiseach ann an leasachadh smaoineachadh ciamar a għabbadha ath-nuadhachadh talamh mōintich adhartachadh air croitean agus talamh ionaltraidh coitcheann. Choinnich an Coimisean ri NatureScot agus Peatland Action, Coilltearachd na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba gus co-dhùnadh ciamar a għabhas barrachd fiosrachaideh a thoirt do chroitearan, comataidhean-ionaltraidh agus uachdarain, agus għiex ħadha mar a għabhadha sgeama ath-nuadhachadh mōintich a dhèanamh ann an dòigh a tha co-chòrdail ri reachdas croitearachd. Tha an Coimisean ag iarraidh co-obraħadha a leasachadh le cui de choimhearsnachdan croitearachd agus uachdarain a thaobh ath-nuadhachadh mōintich agus tha e cuideachd a' sgrùdadh an gabhadha, agus ciamar a għabhadha còd nam mōinteach a chleachdadhe còmhla ri cui de sgeamaichean. Thug neach-lagħa a' Choimisein pàipear do Bhòrd a' Choimisein ann an 2020/21 a' mīneachadh cui den smaoineachadh agus na cusparean a thaobh croitearachd agus ath-nuadhachadh mōintich. Tha an Coimisean cuideachd air a bhith ag obair còmhla ri Coilltearachd na h-Alba gus beachdan a chuir ri chèile mu leasachadh còmhdach coille air talamh croite agus ionaltradha coitcheann.

Gu h-aithgħearr, għabb Coimisean na Croitearachd ceumannan beaga am-bliadhna gus sgaoilidhean a lughdachadh, gu h-àraidh tro nas lugħa de shiubhal. Aig ìre nas mothu chuir e leasachadh barrachd mothachaideh mu cho cudromach sa tha atharrachadh na gnàth-shide agus call bith-iomadachd dha croitearachd agus na dh'haodadh croitearachd dèanamh gus cuideachadh a' ruighinn amasan lom-neoni Riaghaltas na h-Alba tro cho-obraħadha le buidhnean luchd-ùidh.

# Dèanadas ionmhasail

Riaraich Riaghaltas na h-Alba buidseat de £3.022M (£2.758M 2019/20) air Coimisean na Croitearachd. Thugadh riarachadh £0.065M (£0.065M 2019/20) seachad cuideachd airson chosgaisean neo-airgid mar isleachadh ann an luach agus luach-chrionadh.

## Còd Cleachdadha Pàighidh

A rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, tha aig Coimisean na Croitearachd ri fàirdealan uile an luchd-sholair far nach eil deasbad a phàigheadh an taobh a-staigh 10 latha-obrach an dèidh am faotainn. Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd 100% de na fàirdealan, an fheadhainn fo dheasbad nam measg, aon uair is gu bheilear air an deasbad fhuasgladh, a phàigheadh ann an àm a rèir nan cumhaichean seo. Sa bhliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2021, phàigh Coimisean na Croitearachd 92% (100% ann an 30 latha) de na fàirdealan a rèir nan cumhaichean seo (96% 10 latha, 100% 30 latha ann an 2019/20).


## Toraidhean Ro-innleachdail

Tha lùghdachadh nan cosgaisean againn agus am feum as mothà a thoirt à maoineachadh don obair riaghlaichail againn na phriomhachas dhuinn fhathast. Tron bhliadhna, lean Coimisean na Croitearachd sùil a chumail air structar feachd-obrach feuch a bheil stòrasan gan cuimseachadh air prìomh ghnìomhan na buidhne. Tha gabhail páirt ann an cùmhnan tan co-obraichail Riaghaltas na h-Alba, gluasad gu siostam ionmhais san sgòth, agus sàbhaladh air siubhal mar thoradh air a' ghalar, air cuideachadh gus barrachd caomhnaidh ann an èifeachdas a dhèanamh cuideachd. Chuidich na h-eisimpleirean seo ri coileanadh a' Choimisein air amas Riaghaltas na h-Alba mu chaomhnadh ann an èifeachdas mar 3% den bhuidseat bhunaiteach againn de £3.022M ann an 2020/21. Uile gu leòr, rinn sinn 3.4%, no mu £95,000 de chaomhnadh baralach ann an 2020/21 (3.8%, £108,000 2019/20). Tha gach coltas gun lean an gluasad ann an èifeachdas siubhail is bith-beò sna bliadhnaichean ri teachd, oir tha coinneamhan àbhaisteach, leithid leirmheasan Obair Cùis Riaghlaidh ìre 3, a chuireadh feum air siubhal gu Inbhir Nis, a-nis gun ruith gu soirbheachail tro chleachdaidhean obrach co-labhairtean bhidio iomallach.

Tha barrachd sgrùdaidh ionmhasail ga thoirt san Aithisg Chunntalachd air duilleag 46.


## Mar a riaraich sinn na goireasan againn ann an 2020/21

Tha sinn gar maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus mar bhuidheann riaghlaichail bha mu 75% den chaiteachas iomlan againn ceangailte ri luchd-obrach.



- █ Toradh 1: Croitean an seilbh agus gan obrachadh
- █ Toradh 2: Tha mòintichean baile gan riaghlaich agus dòighean-rianachd coitcheann gan leantainn
- █ Toradh 3: Tha Croitearachd ga riaghlaich ann an dòigh a tha ceart, tàbhachdach is èifeachdach
- █ Toradh 4: Bheirear taic do chor na croitearachd le conaltradh fiosrachail còmhla ri luchd-ùidhe
- █ Toradh 5: Tha na sgilean is misneachd ceart aig ar luchd-obrach gus an dreuchd a choileanadh gu math, tha na pròiseasan riaghlaidh againn mar dheagh-chleachdadach

## Anailis Treand de Shònachadh Maoin



## Planadh air adhart

Fhuair an Coimisean buidsean ghoireasan 2021/22 de £3.200M, nì a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba.

# Gnothaichean an Aghaidh Coirbeachd is Ceannach le Duais

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltannan nan ìrean as àirde mu ghiùlan beusach agus mu ionracas agus an geall air coirbeachd is ceannach le duais a thoirmeasg oir tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach ar cliù agus misneachd an luchd-ùidhe againn a ghleidheadh. Cha deach cùisean coirbeachd no ceannach le duais sam bith a chlàradh ann an 2020/21.

Uilleam Barron  
Ceannard agus Oifigear Cunntachail  
10 Lùnastal 2021



## Eisimpleir

Is e “The Green Bowl” ionad bìdh ionadail a chuir Helen O’Keefe agus Tessa Dorrian air chois gus biadh a nithean ann an Ailbhinn, san Cnocan agus san Leathad Mhòr a reic.

Bithear a’ reic biadh às na croitean aca fhèin (feòil-chaorach le Helen, feòil-mart agus feòil-mhuic le Tessa, a bharrachd air uighean, glasraich, aran agus fuine eile) a bharrachd air toradh bho luchd-fàs ionadail eile (measan is glasraich bog, agus luibhean) agus tha sin ann grunn eile mhuinntir an àite le ùidh ann a bhith an sàs ann san ùine a tha romhainn.

Is iad Helen agus Tessa a ruitheas am bùth air-loidhne agus a chuireas liubhairt air dòigh. Leigidh an luchd-àiteachais eile fios dhaibh dè a bhios aca gach seachdain agus am prìs. Cuiridh iad am bathar gu Helen is Tessa air an latha lìbhrigidh fhèin, agus 's e màthair Helen an draibhear lìbhrigidh gus am biadh a chur a chum nan luchd-ceannach.

Tha Helen a’ mìneachadh mar a thòisich iad. “Tha mi air a bhith

an lùib “Nourish Scotland” bho bha mi nam phàirt den phrògram comhairleachaidh aca “Making a Living from Local Food” ann an 2018 agus dh’ionnsaich iad tòrr dhomh mu shiostaman biadh na h-Alba agus cuspairean na lùib. Tha mi air leth dealasach mu bhiadh ionadail, tha e nas fheàrr agus nas blasta na a’ mhòr-chuid den rud a cheannacheas tu anns a’ mhòr-bhùth, thathas a’ coimhead às dèidh nam beathaichean againn ceart (agus gan gràdhachadh!) agus caithidh iad beatha nàdarrach a-muigh le glè bheag de dh’obair orra, agus bidh sinn uile a’ dèanamh ar dìcheall an talamh a tha sinn ag àiteach ann a dhòn. B’ fheàrr leam gu mòr biadh a cheannach is fios agam gu bheil e a’ tighinn à shiostam mar seo, seach biadh a chaidh a ghiùlan ceudan (no míltean) mhìltean à cò aig a tha fios dè an seòrsa siostam giollachd.”

“Chan e a-mhàin seo, ach mas urrainn dhuinn gnìomhachasan ionadail a chruthachadh a-mach à biadh a dhèanamh, bheir e spionnad dha na coimhairsnachdan againn – a’ toirt adhbhair do bharrachd dhaoine (agus gu h-àraig teaghlaichean) a bhith a’ fuireach an seo agus ag obair air an fhearan, an àite a h-uile càil a bhith air a reic airson taighean seann aois no àiteachan-fuirich do luchd-turais.”

“Is e pàirt den bhrosnachadh son Green Bowl sa chìad dol a-mach càileachd is meud na bh’ aig daoine sna gàrraidhean aca ann an Ailbhinn. Thathas a’ dèanamh biadh iongantach an seo agus, ged nach eil gu leòr aig aon neach againn airson a reic gu malairteach, nan tigeadh sinn còmhla dh’fhaodadh farsaingeachd agus meud a bhith againn a b’ fhiach a chur don bhaile againn fhìn, a bharrachd air bailtean beaga eile san sgìre. Chan e a-mhàin sin, ach dh’fhaodamaid taic a thoirt do chàch a’ chèile nar n-àiteachas agus obair còmhla gus luchd-còmhnaidh ùra (no luchd-còmhnaidh a tha ann a tha airson töiseachadh le àiteachas) a chuideachadh.”

“Is e sinne baile croitearachd (dhà son an fhìrinn innse – tha Ailbhinn agus an Cnocan nam bailtean croitearachd fa leth) agus is ann a bha croitearachd





bho thùs mu dheidhinn obair còmhla gus biadh a chumail ri choimhearsnachdan ionadail. Is dòcha nach eil croitearan a th' annainn uile, ach nì sinn uile biadh cumhachdach dar coimhearsnachdan! Thòisich sinn bùth tuathanais anns na Elphin Tearooms an uiridh, a' reic feòil sa bhitheantas ach cuideachd beagan ghlasraich bho muinntir an àite. Bha an taigh-bìdh dùinte son a' mhòr-chuid den bhliadhna air sgàth COVID-19, agus mar sin dh'fheumadh sinn dòigh eile an toradh againn a reic. Bha mi an aig webinar air-loidhne leis an Soil Association mu dheidhinn gluasad gu reic air-loidhne, far an do dh'ionnsaich mi mun Open Food Network agus chunnaic mi mar a dh'fhaodadh e obrachadh dhan t-suidheachadh againn, agus mar sin thòisich sinn san luchar 2020 agus sin mar a thachair, mar a chanas iad."



"Tha toradh gach croitear an urra riutha fhèin agus is iad a shuidhicheas am prìsean fhèin, agus chì an luchd-ceannach cò bhuaithe a thathas a' ceannach. Tha e mar margaid tuathanach air-loidhne. Gheibh an Green Bowl 10% air muin gach prìs. Tha mun leth den seo a' dol gun Open Food Networks is cìsean páighidh cairt.

Is ann a tha a' chòrr dheth dha na cosgaisean libhrigidh is rianachd againn, ma bhios càil a bharrachd ann bhitheamaid an dòchas a chleachdadh gus na croitearan a chuideachadh – uidheamachd, pacadh, leubailean, agus is math dh'fhaoidte treanadh san àm ri teachd, fearann a leigeil a-mach... cò aig a tha fios?"





# Aithisg Cunntalachd 2020/21

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gabhail ri deagh-riaghlaigh corporra.

# Aithisg mu Riaghladh Corporra

## Aithisg Luchd-stiùiridh

### Bòrd nan Coimiseanairean

Coimiseanair	Modh Cur an Dreuchd	Làthaireachd aig Coinneamhan Bùird tro 2020/21	Làthaireachd aig Coinneamhan Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais tro 2020/21
	Rod MacCoinnich <sup>*1,5 &amp; 7</sup>	Air a Thaghadh	8/8*
	Màiri NicChoinnich <sup>*1 &amp; 6</sup>	Air a Thaghadh	8/8*
	Andy Holt <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	8/8*
	Cyril Annal <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	6/8*
	Iain MacLomhair <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	8/8*
	Uilleam MacNèill <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	8/8*
	Daibhidh Caimbeul <sup>*2</sup>	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	7/8*
	Malcolm MacMhathain <sup>*3 &amp; 8</sup>	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	8/8*
	Seumas Scott <sup>*4</sup>	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	8/8*

\* = Àireamh fhrithealaidh/Àireamh coinneamhan air an robhar comasach frithealadh

1 = Air an taghadh fad teirm 5 bliadhna bho 17 Màrt 2017.

2 = Ath-shuidheachadh 2 bliadhna, 2 mhìos le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Faoilleach 2020.

3 = Ath-shuidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Faoilleach 2020.

4 = Suidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2020.

5 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 20 Ògmhios 2017

6 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 24 Lùnastal 2020

7 = Leig e dheth a dhreuchd mar Neach-gairm le èifeachd bho 21 Ògmhios 2021 agus leig e dheth a dhreuchd mar Choimiseanair le èifeachd bho 1 Iuchar 2021.

8 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 20 Ògmhios 2021

Ghairm cuideachd Coimisean na Croitearachd trì Coinneamhan Ro-innleachd, a chaidh a chumail an diomhaireachd agus nach deach a chlàradh, air 26 Ògmios 2020, 31 Lùnastal 2020 agus 5 Gearran 2021.

Tha làn-fhiosrachadh mu Chlàr nam Com-pàirtean aig na Coimiseanairean ri fhaotainn air an làrach-lìn againn [www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners](http://www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners)

## Sgioba-stiùiridh (SMT) 2020/21



**Uilleam Barron, Ceannard agus Oifigear Cunntachail** Uallach air sa cheann thall airson ro-innleachd, obrachaidhean, ionmhas agus rianachd Choimisean na Croitearachd.

A' dèanamh cinnteach gum faigh Bòrd nan Coimiseanairean fiosrachadh cruinn agus comhairle gun chlaonadh.



**Aaron Ramasaidh – Ceann Didsiteach agus Leasachadh** An urra ri ro-innleachd IS agus ùrachadh seirbheisean didsiotach. Prìomh uallach ann a bhith a measadh agus stiùireadh leasachadh ann an siostaman obrachaidh is pròiseasan Choimisein na Croitearachd, gus barrachd èifeachdas agus buaidheachd san dòigh a thathar a làimhseachadh obair-chùis a choileanadh. Àrd-Shealbhaise Gàbhadh Fiosrachaidd (SIRO) Choimisean na Croitearachd



**Fraoch Mack, Ceannard Leasachaidh Croitearachd** – Le uallach son leasachadh croitearachd, a' gabhail a-steach ceannas air na dreuchdan leasachaidh sna h-Eileanan Siar.



**Màiri Rosach – Ceannard Obrachaidh is Luchd-obrach** – An urra ri òrdanachadh is èifeachdas sgioba clàraighe is sgioba cùisean reachdail, a' cleachdadh mheadhanan is slatan-tomhais gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' cumail ri ìrean lìbhrigidh.



**Iain Toal, Ceannard Poileasaidh is Sgiobaidhean Ionalaithd** – A' cuideachadh Choimiseanairean ann an leasachadh poileasaidh ro-innleachdail ann an raon de chùisean taobh a-muigh agus taobh a-staigh gus na h-amasan obrach aca a choileanadh agus os cionn Sgioba Ionalaithd, a' dèiligeadh ri comataidhean-ionalaithd.



**Eòsaph MacIleChiar, Ceannard Taic-riaghlaidh** – Tha e an urra ris taic is treòrachadh a thoirt do luchd-obrach agus do na Coimiseanairean air cùisean riaghlaidh is clàraighe, a' stiùireadh air co-dhùnайдhean tiomnaichte agus ath-bhreithneachadh air sgrìobhainnean agus a' cumail sùil air obair Sgioba Còmhnaidhe is Cleachdadhe an Fhearrainn (RALUT).



**Sine NicThòmais, Ceannard Coileanaidh** – Uallach airson Ghearanan, iarrtasan fo Shaorsa an Phiosrachaidd/EIR, Dòn Dàta/GDPR, a' stiùireadh air Co-ionannachd is lomadachd, Plana Gàidhlig agus Oifigear nan Inbhean aig Coimisean na Croitearachd. Cuideachd an urra ris an sgioba Seirbheisean Corporra is Luchd-cleachdaidh agus a' toirt taic rùnaireachd don SMT agus don Bhòrd.



**Niall Dòmhnullach\*, Ceannard Ionmhais** – Uallach airson dèanamh cinnteach gu bheil siostaman ionmhais a tha làidir, follaiseach agus a ghabhas sgrùdadh aig Coimisean na Croitearachd. A' co-òrdanachadh dleastanasan ionmhasail a' Choimisein gu lèir a thaobh Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba (SPFM) agus an Sgrìobhainn Frèam a chaidh aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.



**Daibhidh MacFhionnlaidh, Neachlagha** – A' toirt comhairle laghail do Choimisean na Croitearachd agus a' dèiligeadh ri tagraighean-lagha anns a bheil Coimisean na Croitearachd an sàs.

## Dèanadas Ionmhasail

<b>Iomradh air Easbhaidh/(Còrr) don bhliadhna</b>	<b>2020/21</b>	<b>2019/20</b>
	<b>£000</b>	<b>£000</b>
Caiteachas-obrachaidh lomlan	3,060	2,807
Tabhartas-mar-Chobhair air a tharraing a-nuas	(3,022)	(2,758)
Easbhaidh/(Còrr)	38	49
<b>Rèiteach eadar caiteachas-obrachaidh air bunait cunntais agus an Tabhartas-mar-Chobhair air a tharraing a-nuas</b>	<b>2020/21</b>	<b>2019/20</b>
	<b>£000</b>	<b>£000</b>
Easbhaidh/(Còrr)	38	49
Gun neo-airgead:		
Ísleachadh is Crionadh	(50)	(50)
Atharrachaidhean air caiteachas-obrach le:		
Luchd-fiach	(1)	(17)
Iasadaichean	(120)	(16)
Gluasad ann an solar	-	-
Gníomhachasan tasgaidh	35	19
Tabhartas air a tharraing a-nuas (a chòrr)/a dh'easbhaidh caiteachais mar Airgead-ullamh	(98)	(15)

Air bunait càrnadh teachd-a-steach agus caiteachais b' e toradh ionmhasail na bliadhna air gnothachas àbhaisteach easbhaidh £0.038M (Easbhaidh £0.049M 2019/20). Tha an easbhaidh seo air sgàth co-cheartachadh ionmhais, mar dìmeasaidh agus gluasadan airgead calpa gu cunntasan ionmhasail, nach eil a' gabhail a-steach gluasad airgid. Air bunait airgid-ullaimh, bha tarraing a-nuas Tabhartas-mar-Chobhair Choimisean na Croitearachd a chòrr air feumalachdan obrachaidh airgid-ullaimh le £0.098M (2019/20 £0.015M). Chan eil seo na chòrr airgid-ullaimh seach gun ruig am maoineachadh air fiachanasan a thàinig ann an 2020/21 a nochdar ri phàigheadh aig toiseach 2021/22.

B' e caiteachas-obrachaidh iomlan 2020/21 £3.060M (2019/20 £2.807M). Tha an caiteachas seo ga chòmhdachadh às an Tabhartas-mar-Chobhair a-mhàin. Tha Coimisean na Croitearachd air obrachadh taobh a-staigh Tabhartas-mar-Chobhair airson bliadhna 2020/21.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chaiteachas Coimisean na Croitearachd air luchd-obrach, Coimiseanair is obrachadh gu 31 Màrt 2021 ann an nota 2 (Duilleag 83) de na cunntasan seo.

### Peinnseanan

Faodaidh buill luchd-obrach Choimisean na Croitearachd a bhith nam buill de Phrìomh Sgeama Peinnseanan nan Seirbheisean Catharra. Gheibhear fios mun sgeama agus fios mu làn-chòraichean pheinnseanan luchd-stiùridh Choimisean na Croitearachd san Aithisg air ìocadh (Duilleag 60) agus nota 1.5 (Duilleag 81) de na cunntasan seo.

### Cìsean gun Sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte LLP a fhastadh mar luchd-sgrùdaidh. Tha fios mu chìsean an sgrùdaidh don bhliadhna gu 31 Màrt 2021 ga nochdadh ann an nota 2 (Duilleag 84) de na cunntasan. Cha deach Deloitte LLP fhastadh no a phàigheadh airson obair sam bith nach do bhuin ri sgrùdadh tron bhliadhna.

## Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail

A rèir earrann 19(4) de dh'Achd an Ionmhais Poblaich is Cunntalachd (Alba) 2000 agus làipear-taice 1 paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan 1993 mar a chaidh atharrachadh, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimisean na Croitearachd aithris mu chunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhasail sa chruth agus a rèir mar a tha ann an Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha na cunntasan gan ullachadh air bunait tàrmachaidd agus feumaidd iad sealladh fior is ceart a thoirt air suidheachadh Choimisean na Croitearachd agus air a theachd-a-steach agus a chaiteachas, cleachdadh ghoireasan, atharrachaidhean ann an ionannachd luchd-pàighidh chisean agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhasail.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidd an t-Oifigeir Cunntachail cumail ri feumalachdan Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FReM) agus gu sònraichte ri:

- cumail ri Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach, agus na feumalachdan buntainneach mu chunntasachd is nochdad, agus na poileasaidhean iomchaidh mu chunntasachd a chur an sàs air bonn co-chòrdail;
- breitheanas is measadh a ghabhail air bunait reusanta;
- cur an cèill a bheil air leantainn ris na h-inbhean iomchaidh mu chunntasachd mar a tha ann an FReM, agus fiaradh sam bith sna cunntasan a nochdad is a mhineachadh; agus
- na cunntasan ullachadh mar gnothach leantainneach.

Tha Ceannard Catharra agus Prìomh Oifigear Cunntachail Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Choimisean na Croitearachd a chur an dreuchd mar Oifigear Cunntachail.

### **Aithris leis an Oifigeir Chunntachail**

Mar Oifigear Cunntachail, tha riaghailteachd is ceart an ionmhais phoblaich dha bheil uallach orm, gleidheadh chlàran ceart agus dòn maoin Choimisean na Croitearachd, mar a tha sa Mheòrachan gu Oifigean Cunntachail airson Pàirtean de Rianachas na h-Alba a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

### **Foillseachadh Fiosrachaidh don Luchd-sgrùdaidh**

Mar Oifigear Cunntachail, fhad is aithne dhomh, chan eil fiosrachadh buntainneach mu sgrùdad air nach eil Coimisean na Croitearachd mothachail. Tha mi air gach ceum reusanta a ghabhail gus mi fhìn a dhèanamh mothachail air fiosrachadh buntainneach sam bith mu sgrùdad agus gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-sgrùdaidh Choimisean na Croitearachd mothachail air an fhiosrachadh.

### **Dearbhadh an Oifigeir Cunntachail air an Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan**

Mar Oifigear Cunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg bhliadhnaile is na cunntasan còmhla ceart, cothromach is so-thuigsinn agus tha mi a' gabhail uallach pearsanta airson na h-aithisg bliadhnaile agus gu bheil am breitheanas a tha a dhìth gus sin obrachadh a-mach ceart, cothromach is so-thuigsinn.

# Aithris mu Riaghlaigh

## Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris mu Riaghlaigh Corporra a' clàradh maorsainneachd Choimisean na Croitearachd agus a' cur mar leasachadh ris na cunntasan bliadhnaidh. Tha an aithris seo cuideachd a' toirt còmhla aithrisean mu shuidheachadh is fianais air riaghlaigh, rianachd is smachd air gàbhadh, gus innleachd-aithris sho-leantainn is cho-chòrdail a thoirt seachad.

## Raon Uallaich

Mar Oifigear Cunntachail, tha e an urra rium rian is smachd air an taobh a-staigh a chumail a chuidicheas gus poileasaidhean, amasan is cinn-chìche na buidhne, air an socrachadh le Ministearan na h-Alba, a thoirt gu buil agus a' mhaoin phoblach a tha an urra rium fhèin a dhòn, a rèir nan dleastanasan ann am “**Meòrachan an Oifigeir Chunntachail**”.

Ann an coileanadh mo chuid dhleastanasan pearsanta, nì mi cinnteach gun geill a' bhuidheann ri Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu lonmhas Poblach. Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh maoin phoblach mar as còir. Tha e a' nochdadh nam feumalachdan reachdail, pàrlamaideach is rianachd a tha a' buntainn, a' cur cuideim air an fheum air eaconamaidh, tàbhachd is èifeachd, agus a' cur air adhart deagh-chleachdaidh agus ìrean àrda de ghiùlan ceart.

Chaidh an Sgrìobhainn Frèama\* againn, a tha mar an aonta againn le Riaghaltas na h-Alba, agus a nochdas an dàimh againn air a foillseachadh air an làrach-lìn againn. ([www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk))

\*Ga ùrachadh ma choinneamh 2021-2024.

## Sgrùdadh Taobh A-muigh Aithris mu Riaghlaigh is Follaiseachd

Nochd Aithisg Eadar-amaill leis an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh grunn raointean a tha feumach air leasachadh gus am bithear cinnteach gu bheil an siostam rian a-staigh fhathast iomchaidh. Thathar a' leasachadh agus a' cur an gnìomh Plana Leasachaiddh gus am bithear cinnteach gun coileanar gach moladh bhon aithisg. Chaidh grunn dhiubh sin a chomharrachadh mar-thà agus rinneadh obair orra. Gheibh a' Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhais againn (AFC) fiosrachadh adhartais cunbalach tron 2021/22. Tha mi riaraichte gu bheil obrachadh is goireasan freagarrach gan cur an sàs gus fuasgladh air na h-uireasbhaidhean ann an rian taobh a-staigh cho sgiobalta is a ghabhas.

## Frèam Riaghlaidh Am Bòrd

Tha an Neach-Gairm a stiùireadh a' Bhùird agus an Àrd-oifigear a' stiùireadh SMT Coimisean na Croitearachd.

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas le 9 Coimiseanairean, às a bheil 6 air an taghadh le croitearan clàraichte, agus 3 air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Tha an Neach-gairm ga thaghadh bho thaobh a-staigh a' Bhùird le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na Coimiseanairean air duilleagan 44 gu 45.

Is e obair a' Bhùird ceannas ro-innleachdail a thoirt don bhuidhinn, poileasaidh a threòrachadh agus uallach a ghabhail airson nan co-dhùnaidh airson nan cùisean as cudromaille no as connspaidiche. Tha Coimiseanairean a' nochdadh an t-suidheachaidh aca a thaobh poileasaidh le bhith a' cur Plana Poileasaidh gu Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a' coimhead thairis air a' bhuidhinn agus tha an Ceannard cunntachail dhaibh airson a dèanadais.

Tron bhliadhna, ghabh am Bòrd caochladh ghnìomhan cudromach os làimh:

- A' cumail sùil air agus a' toirt taic dhìreach do ullachaidhean luchd-stiùiridh gus dèanamh cinnteach gun do lean seirbheisean luchd-cleachdaidh tron ghalar; fhuras agus rinneadh sgrùdadhbh fiosrachadh rianachd a bharrachd gus am bithear às an seo
- Litir aontachadh agus ùghdarrachadh bhon Cheannard gu Riaghaltas na h-Alba, ag innse gu robh an Coimisean deiseil gus dreuchd nas fharsaing a ghabhail ann a bhith a' leasachadh croitearachd, sin a rèir am biodh goireasan a bharrachd rim faighinn
- Agus às dèidh sin, dh'aontaich am Bòrd iarrtas Rùnaire a' Chaibineit an dleastanas a bharrachd seo a ghabhail os làimh, agus gum fastamaid ceithir dreuchdan maireannach a bhiodh suidhichte anns na h-Eileanan an lar
- Cho-dhùin am Bòrd gum b' iad na prìomhachasan airson leudachadh luchd-obrach obair leasachaiddh taobh a-muigh, sparradh RALU a bharrachd, agus sùbailteachd ann an obair-cùise riaghlaidh
- Prìomhachasan a' Choimisein aontachadh airson cleachdadhbh nan goireasan a bharrachd a fhuras sa bhliadhna
- Dh'aontaich am Bòrd riaghailtean geàrr-ùine airson comataidhean-ionaltraidh ath-shuidheachadh nuair a chuir an glasadh stad air comataidhean ùra a thaghadh; agus mar sin bha na h-uimhir de dh'àrdachadh anns an àireamh de chomataidhean ionaltraidh ann an dreuchd
- Chuireadh iomairt air dòigh gus am biodh fiosan agus tagraighean riaghlaidh air-loidhne, nì a bu chòir a bhith deiseil ann an 2021/22
- Ghabh am Bòrd pàirt agus fhuras aithisgean bho STWGan mu obair-dachaigh agus obair air falbh bhon oifis, a' brosnachadh bhoireannaich thighinn air Bòrd a' Choimisein, agus prìomhachasan airson sparradh RALU a leudachadh
- Ghabhadh ri cuid de gnìomhan IT a' Choimisein a għluasadhbh gu siostaman anns an sgòth, a' tòiseachadh le sgioba GIS
- Dh'aithris sinn air mar a chaidh dhan seann Plana Ghàidhlig 5-bliadhna againn agus dh'fhoillsich sinn Plana ùr 5-bliadhna às dèidh Bòrd na Gàidhlig gabhail ris.

- Beachdachadh air ithisg air dè cho practaigeach agus cosgail a bhiodh e ath-thòiseachadh air clàradh ionaltraidhean coitcheann
- Aontachadh co-obrachadh le buidhnean eile air (a) glèidheadh sluaigh agus (b) gnìomhan àrainneachd, a' leantainn taisbeanadh an Neach-gairm agus an Ceannard aig Còmhdhail na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Beachdachadh is bruidhinn air dreachan leantainneach air Plana Leasachaiddh Nàiseanta Croitearachd aig Riaghaltas na h-Alba, mus deach fhoillseachadh sa Mhàirt 2021.

Sa Mhàrt 2021, ghabh am Bòrd ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd fhèin os làimh. Bha an t-ath-bhreithneachadh seo stèidhichte air deagh-chleachdadhbh ann an '*On Board – A Guide for Board Members of Public Bodies in Scotland*' agus a chaidh fhoillseachadh mar cheisteachan fèin-mheasaiddh a lòn gach Ball den Bhòrd a-steach gu neo-eisimeileach.

Measaiddh Comataidh Sgrùdadhbh is ionmhas a' Choimisein air toraidhean an ath-bhreithneachaidh seo air èifeachd anns a' phlana-obrach airson 2021/22 gus fios fhaighinn a bheil raointean den riaghlaidh far a bheil feum air ath-bhreithneachadh no soilleireachadh.

Is e adhbhar pròiseas sgrùdadhbh fèin-mheasadh nan Coimiseanairean, cuir ri leasachadh leantainneach air co-dhùnaidhean, èifeachdachd is dèanadas Coimisean na Croitearachd.

Tha am Bòrd a' gealltann àrd-inbhean de riaghlaidh corporra agus e den bheachd gun cruthaich cruth daingeann riaghlaidh buidheann shoirbheachail.

Gheibhear Còd-Giùlain a' Bhùird air làrach-lìn

Choimisean na Croitearachd

<https://www.crofting.scotland.gov.uk>

Tha am Bòrd ga chuideachadh le Comataidh Sgrùdaidh is ionmhais.

## Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais

Tha am Bòrd a cur an dreuchd triùir Choimiseanairean gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Coinnichidh a' Chomataidh 4 tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd ma bhios feum.

Tha tuilleadh fiosrachaiddh mu Buill Chomataidhean ri fhaoitainn air duilleagan 44 gu 45.

Tha dleastanas Achd 2010 airson an Neach-gairm a bhith sa chathair air a Chomataidh "ma thathas an làthair" aig coinneamhan a' Bhùird a' dol an aghaidh stiùireadh deagh chleachdad a chuir Riaghaltas na h-Alba san SPFM, Leabhar-làimhe na Comataidh Sgrùdaidh agus *On Board*. Gus gèilleadh an dà chuid ri Achd 2010 agus don stiùireadh mu dheagh-chleachdad, chuir an Coimisean lar-neach-gairm an dreuchd air a' Chomataidh agus cha bhi an Neach-Gairm a' frithealadh coinneamhan na Comataidh mar as trice. Tha Meur Sponsair Riaghaltas na h-Alba do Choimisean na Croitearachd air innse gu bheileas a' ceadachadh seo.

Tha fiachadh gu luchd-sgrùdaidh an taobh a-muigh agus a-staigh a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh de AFC. Tha cothrom aca bruidhinn ann an dìomhaireachd ri buill a' Chomataidh. Is e adhbhar na h-AFC sùil a chumail agus ath-sgrùdad a dhèanamh air gàbhadh, smachd is riaghlaigh corporra. Tha i ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus a' toirt aithisgean dhan Bhòrd.

Ann an 2020/21 rinn Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais measadh oirre fhèin a rèir na tha ann an **Leabhran nan Comataidhean Sgrùdaidh aig Riaghaltas na h-Alba**. Nochd toraidhean an fhèin-mheasaiddh seo gun robhas a' cumail ri prionnsabal an deagh-chleachdaidh anns a h-uile raon de dh'obair na Comataidh.

Gheibhear cumhaichean-iomraidh na h-AFC air làrach-lìn Choimisean na Croitearachd  
<https://www.crofting.scotland.gov.uk>

## Neach-gairm Coimisean na Croitearachd

Tha an Neach-gairm cunnatachail do Mhinistearan na h-Alba às leth Choimisean na Croitearachd gus a bhith cinnteachd gun cuidich poileasaidean is gniomhan Choimisean na Croitearachd gus gniomhan reachdail agus na poileasaidean aig Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd a lìbhrigeadh; agus gun tèid gnothach Choimisean na Croitearachd a ghiùlan mar as còir. Buinidh na h-uallaichean a mhìnicheadh gu h-àrd don Bhòrd an dà chuid don Neach-ghairm agus do na Coimiseanairean eile, gu sònraichte gus dearbhadh gun coilean Coimisean na Croitearachd na h-amasan is na cinn-chrìche a shocraich Ministearan na h-Alba.

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh mun Neach-ghairm air duilleagan 44 gu 45.

## Sgioba nan Àrd-luchd-stiùiridh

Coinnichidh an SMT gu cunbalach agus thathas a' cuir taic ris an Oifgear Cunntachail na uallach na gniomhan reachdail agus na h-amasan ro-innleachdail aig Coimisean na Croitearachd a lìbhrigeadh. Is iad an SMT an Neach-stiùiridh agus ceannard ceann gach raon-obrachaidh. Tha an SMT a' gealltann àrd-inbhean de riaghlaigh corporra agus nithear gach spàirm an ceannas, sealladh ro-innleachdail agus an àrainneachd smachd a tha a dhìth gus amasan Coimisean na Croitearachd a lìbhrigeadh.

A' leantainn air an sgrùdad a-muigh againn a thaobh Riaghlaigh agus Follaiseachd, nithear ath-sgrùdad air structar an SMT. Ron sin tha an SMT air prògram leasachaidh a thòiseachadh gus sgilean ceannais a neartachadh gus ceannas èifeachdach a dhòn aig ère obrachaidh.

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh mun Luchd-stiùiridh air duilleag 45.

## Frèam Ghàbhaidhean is Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann fo fheumalachdan an Fhrèama ro-innleachd rianachd ghàbhaidhean obrachadh a rèir an stiùiridh bhuntannich a thug Ministearan na h-Alba seachad.

Tha an innleachd ghàbhaidhean is smachd stèidhichte air a' mhodh-obrach leantainneach le amas innse dè iad na priomh ghàbhaidhean ro choileanadh phoileasaidean, amasan is cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd; susbaint is meud nan cunnart sin a

mheasadh agus smachd a chumail orra gu tàbhach, gu h-èifeachdach agus gu h-eaconamach.

Tha clàr ghàbhaidhean corporra aig Coimisean na Croitearachd a chlàraicheas gàbhaidhean air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh agus a shònraicheas na gniomhan maothachaidh a tha a dhìth gus an cunnart gun tachair na gàbhaidhean sin agus a' bhuaidh a bheir iad a lùghdachadh. Tha an Ro-innleachd mu Rianachd Ghàbhaidhean agus Clàr nan Gàbhaidhean Corporra gan ùrachadh gu cunbalach agus gan ath-bhreithneachadh mar ghnàth-mhìr an dà chuid leis an Luchd-stiùridh agus le Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais. Tha a h-uile gàbhadh fa leth ga thoirt do neach fa leth a nì cinnteach gun dèanar gniomh maothachaidh. San aon dòigh, sgrùdaidh an SMT Clàr nan Gàbhadh gu cunbalach agus beachdaidh am Bòrd air co-dhiù ceithir turas gach bliadhna.

Tha an dòigh-dèiligidh rianail againn mu rianachd ghàbhaidhean air a cruthachadh gus dearbhadh gu bheil na cothroman is na bagairtean a thig air Coimisean na Croitearachd gan sònrrachadh mar as iomchaidh, gam measadh agus gan rianachd gu h-èifeachdail; agus tha am fiosrachadh bunaiteach gu lèir ga chur an cèill do luchd-stiùridh, do Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhais agus dhan Bhòrd.

Tha leud ath-sgrùdadadh an taobh a-muigh air Riaghlaadh agus Follaiseachd air nochdadadh gu bheil tuilleadh leasachaiddh a dhìth ann a bhith a' measadh cunnart agus tha seo ga chur an gniomh am bliadhna.

Tha farsaingeachd ghàbhaidhean is mì-chinnt a' bualadh air Coimisean na Croitearachd. Chìthean na gàbhaidhean as cudromiche a thathar a' meas buntainneach do dhèanadas a' Choimisein tron bhliadhna gu 31 Màrt 2021 ann an duilleagan 25 gu 26.

Bidh Coimisean na Croitearachd a' leantainn poileasaidd Riaghaltas na h-Alba mu Thèarainteachd Fiosrachaiddh agus tha Neach-fiosrachaiddh Ghàbhaidhean Àrd-ìre ann an dreuchd aige gus fios mu ghàbhaidhean a rianachd.

Tha na modhan mu ghàbhadh is smachd a chuirear an sàs ann an Coimisean na Croitearachd a rèir an stiùridh san Fhrèam agus tha iad air a bhith an sàs don bhliadhna a thàinig gu crich 31 Màrt 2021 agus suas ri àm ceadachadh na h-aithisge is nan cunntasan bliadhnaill.

## Ath-bhreithneachadh air Èifeachdachd air Smachd air an Taobh A-staigh agus Rianachd air Gàbhadh

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm ath-bhreithneachadh air èifeachdachd siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh agus ullachaidhean mu rianachd air gàbhadh. Tha an t-ath-bhreithneachadh agam air a bhonntachadh air:

- 1) Litrichean-dearbhachd le liosta de na rudan air an smachd air an taobh a-staigh, air aontachadh le gach ceannard nan raoíntean-obrachaidh gu bheileas a' soirbheachadh agus a bheil adhbharan dragh ann
- 2) Obair an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh, a bhios a' cur aithisgean cunbalach a-steach gu Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais Choimisean na Croitearachd (tha seo a' gabhail a-steach nam beachdan neo-eisimeileach agus gun chlaonadh aca air comas is èifeachd siostaman smachd taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd, còmhla ri molaidhean son leasachadh)
- 3) Beachdan a nocht luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh nan aithisgean sgrùdaidhean;
- 4) An aithisg bhliadhnaill a bheir lar-chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhais don Bhòrd, le fios mionaideach air obair na comataidh sin rè na bliadhna;
- 5) Ath-bhreithneachadh gach ràithe le Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais air clàr nan gàbhaidhean aig a' bhuidhinn agus obair an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gus èifeachdachd ullachaidhean rianachd air gàbhadh a mheas; agus
- 6) Litrichean-dearbhachd bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a bheir co-mhaoineachadh agus seirbheisean thuarastal/luchd-obrach mu seach do Choimisean na Croitearachd.

Tron bhliadhna agus suas gu ruige soidhnigeadh nan cunntasan, chaidh na h-ullachaidhean a leanas mu riaghlaadh a chur an sàs:

- Dh'atharraich sinn ar dòighean obair mar freagairt do shuidheachadh COVID-19, mar a dh'ainmichear gu h-ìosal
- Rinn sinn ath-sgrùdadadh agus ùrachadh air ar matrix gealltanais
- Rinn sinn ath-sgrùdadadh agus ùrachadh air ar Plana Feachd-obrach is Plana lonmhais meadhan-ùine
- Nuair a fhuras àrdachadh mòr meadhan-

- bliadhna de phrìomh mhaoineachadh, dheasaich sinn planaichean airson raon de phròiseactan leasachaidh sa gheàrr gu meadhan-ùine agus barrachd luchd-obrach fhastadh sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine. Chaidh adhartas ma choinneamh nam planaichean sin aithris gu cunbalach don AFC agus don Bhòrd
- Stèidhich sinn ceithir co-STWGn, le Coimiseanairean, luchd-stiùiridh agus luchd-obrach, gus dèiligeadh ri prìomh chothroman agus dhùblain a thaobh a bhith a' brosnachadh boireannaich iad fhèin a chuir air adhart son taghadh no fhastadh air a' Bhòrd, ag ath-dhealbhadh bheileagan gus tagraighean riaghlaidh air-loidhne a cheadachadh, sparradh RALU a leudachadh, agus obair dachaigh/aig astar. Rinn gach STWG aithisg dheireannach air an do bheachdaich am Bòrd
  - Fhuair sinn agus fheagair sinn sgrùdadh taobh a-muigh air Riaghlaidh agus Follaiseachd (faic gu h-íosal).

Nì Coimisean na Croitearachd ath-bhreithneachadh air siostam riaghlaidh air an taobh a-staigh is rianachd gàbhaidh gus dearbhadh gun toir seo dearbhachd reusanta fhathast mu na h-uallaichean a tha air fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993.

## Ar Freagairt do COVID-19

Thug an glasadh nàiseanta gus smachd a chumail air COVID-19 grunnan dhùbhlann ùr do Choimisean na Croitearachd, a' gabhail a-steach lùghdachadh sna tha de luchd-obrach aig a bheil uallachaidhean cùraim, agus am bacadh a tha ann air a bhith a' tighinn don oifis againn, a tha a' ciallachadh gun do rinneadh an èire as mhath an obair air fad aig astar. Tha na h-atharrachaidhean co-éignichte sin air dùblain mhòra agus nach robhar a' sùileachadh a chruthachadh a thaobh leantainneachd ar gnothachais, smachd gàbhadh, smachd agus riaghlaidh buidseit.

Bheachdaich sinn air na gàbhaidhean a tha an lùib COVID-19 an aghaidh feumalachdan obair Coimisean na Croitearachd obair a chumail a' dol gus am measar gu bheil an galair seachad.

Chuir sinn Plana Leantainneachd Gniomhachais (BCP) an sàs. Mar a chuireadh am BCP seo an sàs leasaich sinn dòighean ùra obrach, leithid coinneamhan a chumail air-loidhne, agus barrachd feum de freagairtean IT co-obrachail, agus le bhith ag obair air astar, le cleachdadhbh oifis air a chumail

chun ère as èisle. Leig seo leis a' Bhòrd is an luchd-obrach cumail a' dol a "choinneachadh" agus obair ann an dòigh as àbhaistich is a ghabhas aig àm gu math mì-àbhaisteach. Tha sinn cuideachd air modhan agus smachdan atharrachadh gus leigeil leinn cumail a' dol ag obair ann an dòigh èifeachdach agus sàbhailte. B' e prìomhachas tràth sùil a chumail air Slàinte, Sàbhailteachd agus Sunnd luchd-obrach ag obair bhon dachaigh, gu tric leotha fhèin; dèiligeadh ri cùisean ceangal dachaigh; agus àirneis agus uidheamachd a thoirt seachad mar a dh'fheumar gus taic a thoirt do dh'obair dachaigh. Nuair a bha an glasadh fior dhòrainneach, bhon Earrach 2020 agus bhon Fhaoilleanach 2021, rinneadh rèiteachaidhean eile airson post a thigeadh a-steach a sganadh agus litrichean a chur a-mach. Rinneadh atharrachaidhean beaga air na Gnàth-riaghailtean againn a fheagradh air suidheachadh coinneamhan a' Bhùird air astar.

Rinneadh Log Leasanan Ionnsachaidh BCP sònraichte gus an iomadh seòrsa cùis a chlàradh, cuid dhiubh beag, cuid mòr, air an robhas ag obair no a thug buaidh air gniomhachas na buidhne anns na mìosan às dèidh a' għlasaidh. Rinneadh Liosta Gniomh a chomħarrach gu soilleir far am feumar gniomh gus ionnsachadh a stèidheachadh. Thugadh seo a-nis don AFC airson fiosrachadh, a' nochdadh far a bheil gniomh chriochnaichte no air a phlanadh.

Thug an SMT agus am Bòrd ath-sgrùdadh air na planaichean lìbhrigidh ro-innleachdail is gniomhach againn. Dh'atharraich sinn air ar riarrachadh ghoireasan agus ar planaichean obrachaidh gus buaidhean COVID-19 a riaghlaidh agus a lasachadh, agus sinn a' cumail oirnn a' lìbhrigeadh nan amasan ro-innleachdail a bha ann a cheana. Cha għabhadh cuid de na h-amasan anns a' Phlana Gniomhachais againn airson 2020/21 a choileanadh leis a' għalair, agus thug na h-aithisgħeñn ràitheil againn don AFC fa-near na cùisean sin.

Choinnich STWG de Choimiseanairean tagħte, luchd-stiùiridh, luchd-obrach, riocħdairean Aonadh Ciùird agus riocħdaire bho HR Riaghaltas na h-Alba, leis an Neach-gairm sa chathair, ceithir tursan gus beachdachadh air na roghainnean fad-ùine airson obair dachaigh agus obair ann an diofar àiteachan, agus thug iad cunntas don Bhòrd.

Leanaidh sinn leis a' phròiseas riaghlaidh seo agus ath-sgrùdadh BCP tro 2021/22. Cumaidh sinn oirnn a' sgrùdadh buaidh a' għalair mar a thèid

an ùine air adhart agus nì sinn cinnteach gu bheil sinn seasmhach a thaobh ionmhais agus gu bheil na goireasan gu lèir againn gus ar planaichean airson 2021/22 a libhrigeadh, direach mar a chumas sinn oirnn a' sgrùdadh agus ag atharrachadh theicneòlasan agus chleachdaidhean ùra gus ar freagairt don għalar a cuideachadh.

Stèidhichte air na dearbh-bheachdan gu h-àrd, agus air smachdan stèidhichte on taobh a-staigh, tha mi riaraichte gun robh an obair san fharsaingeachd de riatanasan riaghlagħais Choiṁisean na Croitearachd riarachail airson na bliadhna ionmhais 2020/21, a' gabhaile feart gum feumar dèiligeadh ri grunn chūisean a dh'èirich san sgrùdadh Riaghlaidh is Follaiseachd ann an 2021/22.

### Riaghailtean Strī eadar Com-pàirtean

Tha modhan teann agus coileanta aig Coimisean na Croitearachd gus dèiligeadh ri strī eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh. Tha Coimisean na Croitearachd a' taisbeanadh Clàr nan Com-pàirtean aig Coimiseanairean air an làrach-linn aice. Tha seo ga ath-sgrùdadh gu foirmeil gach bliadhna ach bheir Coimiseanairean ûrachadh do dh'Oifigear nan Inbhean aig a' Choiṁisean mar a dh'èireas iad no an taobh a-staigh 4 seachdainean an dèidh atharrachaidh sam bith, air a' char as fhaide. Faodar sealltainn air Clàr nan Com-pàirtean aig (<http://www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners>).

Bidh Coimiseanairean a' clàradh strī sam bith eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh aig toiseach gach coinneimh leis a' Choiṁisean agus gan toirt fhèin às an làthaireachd bho cho-dhùnaidhean anns a bheil ùidh aca. Tha na h-aithrisean seo gan clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh. Bidh luchd-obrach cuideachd a' Clàradh Com-pàirtean gach bliadhna agus tha poileasaidh Strī eadar Com-pàirt a' Choiṁisein air ath-sgrùdadh gach bliadhna.

### Sgrùdadh air an Taobh A-muigh

Chuir Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba Deloitte LLP an dreuchd mar luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh don Choiṁisean fad còig bliadhna bho 1 Giblean 2016. Chaidh an dreuchd sgrùdaidh a leudachadh aon bhliadhna mar thoradh air a' mhì-chinnt leantainneach a dh'èirich bhon għalar COVID-19. Tha seo a' ciallachadh gur e a' bhliadhna mu dheireadh fon t-siostam fastaidh gnàthach a-nis bliadhna sgrùdaidh 2021/22.

### Sgrùdadh air an Taobh A-staigh

Tha gniomh an sgrùdaidh air an taobh a-staigh na phàirt deatamach de shiostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. As dèidh pròiseas tagħra idh le Cùmhnantan Poblach na h-Alba, chaidh Azets Audit Services Ltd (roimhe fon airm Scott-Moncrieff) ath-shuidheachadh mar luchd-sgrùdaidh an taobh a-staigh de Choiṁisean na Croitearachd airson na trī bliadhna 2019-2022. Chaidh ro-innleachd sgrùdaidh air an taobh a-staigh son 2020/21 ullachadh airson beachdachadh agus aontachaidh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais aig coinneamh air 7 den Chèitean 2020.

### Ìrean barantas solaraichte ann am beachdan aithisgean an sgrùdadh an taobh a-staigh

Clàr le na ceithir ath-sgrùdaidhean an taobh a-staigh a chaidh a chumail ann an 2020/21 agus a toirt seòrsachadh don aithisg a rèir ìrean barantas airson gach ath-sgrùdadh, còmhla ri gjorrachadh de phrìomh puingean.

Tha toraidhean an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gan toirt seachad anns na h-aithisgean fa leth a thathar a' cur a-mach tron bhliadhna don SMT agus do Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Thathar air molaidhean san sgrùdadh air an taobh taigh a chur ann an aithisg air adhartas a tha mar dhearncnachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais mar ghnàth-mhir aig a cuid choinneamhan ràitheil.

Nochd an sgrùdadh an taobh a-staigh air CIS grunn laigsean smachd air a bheilear a' dèiligeadh mar a leanas.

Gach bliadhna bidh an fheadhainn a nì an Luchd-sgrùdaidh air an Taobh A-staigh a' toirt seachad aithisg bhliadhnaidh anns a bheil beachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. Is e am beachd a tha ann airson na bliadhna 2020/21 "Tha frèam smachd an sàs aig Choiṁisean na Croitearachd a bheir dearbhachd reusanta mu fhrèam-riaghlaidh na buidhne, coileanadh èifeachdach is èifeachdail de na h-amasan agus rianachd air għabhaidhean mòra, ach a-mhàin na siostaman is rianachd mun siostam CIS a tha feumach air mòran leasachaidh."

<b>Measadh Sgrùdadh air an Taobh A-staigh</b>	<b>Seòrsachadh Aithisg</b>	<b>Molaidhean Sgrùdadh air an Taobh a-staigh</b>
Priomh Ionnsramaidean ionmhasail	Cunnart cuibhrichte	<p>Tha sinn air cinnt fhaighinn gu bheil prìomh mhodhan ionmhais Coimisean na Croitearachd ag obair gu h-èifeachdach anns na raointeán a chaidh ath-sgrùdadh. Tha Sgeama Tiomnaidh ionmhais soilleir aig a' Choimisean, tha poileasaidhean agus modhan rim faighinn gu furasta le luchd-obrach mar a bhios iomchaidh, agus thathas ag ath-sgrùdadh (agus ag ùrachadh far a bheil sin iomchaidh) a rèir atharrachaidhean ann an cleachdadh mar thoradh air COVID-19.</p>
Sgrùdadh air Dèanadas	Cunnart meadhanach	<p>Tha sinn air cinnt fhaighinn gu bheil prìomh mhodhan ionmhais Coimisean na Croitearachd ag obair gu h-èifeachdach anns na raointeán a chaidh ath-sgrùdadh. Tha aon sreath de cheumannan is chlachan-mìle aig a' Choimisean a chaidh a dhealbhadh gus taic a thoirt do choileanadh nan Amasan Corporra. Chaidh teamplaidean aithris àbhaisteach ùrachadh gus adhartas a chomharrachadh a dh'ionnsaigh coileanadh amasan agus gus aire a thoirt do bhuaidh a' ghalair COVID-19.</p> <p>Chomharraich sinn cuideachd cuid de raointeán airson leasachadh a neartaicheas na smachdan a tha nan àite. Tha am fear as cudromaiche dhiubh seo co-cheangailte ri bhith ag àrdachadh càileachd an aithris agus measadh cunnairt air clach-mhile/aithris tomhais agus a' measadh èifeachdas nam pròiseasan cruinneachadh fiosrachaídhe is aithris a tha air mar-thà.</p>
Plana Luchd-obrach	Cunnart meadhanach	<p>Tha sinn air cinnt fhaighinn gu bheil prìomh mhodhan ionmhais Coimisean na Croitearachd ag obair gu h-èifeachdach anns na raointeán a chaidh ath-sgrùdadh. Tha sinn air dearbhadh gu bheil Plana Luchd-obrach ùr aig a' bhuidhinn, ceangailte ri Plana ionmhais Teirm Meadhanach. Ge-tà, chomharraich raointeán son adhartais. Tha iad sin a' gabhail a-steach leasachadh phlanaichean a tha air an clàradh gu soilleir airson leantainneachd às dèidh call prìomh dhreuchdan, agus airson leasachadh luchd-obrach a leasachadh gus an urrainn dhaibh gluasad air adhart taobh a-staigh na buidhne.</p>
Sgrùdadh Siostam Fiosrachadh Chroit	Fìor Chunnart Àrd	<p>Tha an sgrùdadh againn air laigsean siostamach cudromach a chomharrachadh taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd a thaobh smachd airson leasachadh CIS.</p>

## Ceistean Susbainteach mu Riaghladh

- **Riaghladh is Follaiseachd**

Anns a' Mhàrt 2021, cho-dhùin an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh againn gun robh e iomchaidh farsaingeachd sgrùdadadh 2020/21 a leudachadh bho na chaidh a mhìneachadh an toiseach sa Phlana Sgrùdaidh a thugadh don AFC san Fhaoilleanach 2021. Chaidh bruidhinn air an seo le Buidheann-sgrùdaidh na h-Alba a thuirt gum bu chòir do raon an sgrùdaidh beachdachadh gu sònraichte air gnothaichean 'Riaghladh is Follaiseachd' taobh a-staigh a' Choimisein.

Thugadh an aithisg a dh'èirich às an ath-sgrùdadadh seo a thoirt don AFC air 1d Ògmhios 2021, agus an dèidh sin don Bhòrd air 3 Ògmhios 2021. Thog an aithisg grunn chòusean riaghlaidh, a bharrachd air molaidhean a dhèanamh air na gnìomhan a bha a dhìth gus déligeadh riutha. Ullaichidh agus sgaoilidh mi Plana Leasachaiddh a fhreagras air na molaidhean, leithid leasachaadh conaltraidh eadar an SMT, am Bòrd agus Riaghaltas na h-Alba, ag àrdachadh comas ceannais, agus a' soilleireachadh structar agus obair an SMT. Thathas an dùil gun leasaich na molaidhean, aon uair 's gum bi iad an sàs, am frèam riaghlaidh corporra.

Bidh leth-bhreac den ath-sgrùdadadh agus freagairt agus Plana Leasachaiddh Coimisean na Croitearachd rim faighinn airson ath-sgrùdadadh air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd aig deireadh an Dàmhair 2021.

- **Leasachadh CIS**

Chaidh CIS air bhog san Gearran 2016 ls e seo prìomh shiostam gnìomhachais na buidhne airson faidhlichean cùise a làimhseachadh.

Anns a' Mhàrt 2021, dh'iarr an AFC ath-sgrùdadadh an taobh a-staigh air CIS gus gàbhaidhean don Choimisean a chlàradh agus a thuigsinn. Rinn ath-sgrùdadadh an taobh a-staigh a' Choimisein measadh air rianachd leasachadh leantainneach CIS. Bheachdaich seo air freagarrachd riaghladh, gàbhadh agus riaghladh chòusean a bharrachd air dòighean deuchainn.

Ged as e siostam seasmhach agus gnìomhach a tha ann an CIS, chomharraich an sgrùdadadh raointeann airson leasachadh ris am feumar dèligeadh gus frèam smachd a' Choimisein airson leasachadh an CIS a neartachadh. Leis gu bheil CIS fior chudromach don Choimisean, bheachdaich an AFC agus an dèidh sin am Bòrd air molaidhean an sgrùdaidh fa leth air 17 Cèitean 2021 agus 20 Cèitean 2021.

Thuirt am Bòrd gum bu chòir Buidheann-stiùiridh a stèidheachadh sa bhad gus na gàbhaidhean a chaidh a chomharrachadh a lughdachadh, moladh a fhuair làn thaic bhon SMT. Gheibhear leth-bhreac de Cumhaichean lomraidh na Buidhne-stiùiridh aig

[www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

## Ceistean mu Riaghladh anns an Ùine air Thoiseach

Buinidh na dùbhlanan mòra mu riaghladh anns an ùine air thoiseach ri lìbhrigeadh nan toraidhean ann an suidheachadh car teann a thaobh ionmhais agus ri galar COVID-19 a tha a' buaileadh an t-saoghal air fad. Bidh seo a gabhail a-steach:

Gnothach Riaghlaidh	Gníomh ga Phlanadh
Sgrùdadh Riaghlaidh is Follaiseachd	Thèid Plana Pisich a leasachadh agus a thoirt air adhart tro 2021/22.
Sgrùdadh Leasachadh CIS	Chaidh Plana Gníomh a leasachadh agus bheirear air adhart e tro 2021/22 le Buidheann-stiùiridh CIS a' cumail sùil air.
Obair dachaigh, làrach agus cleachdad agus cleachdad agus cosgaisean	Tha luchd-obrach a' Choimisein uile air teirmichean is cumhaichean Riaghaltas na h-Alba agus buailidh aontaidhean sam bith a ruigear às leth seirbheisich chatharra Riaghaltas na h-Alba tro bharganachadh riuthasan. Taobh a-staigh cuingealachaidhean sam bith a bheir seo seachad, leasaichidh an Coimisean a phoileasaidh fhèin air far a bheil prìomh àite-obrach an luchd-obrach agus cead obair-dachaigh san àm ri teachd. Bithear cuideachd a' co-rèiteachadh leis an uachdaran againn, NatureScot, a thaobh mar a chleachdas sinn Taigh a' Ghlinne Mhòir san àm ri teachd, agus aontachaidh sinn rèiteachaidhean le Riaghaltas na h-Alba gus na h-oifisean aca ann an Steòrnabhagh agus Bail a' Mhainich a chleachdad le ar luchd-obrach sna h-Eileanan Siar.
Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd	Air dhuinn a bhith a' għluasad gun ath ire den ghalar, cumaidh am Bòrd sùil air planaichean agus gniomhan riaghlaidh gus dèanamh cinnteach gum bi na rèiteachaidhean slàinte, sàbhailteachd is sochair as fheàrr dhan luchd-obrach.
Fiosrachadh Luchd-stiùiridh	Às deidh sgrùdadh taobh a-staigh, bithear an tòir air leasachaidhean ann an luach agus èifeachdas an fhiosrachaíd riaghlaidh a chumas sinn gus fiosrachadh a thoirt do riaghlaidh, an AFC agus am Bòrd mu choileanadh ar gniomhachd.
Taghaidhean agus dreuchdan bùird ann an 2022	Ullaichidh sinn airson taghaidhean croitheadh 2022, a' dèanamh cinnteach gu bheil an clàr taghaidh neo-mhearrachdach, a' brosnachadh com-pàirt le tagraichean boireann is fireann, agus ag ullachadh prògram trèanaidh airson buill ùra a' Bhùird ann an 2022.

## Tèraineachd Fiosrachaidh is Dàta

Tha raon shiostaman is cheuman aig Coimisean na Croitearachd a dhearbas gu bheil am fiosrachadh a chumas a' bhuidheann, agus a chumas treasphàrtaidhean às leth na buidhne, tèraineante. Bidh Ionad-coileanaidh a' Choimisein a' cumail sùil air coileanadh mu sgaoileadh dàta bhon bhuidhinn. Cuideachd, tha Coimisean na Croitearachd air stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air tèraineachd-dàta agus gàbhadh do dh'fiosrachadh, anns a bheil measadh air gàbhadh agus trèanadh ann am mothachadh don luchd-obrach, a thoirt gu buil.

Tro 2020/21, mar thoradh air cuingealachaidhean COVID-19, tha cha mhòr a h-uile neach-obrach air a bhith ag obair a-mhàin bhon dachaigh. Mar sin cha ghabhadh sgrùdadadh deasc soilleir a dhèanamh (ged nach robh feum air an seo san oifis). Ge-tà, fhuair luchd-obrach agus Coimiseanairean comhairle mu tèraineachd fiosrachaidh aig an taigh, tha an Coimisean air comhairle shònraichte a chur a-mach a' toirm easg gluasad dàta gu innealan pearsanta agus chaidh iarraidh air a h-uile neach-obrach agus Coimiseanair ath-bhreithneachadh agus ainm a chur ri poileasaidh cleachdad IS iomchaidh, a tha a' gabhail a-steach tèraineachd fiosrachaidh.

Ann an 2021 gluaisidh sinn grunn de na h-obraighean IT againn chun sgòth agus a' toirt a-steach rèiteachaidhean air-loidhne airson bhrathan agus tagraighean riaghlaidh don Choimisean. Feumar sgrùdadadh a dhèanamh air na leasachaidhean sin gus dèanamh cinnteach gum faigh sinn an àrdachadh as moth a thaobh tèraineachd ar siostaman agus dàta.

Fhuair luchd-obrach ùra gu lèir trèanadh dìreach air GDPR agus thugadh cùrsa ùrachaidh do luchd-obrach ann am meadhan a' Gibilein 2021, a bharrachd air luchd-obrach a' cumail orra a' crìochnachadh an trèanadh do-sheachanta bliadhnaile air-loidhne.

Chaidh dà thachartas briseadh dàta beaga aithris gu Oifis a' Choimiseanair Fiosrachaidh ann an 2020/21, na dhà co-cheangailte Fios Bliadhnaile fhoillseachadh. Cha do dh'adhbhraich gin aca cunnart de dhroch chron do dhaoine fa leth. Bha deuchainnean tèraineachd IT tràth ann an 2021.

## Innsireachd

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh dèiligeadh gu càramach, gu fosgailte agus gu proifeasanta ri fior dhragh sam bith a bhios aig luchd-obrach agus Coimiseanairean. Dh'iarradh Coimisean na Croitearachd air luchd-obrach agus Coimiseanairean innse mu dhraghan sam bith mu mhì-cheartas no mì-ghnàthachadh taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd a thathas a' creidsinn a tha air tachairt no a tha dualtach tachairt. Tha luchd-obrach agus cunnradairean gan dòn le Poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Innsireachd agus rinneadh poileasaidh fa leth gus dèiligeadh ri Coimiseanairean a rèir Achd Ùidh Poblach 1998.

Gus èifeachdas ar rèiteachaidhean innsireachd a mheasadh, bidh an AFC ag ath-sgrùdadadh nam poileasaidhean gach bliadhna. A' tòiseachadh ann an 2021/22, bheirear na poileasaidhean gu luchd-obrach feuch a bheil misneachd aca anns na rèiteachaidhean.

# Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach

## Gun Sgrùdadh

### Poileasaidh mu Thuarastal

#### Buill a' Bhùird

Tha Bòrd Choimisean nan Croitearan air a dhèanamh suas le suas ri naoinear Choimiseanairean. Tha pàigheadh nan Coimiseanairean ga cheadachadh le Ministearan na h-Alba a rèir Poileasaidh Pàighidh san Roinn Phoblaich do Dhreuchdan Àrd-ìre (faic [www.scotland.gov.uk/publications](#) airson barrachd fiosrachaiddh). Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan Buill a' Bhùird an-dràsta. Tha dreuchdan Buill a' Bhùird air an Taghadh ann an-dràsta fad 5 bliadhna a' tòiseachadh 17 Màrt 2017. Tha na Buill den Bhòrd a chuireadh an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd ann fad 3 bliadhna, agus chìtheard cinn-latha nan dreuchdan ann an Aithisg an Luchd-sgrùdaidh air duilleag 44.

#### Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnan stèidhichte air fad nam fastaichean aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs sa phrìomh aonad cho-bharganachaiddh aig Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha pàigheadh ga dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba agus, ann a bhith a' dearbhadh poileasaidh, tha am feum gun tèid pàigheadh a stèidheachadh aig ìre a dhearbas fastadh, gleidheadh is misneachd an luchd-obrach. Cuideachd ga chur san àireamh tha poileasaidhean an Riaghaltais air pàigheadh anns an t-Seirbheis Chatharra agus anns an roinn phoblaich agus am feum air smachd a chumail air caiteachas poblach.

#### Cùmhnanan Seirbheisean

Fo Achd Leasachadh is Riaghladh Bun-reachdail 2010 feumar dreuchdan san t-Seirbheis Chatharra a thoirt a rèir airidheachd ann am farpais a tha fosgailte agus a rèir Cothrom na Fèinne. Tha na prionnsabalan mu fhastadh a dh'hoillsich Coimisean na Seirbheise Catharra a' sònrrachadh nan suidheachaidhean nuair a dh'haodar dreuchdan a thoirt air mhodh eile.

Tha a' chuid as mothà de na h-oifigearan air a bheilear a-mach anns an aithisg seo ann an dreuchdan le ceann fosgailte. Thigeadh mar thoradh air crìochnachadh ron mhithich, seach airson droch-ghiùlan, gum faigheadh an neach dìoladh a rèir mar a shònraicheadh ann an Sgeama Dìolaidh na Seirbheise Catharra.

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh mu obair Choimisean na Seirbheis Catharra aig [www.civilservicecommission.independent.gov.uk](#)

## Air an Sgrùdadh

### Ìocadh a' Bhùird

#### Bha na Coimiseanairean rin pàigheadh mar a leanas:

	2020/21 £000	2019/20 £000
<b>Coimiseanairean a bha ann an dreuchd ann an 2020/21</b>		
Ruairidh MacCoinnich	20-25	20-25
(Co-ionann ri bliadhna shìlàn)	(20-25)	(20-25)
Cyril Annal	5-10	5-10
Dàibhidh Caimbeul	5-10	5-10
Andy Holt	5-10	5-10
Iain MacÌomhair	5-10	5-10
Màiri NicCoinnich	5-10	5-10
Malcolm MacMhathain	5-10	5-10
Uilleam MacNèill	5-10	5-10
Seumas Scott	5-10	5-10
(Co-ionann ri bliadhna shìlàn)	(5-10)	(5-10)

Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan nan Coimiseanairean.

## Ìocadh oifigearan aig àrd-ìre

San earrann a leanas tha fiosrachadh air ìocadh is com-pàirtean pheinnseanan mòr-chuid ard-oifigearan Coimisean na Croitearachd:

	Tuarastal		Sochairean peinnseanan (faic nota 1 gu h-ìseal)		Buil	
	2020/21	2019/20	2020/21	2019/20	2020/21	2019/20
	£000	£000	£000	£000	£000	£000
<b>Ceannard</b>						
Uilleam Barron	75-80	70-75	37	35	110-115	105-110
<b>Sgioba nan Àrd-luchd-stiùiridh</b>						
Dàibhidh MacPhionnlaigh	70-75	70-75	29	28	100-105	95-100
Aaron Ramasaidh	35-40	30-35	16	8	55-60	35-40
Sìne NicThòmais	45-50	45-50	17	18	60-65	60-65
Eòsaph MacIleChiar	45-50	45-50	21	15	65-70	60-65
Iain Toal	45-50	45-50	18	14	60-65	55-60
Fraoch Mack*	30-35	25-30	10	11	40-45	35-40
Màiri Ros*	35-40	15-20	21	9	55-60	25-30
Niall MacDhomhnaill**	20-25	N/A	11	N/A	30-35	N/A

\* Tha cùmhnan Fraoch Mack 0.78 Co-ionann ri ùine iomlan.

\*\* Chaith Niall Dòmhnullach àrdachadh chun SMT bho 19 Lùnastal 2020. Chaith am bann tuarastail àireamhachadh bhon cheann-là seo. Chaith a shuidheachadh ann am bann tuarastail £35-40k airson FYE.

## Tuarastal

Tha tuarastal a' gabhail a-steach tuarastal iomlan, seach-thìm agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre a tha buailteach do chìs anns an Rioghachd Aonaichte. Tha an aithisg seo air a bonntachadh air pàighidhean a rinneadh sa bhliadhna le Coimisean na Croitearachd.

## Sochairean stuthail

Chaith tagraighean a dhèanamh airson sochairean luach £216 ann an 2019/20 a bha co-cheangailte ri cosgaisean siubhal.

## Bònasan

Cha robh bònasan sam bith ann an 2020/21 (2019/20: £neoni).

**Nota 1:** tha luach nan sochairean-peinnsein air an tàrmachadh tron bhliadhna ga mhìneachadh mar (am meudachadh fior air a' pheinnsean air iomadachadh 20 uair) agus (am meudachadh fior air sùim sam bith na cnap) agus (na cuibhreannan a rinn neach) air an toirt air falbh. Chan eil am meudachadh fior a' gabhail a-steach mheudachaidhean ri linn atmhorachd no meudachadh no lùghdachadh sam bith ri linn toirt thairis chòraichean air peinnsean. Cha mhotha

na sin a tha e a' gabhail a-steach àrdachadh (no lùghdachadh) sam bith air sgàth atharrachaidhean a chleachdar gus CETVs obrachadh a-mach

## Foillseachadh Pàighidh Chothromaich

Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd a bhith mar aonan de na h-àiteachan-obrach as fheàrr ann an Alba agus tha teisteanas aige Mar Fhastaidhear a rèir an Tuarastail Bheò.



Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnan stèidhichte air fad aig Coimisean na Croitearachd nam fastaichean uime sin aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs ann am priomh aonad co- bhaganachaidh Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha Tuarastal Bith-beò na h-Alba mar thuarastal iomlan co-ionann ri £18,278, agus b' e an tuarastal a b' isle ann an Riaghaltas na h-Alba £20,064 aig 31 Màrt 2021. Tha luchd-obrach air cùmhnan-obrach sealach gam pàigheadh aig an aon ìre de thuarastal iomlan co-ionann ri seirbheisich chatharra a ghabhas car na h-aon dlestanasan os làimh.

Nuair a tha cùmhnant le Coimisean Croitearachd ri ùrachadh no ri chur gu taigse, thèid compàirtichean a bhrosnachadh gu gniomhach gus beachd a ghabhail air an Tuarastal bith-beò a thoirt gu buil mura bheil iad air sin a dhèanamh mar-thà.

Gheibhear barrachd mun Tuarastal Bith-beò an seo <https://www.livingwage.org.uk>

### Pàigheadh mar iomadan

Tha aig buidhnean a bheir aithisgean ris an càirdeas eadar am àigeadh ann am bannan aig an neach-obrach as àirde àigeadh sa bhuidhinn aca agus am àigeadh meadhanail do luchd-obrach na buidhne a nochdad.

### Sochairean Peinnseanan

	Peinnsean air a thàrmachadh aig aois a' pheinnsean aig 31/03/21 agus an t-sùim na cnap na lùib		Meudachadh fior air peinnsean is an t-sùim na cnap na lùib aig aois a' pheinnsean		CETV aig 31/03/21	CETV aig 31/03/20	Meudachadh fior air CETV air a mhaoineachadh leis an fhastaidhean
	Peinnsean £000	Sùim na Cnap	Peinnsean £000	Sùim na Cnap	£000	£000	£000
Ceannard							
Uilleam Barron	35-40	110-115	0-2.5	5-7.5	904	849	39
Luchd-obrach eile aig àrd-ire							
Dàibhidh	5-10	N/A	0-2.5	N/A	104	82	13
MacFhionnlagh							
Aaron Ramasaidh	0-5	N/A	0-2.5	N/A	20	11	6
Sine NicThòmais	10-15	N/A	0-2.5	N/A	271	258	16
Eòsaph	15-20	50-55	0-2.5	2.5-5	434	408	22
MacIlleChiar							
Iain Toal	10-15	40-45	0-2.5	2.5-5	306	290	18
Fraoch Mack	0-5	N/A	0-2.5	N/A	33	27	4
Màiri Ros*	15-20	35-40	0-2.5	0-2.5	309	285	14
Niall Dòmhnullach*	10-15	15-20	0-2.5	0-2.5	174	161	7

\*Luach bliadhna ionmhais. Chan eil àireamhachadh sònraichte ri fhaotainn bho cheann-là suidheachaidh air SMT.

Tha Sgeama Pheinnseanan na Seirbheis Chatharra fhathast a' meas buaidh breith MhicLeòid air atharrachaidhean ann an 2015. Chan eil na sochairean agus na CETVan nan lùib air an nochdad gu h-àrd ag ullachadh airson atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh èirigh às a' breith seo.

	2020/21	2019/20
Bann tuarastail an neach leis an tuarastal as àirde	£75-£80k	£70-£75k
Co-mheas mar pàigheadh meadhanail an luchd-obrach	£29,192	£28,341
Co-mheas meadhanail	2,7	2,6

Ann an 2020/21 (2019/20 Neoni) fhuair Neoni fastaichean pàigheadh a chòrr air a' Cheannard. Bha bannan-tuarastail (a' gabhail a-steach an Ceannard) a dol bho £20,064 gu £76,574 (2019/20 £19,314 gu £74,343).

Tron bhliadhna, dh'ainmich an Riaghaltas gum bi aig sgeamaichean peinnseanan poblach ri clàramais a thabhnann air earrann Bun-phrìs Peinnsean Barantaichte den pheinnsean. Tha Sgeama Peinnsean an t-Seirbheis Catharra air ùrachadh an dòigh sa bheil luachan CETV air an obrachadh a-mach aig 31 Màrt 2020. Tha buaidh an atharrachaidh seo air a ghabhail a-steach sa mheudachadh san da-rìribh a chaidh a chlàradh ann an CETV son bhliadhna.

## Gun Sgrùdadh

### Peinnseanan Seirbheiseach Catharra

Tha sochairean peinnseanan gan toirt seachad tro ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheis Catharra. Bho 1 Giblean 2015, chaidh sgeama ùr pheinnseanan do sheirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama Pheinnseanan Sheirbheiseach Catharra is Eile no alpha, a tha a' toirt shochairean air bunait chuibheasach ann an dreuchd le aois àbhaisteach a' pheinnsein co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite (no 65 ma tha i nas àirde). Bhon cheann-là sin chaidh na seirbheisich chatharra uile a chaidh a chur an dreuchd o chionn ghoirid agus a' chuid as mothà den fheadhainn ann an seirbheis mar-thà a-steach ann an alpha. Ron cheann-latha sin, ghabh seirbheisich chatharra pàirt ann am Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra (PCSPS). Tha ceithir irean san PCSPS: trì a' toirt shochairean a rèir an tuarastail mu dheireadh (clasaigeach, tàilleabh is clasaigeach a bharrachd) le aois a' pheinnsein aig 60 mar as trice; agus aonan a' toirt shochairean stèidhichte air an dreuchd iomlan (nuvos) le aois a' pheinnsein aig 65 mar as trice.

Tha na h-ullachaidhean reachdail seo gun mhaoineachadh le cosgais nan sochairean ga pàigheadh à airgead air a shocrachadh leis a' Phàrlamaid gach bliadhna. Tha peinnseanan rim pàigheadh fo chlasaigeach, thàilleabh, chlasaigeach a bharrachd, nuvos agus alpha gam meudachadh gach bliadhna a rèir reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Dh'fhuirich buill PCSPS a tha an taobh a-staigh 10 bliadhna bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Thèid an fheadhainn a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhna is 5 mìosan bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 a-steach ann an alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Leis gu bheil an Riaghaltas an dùil cuir às do leth-bhreith a dh'ainmich na cùirtean san dòigh san deach ath-leasachaidhean peinnsein 2015 a thoirt a-steach airson cuid de bhuill, thathar an dùil, rè ùine, gum bi còir aig buill ion-roghnach le seirbheis iomchaidh eadar 1 Giblean 2015 agus 31 Màrt 2022 ri sochairean peinnsein eadar-dhealaichte a thaobh na h-ùine sin (agus dh'haodadh seo buaidh a thoirt air na luachan CETV a chithear san aithisg seo – faic gu h-ìosal). Thèid sochairean PCSSPS nam ball uile a

thèid ann an alpha a "bhancadh", leis na sochairean roimhe sin ann an aon de na h-earrannan tuarastail mu dheireadh ann am leis na sochairean stèidhichte air an tuarastal mu dheireadh aca nuair a dh'fhàgas iad. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdad a' pheinnsein a fhuaireadh san sgeama no ann an alpha – a rèir mar a tha iomchaidh. Nuair a tha sochairean aig oifigear an dà chuid san sgeama agus ann an alpha is e am figear air a bheil iomradh luach nan sochairean san dà sgeama còmhla.) Faodaidh buill a thig a-steach bhon Dàmhair 2002 an dara cuid an t-sochair chomharraichte iomchaidh no peinnsean com-pàirtiche mar (cheannach airgid) a thaghadh le cuibhreann bhon fhastaidhear (cunntas-peinnsein com-pàirtiche).

Tha cuibhreannan an fhastaidheir ceangailte ri tuarastal agus iad eadar 4.6% is 8.05% do bhuill clasaigeach, tàilleabh, clasaigeach a bharrachd, nuvos agus alpha. Tha sochairean ann an clasaigeach a' tàrmachadh aig ìre 1/80mh den chosnadu mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha sùim na cnap a tha co-ionann ri trì bliadhna den pheinnsean aig an toiseach ri pàigheadh nuair a leigeas iad dreuchdan dhiubh. Airson tàilleabh, tha sochairean a' tàrmachadh aig ìre 1/60mh den chosnadu mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Seach clasaigeach, chan eil sùim na cnap fhèin obrachail, tha clasaigeach a bharrachd an ìre mhath na cothlamadh le sochairean airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha ann an tàilleabh premium. Ann an nuvos bidh ball a' cur ri peinnsean stèidhichte air a chosnadu buailteach do pheinnsean fhad is a tha e na bhall den sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt) tha cunntas a' pheinnsein aig a bhall a' tasgadh 2.3% mar chreideas den chosnadu a tha buailteach do pheinnsean agus tha am peinnsean air a thàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Tha sochairean ann an alpha a' dol am meud ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns a h-uile suidheachadh faodaidh buill cur romhpa am peinnsean a thoirt suas agus sùim na cnap fhaotainn a rèir nan crìochan a shocraicheadh ann an Achd an Ionmhais 2004.

Is e a tha ann an cunntas peinnsein com-pàirteachais na rèiteachadh peinnsein tabhartais le mìneachadh dreuchdail a tha na phàirt den Mastertrust Legal & General. Cuiridh an neach-fastaidh cuibhreann bunaiteach a-steach eadr 8% is 14.75% (a rèir aois a' bhuill) Cha leig am fastaiche leas cur ris ach nuair a chuireas e cuibhreannan a-steach, bheir am fastaidhear an aon suim seachad gu ère 3% den tuarastal buailteach do pheinnsean (a bharrachd air cuibhreann bunaiteach an fhastaidheir). Tha fastaidhear cuideachd a' cur 0.5% a bharrachd den tuarastal a tha buailteach do pheinnsean a-steach gus cosgais shochairean-gàbhaidh air a thoirt seachad bhon mheadhan (bàs ann an dreuchd no cluineas ri linn droch-shlàinte) a chòmhach.

Is e am peinnsean air a thàrmachadh air iomradh am peinnsean air a bheil am ball airidh fhaotainn nuair a ruigeas e aois a' pheinnsein, no gu dìreach an déidh dha gun a bhith na bhall gnìomhach den sgeama ma tha e os cionn aois a' pheinnsein mar-thà. Is e 60 aois a' pheinnsean do bhuill clasaigeach, tàilleabh agus clasaigeach a bharrachd, 65 do bhuill nuvos, agus ge b' e dè as àirde eadar 65 is Aois Peinnsean na Stàite do bhuill alpha. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdad a' pheinnsein a thuaireadh san sgeama no ann an alpha – a rèir mar a tha iomchaidh. Nuair a bhios sochairean aig oifigear an dà chuid anns an sgeama agus ann an alpha, is e am figear air iomradh luach nan sochairean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh cuid den pheinnsean sin ri phàigheadh aig aoisean eadar-dhealaichte.)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnseanan na Seirbheise Catharra air an làrach-lìn [www.civilservicepensionscheme.org.uk](http://www.civilservicepensionscheme.org.uk)

## **Luachan Toir Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh**

Is e a th' ann an Luach Toirt Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh (CETV) luach mar chalpa air a mheas nan sochairean-peinnsein air an tàrmachadh le ball aig àm sònraichte. Is iad na sochairean a thathar a' luachadh sochairean a' bhuill air an tàrmachadh agus peinnsean sam bith ceangailte ris airson cèile a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Tha CETV na phàigheadh fo sgeama pheinnseanan no na ullachadh gus sochairean-peinnsein fhaighinn ann an sgeama pheinnseanan eile nuair a dh'fhàgas ball sgeama agus a chuireas e roimhe na sochairean air an tàrmachadh san sgeama roimhe a thoirt thairis. Buinidh figearan a' pheinnsean a thathar a' nochdad ris na sochairean a thàrmachadh an neach mar thoradh air ballrachd iomlan de sgeama nam peinnseanan, chan e dìreach an t-seirbheis a thug iad aig àrd-ìre ris a bheil an nochdad a' buntainn.

Tha na figearan a' gabhail a-steach luach sochairspeinnsein sam bith ann an sgeama no ullachadh eile a thug am ball thairis do dh'ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach sochairspeinnsein a bharrachd eile a thàrmachadh do bhall mar thoradh air sochairean-peinnsean a bharrachd a cheannach len cuid airgid fhèin. Tha CETVan gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean-peinnsein Obrachail (Leasachadh) 2008 agus chan eil iad a' cur san àireamh lùghdachadh a thachair no a dh'haodadh tachairt air sochairean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'haodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thathar a' toirt nan sochairean-peinnsein.

## **Meudachadh Fìor air CETV**

Tha seo a' nochdad a' mheudachaidh air CETV a tha ga mhaoineachadh leis an fhastaidhear. Chan eil e a' gabhail a-steach a' mheudachaidh air peinnsean air a thàrmachadh mar thoradh air atmhorachd, cuibhreannan air am pàigheadh leis an fhastaidhear (luach shochairean sam bith air an toirt thairis bho sgeama no ullachadh sam bith eile a thaobh pheinnseanan anns an àireamh) agus tha e a' cleachdad luach cumanta a' mhargaidh airson toiseach is deireadh na h-ùine.

## Air an Sgrùdadh

Aithisg air Luchd-obrach

### Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach air am fastadh £000	Buill a' Bhùird £000	Càch £000	Buil 2020/21 £000	Buil 2019/20 £000
Tuarastail	1,617	97	-	1,714	1,583
Cosgaisean Tèraineachd Shòisealta	158	3	-	161	147
Cosgaisean-peinnseanan eile	432	-	13*	445	402
Luchd-obrach sealach	-	-	41	41	73
Buil	2,207	100	54	2,361	2,205
				2020/21 £000	2019/20 £000

\* Peinnsean ga phàigheadh ri Coimiseanairean a bha ann roimhe fo "cosgaisean-pheinnseanan eile"

Cha robh ullachaidhean sam bith far an rola-phàighidh airson luchd-obrach ann an 2020/21 (£neoni 2019/20).

### Àireamh chuibheasach den luchd-obrach aig 'ire làn-thìde air am fastadh tron bhliadhna

	2020/21		2019/20	
	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach	Càch	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach	Càch
Air am fastadh gu dìreach:	46.74		42.88	
Cùmhnant buan				
Air am fastadh gu dìreach:	4.17		5.46	
Cùmhnant fad Ùine Stèidhichte				
Cùmhnant luchd-obrach sealach		1.1		2.1
Buil	50.91	1.1	48.34	2.1

## Gun Sgrùdadh

### Fios mu Ghnè

	Fireannaich 31 Màrt 2021	Boireannaich 31 Màrt 2021	Fireannaich 31 Màrt 2020	Boireannaich 31 Màrt 2020
Coimiseanairean	8	1	8	1
Ceannard	1	-	1	-
Fastaichean	19	39	18	36

Tha àireamh fhastaichean a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-thìde.

Tha na figearan gu h-àrd mar àireamhan ionlan an luchd-obrach aig 31 Màrt 2021 (a' gabhail a-steach bhuidhnean-gnìomha), chan e ìre làn-thìde.

### À Làthair ri linn Tinneis

	2020/21 Coimisean na Croitearachd	2019/20 Coimisean na Croitearachd	2020/21 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba	2019/20 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba
Cuibheas làithean-obrach air an call a rèir neach-obrach	6.7	18.4	5.4	8.1
Às an làthair ùine gheàrr	3.1	7.7	2.2	4.1
Às an làthair ùine fhada (ùine nas fhaide na 21 latha)	3.6	10.7	3.2	4.0

Tha na h-ìrean de thinneas an luchd-obrach againn air meudachadh le cuibheas de 11.7 là gach neach.

## Atharrachadh Luchd-fastaidh

	2015/16	2016/17	2017/18	2018/19	2019/20	2020/21
Àireamh Cuibheasach Ùine Làn (WTE) Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach san dreuchd	48.71	48.75	46.92	44.95	48.34	50.91
Atharrachadh mar % Cuibheasach Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach san dreuchd	14%	16%	13%	13%	10%	2%
Feadhainn a dh'fhàg	7	8	6	6	5	1

## Sgrùdadh air Atharrachadh Luchd-fastaidh

	2015/16	2016/17	2017/18	2018/19	2019/20	2020/21	Gluasad 6 Bliadhna
A' Faighinn Àrdachadh ann an Riaghaltas na h-Alba	1	3	4	2	3	-	13 (40%)
Dreuchd thoirt suas	3	1	2	4	2	-	12 (36%)
Thàinig an cùmhnant gu crìch	1	2	-	-	-	1	4 (12%)
Chaidh air Chluaineas	2	1	-	-	-	-	3 (9%)
Eile	-	1	-	-	-	-	1 (3%)

28 luchd-fàgail (85%) de sgrùdadh gluasad 6-bliadhna ann an dreuchdan rianachd (17) agus dreuchdan riaghlaidh iosal (11). Dh'fhàg 16 (57%) den luchd-fàgail sin gus àrdachadh fhaighinn taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba no dh'fhàg iad gus gluasad airson adhbharan teaghlach.

### Poileasaidhean mu Dhaoine le Ciorram

Mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil aig Riaghaltas na h-Alba, tha Coimisean na Croitearachd a' cumail ris a' phoileasaidh bhuntainneach mu chiorram agus ris na feumalachdan ann an **Achd Co-ionannachd 2010**.

### Fòcas air Fallaineachd Luchd-obrach:

Tha luchd-obrach Choimisean na Croitearachd deatamach airson lìbhrigeadh soirbheachail nan amasan ro-innleachdail aige. Tha rùn againn luchd-obrach làn misneachd is teòmachd a leasachadh is a ghlèidheadh. Tha conaltradh fosgailte eadar am Bòrd, Luchd-rianachd agus luchd-obrach ga

bhrosnachadh agus mar sin, tha ceanglaichean leanmhainneach deatamach airson soirbheachadh na buidhne san ùine fhada.

Tha cor luchd-obrach tron ghalar COVID-19 air a bhith fo phrosbaig shònraichte aig Bhòrd, SMT agus SEG. Chuir obair bhon taigh agus an aonaranachd na cois cuideam air an theum coimhead às ar déidh fhèin agus ar co-obraichean. Còmhla ris na dleastanasan riatanach stiùiridh a thaobh sunnd luchd-obrach, tha an Coimisean cuideachd air duilleag sunnd a chruthachadh air Microsoft Teams, le fiosrachadh feumail gus taic a thoirt do luchd-obrach. Chuir sinn cuideachd grunn sheiseanan air dòigh a bhios ag amas air adhartachadh agus leasachadh cor luchd-obrach. Gu ruige seo, bha seiseanan ann air Cuimhneachd, lòga, Fois agus Meòrachadh. Chùm Oifigear Sochair Riaghaltas na h-Alba cuideachd seisean air an taic agus na seirbheisean a tha rim faighinn bho Riaghaltas na h-Alba.

## Trèanadh Luchd-obrach

Tron bhliadhna tha sinn air atharrachadh gu bhith a' lìbhrigeadh trèanadh air astar tro Microsoft Teams. Thug neach-trèanaidh eòlach riaghlaidh trèanadh air-loidhne do gach neach fa leth airson luchd-inntrigidh ùra agus o chionn ghoirid don sgioba riaghlaidh. Tha ball de sgioba IS a' toirt seachad trèanaidh ann a bhith a' cleachdadhe siostaman sònraichte IT Coimisean na Croitearachd. Tha trèanadh bhon taobh a-muigh is trèanadh coitcheann eile air a' cho-òrdanachadh le ar n-oifigear leasachaideh is taic ionnsachaideh ionadail. A bharrachd air a seo, thairis air a' bhliadhna bha sinn taingeil taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' cumail taic ri clasaichean còmhraidh Ghàidhlig aig ìre tòiseachaideh agus mheadhanach, far a bheil grunn luchd-obrach an làthair gu tric.

## Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)

Is e adhbhar na buidhne seo ceistean mu eagrachadh a' bualadh air ceanglaichean luchd-obrach a dheasbad is fhuasgladh, a' sònrrachadh chùisean is fhuasglaidean a dh'faodadh a bhith ann às an tig àrainneachd dheimhinneach obrach airson a h-uile duine. Tha buill na buidhne nan saor-thoilich bho gach raon den Choimisean agus iad nan dealbh farsaing de dh'irean luchd-obrach agus de dh'ùine ann an seirbheis.

## Ceangal le Fastaichean

Tha Coimisean na Croitearachd a' brosnachadh bheachdan is conaltradh gu gnìomhach bhon luchd-obrach ann an caochladh dhòighean, a' gabhail a-steach SEG a bhios a' coinneachadh gach mìos.

That has cuideachd a' misneachadh luchd-obrach gus pàirt a ghabhail ann an Sgrùdadh Daoine Riaghaltas na h-Alba.

Is e dòigh-obrach san àite-obrach a th' ann an com-pàirteachadh luchd-obrach, air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach dealasach a thaobh amasan is luachan na buidhne aca agus gu bheil iad air am brosnachadh gus cur ri soirbheachas na buidhne. Bidh còig ceistean anns an Sgrùdadh Daoine a' tomhas com-pàirteachadh luchd-obrach agus a' cothlamadh nam freagairtean sin gu buil clàramais gus innse càite a bheil iad air tomhais eadar gu math fad-às (0%) gu bhith an sàs gu mòr (100%).

Cumaidh Coimisean na Croitearachd cuideachd an sgrùdadh luchd-obrach aca fhèin, a chuireas ris an Sgrùdadh Daoine agus a tha air a dhealbhadh a ràir ar feumalachdan fhèin. Bidh an SEG an sàs ann a bhith a' sgrùdadh agus ag ùrachadh nan ceistean a tha gan cleachdadhe gach bliadhna.

Tha sgrùdadh air na freagairtean mionaideach a' nochdadhe gu bheil gluasadan an rannsachaideh ann an 2020/21 mar as trice a' gluasad san t-slige cheart. Ge-tà tha raointean soilleir ann far am feum an Coimisean piseach a thoirt. That has air plana gnìomh a chruthachadh a' nochdadhe 9 raointean sònraichte airson leasachadh:

- Burraidheachd agus Leth-bhreith
- Conaltradh Taobh a-staigh
- Siostam Fiosrachaidh Croit
- Riaghlaidh Atharrachaideh
- Goireasan agus Uallach-obrach
- Cultar Ceannardas
- Cunbalachd Stiùireachd Shreathach
- Maoineachadh agus Leasachadh
- Slàinte / Sunnd

Mar a bha e aig a' cheann-là son aithris, that has air dèiligeadh ris na puingean gnìomh no tha oidhirpean nan draghan fhuasgladh a' dol air adhart gu math. Nì an AFC cuideachd sgrùdadh air adhartas gach 6 mìosan.

	2020/21	2019/20	Slat-Tomhais Sheirbheis Catharra 2020/21
<b>Rannsachadh Daoine Riaghaltas na h-Alba</b>			
Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)	64% (26 freagairt)	57% (33 freagairt)	66% (319,935 Luchd com-pàirt à 106 buidhnean)
<b>Rannsachadh Luchd-obrach Coimisean na Croitearachd</b>			
Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)	65% (45 freagairt)	51% (47 freagairt)	-

## Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Feum air Ùine Dheth a Nochdadh) 2017

Tha Coimisean na Croitearachd a' leantainn oirnn ag obrachadh gu cuideachail le aonaidhean-ciùrd aithnichte. Tha Luchd-stiùridh a' Choimisein a' dèanamh cinnteach gun tèid ùine gu leòr a thoirt do riochdairean an aonaidh a tha ag obair aig a' Choimisean gus dleastanasan an aonaidh aca a choileanadh.

Fo Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Feum air Ùine Dheth a Nochdadh) 2017, feumaidh fastaidhearan san t-seirbheis phoblaich fiosrachadh mu ùine dheth fhoilseachadh.

Gheibhearr barrachd fiosrachaidd air làrach-lìn Choimisean na Croitearachd [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

Oifigearan aonadh ciùrd buntainneach	2020/21	2019/20
Àireamh de luchd-obrach a bha nan oifigearan aonaidh bhuntainnich anns an ùine air a bheilear a-mach.	1	1
Àireamh co-ionann neach-obrach làn-ùine	0.86	0.86

Àireamh sa cheud de dh'ùine ga chaitheamh air ùine goireas	2020/21 (Àireamh fastaichean)	2019/20 (Àireamh fastaichean)
0%	-	-
1%-50%	1	1
51%-99%	-	-
100%	-	-

Àireamh sa cheud de ùine ga chaitheamh air ùine goireas	2020/21	2019/20
Cosgais iomlan ùine goireas	£1,082	£139
Cosgais iomlan tuarastail	£2.361 millean	£2.205 millean
Àireamh sa cheud de ùine ga chaitheamh air ùine goireas	0.046%	0.006%

Gniomhan aonadh-ciùrd pàighe	2020/21	2019/20
Ùine ga chosg air gniomhachd aonaidhean-ciùrd pàighe mar earrainn sa cheud den ùine goireasan pàighe iomlan	87%	100%

## Poileasaidhean mu Cho-ionannachd Chothroman is Eugsamhlachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail os làimh an luchd-obrach air fad a leasachadh agus tha e a' luachadh nan seallaidhean is sgilean eadar-dhealaichte a chuireas iad uile ris an obair againn. Tha ar **Plana Co-ionannachd agus Iomadachd** a' gealltannan nan gniomhan againn a lìbhrigeadh air mhodh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman agus tha e mar amas aige cur às do leth-bhreith mì-laghail is do ghiùlan eile a tha air a chasg fo reachdas co-ionannachd.

# Nochdadhe fo Chunntalachd Phàrlamaideach

## Gun Sgrùdadh

### **Call agus pàighidhean sònraichte**

Fon Leabhar-làimhe air Aithisgean Iomhasail, tha againn ri call agus pàighidhean sònraichte os cionn £300,000. Ann an 2020/21 cha robh call no pàighidhean sònraichte sam bith a rèir nan slatantomhais seo (2019/20: £neoni).

### **Tìodhlaicean agus Tabhartasan**

#### **Carthannach**

Thug Coimisean na Croitearachd tabhartas carthannais de £250 tron bhliadhna 2020/21 gu RSABI (2019/20: £neoni).

Aig toiseach a' ghalair, cha b' urrainn do Choimisean na Croitearachd litrichean a thàinig a-steach a phròiseasadhe aig a' phriomh oifis aca, agus airson 6 mìosan chaidh am post againn ath-stiùireadh gu oifis leis an neach-gairm againn, Ruairidh MacCinnich. Bha sgioba riaghlaidh Coimisean na Croitearachd airson am meas a nochdadhe airson cuideachadh an Neach-gairm aig an àm seo le tabhartas a thoirt do charthannas a tha air taic a thoirt do chroitearan tro shuidheachaidhean duilich mar thoradh air a' ghalar.

## Air an Sgrùdadh

### **Do-mhaoinean Tuiteamach Iomallach**

Feumaidh Coimisean na Croitearachd aithisg a thoirt mu dho-mhaoin sam bith às an tigeadh sochair eacnamach mar rèiteach tuilleadh is eu-coltach gus mìneachadh air do-mhaoin thuiteamach fo IAS37 a thoirt a-mach. Chan eil do-mhaoinean tuiteamach iomallach sam bith ann an-dràsta. (2019/20: £neoni).



Uilleam Barron  
Ceannard is Oifigear Cunntachail  
Ceann-là 10 Lùnastal 2021

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Choimisean na Croitearachd, do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba

## Aithisg air sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail

### Beachd air aithrisean ionmhasail

Rinn sinn sgrùdadadh air na h-aithrisean ionmhasail san aithisg bhliadhnailean is sna cunntasan bliadhnailean aig Coimisean na Croitearachd don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2021 fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013. Tha na h-aithrisean ionmhasail air an dèanamh suas leis an Aithris air Caiteachas Lom lom-chuimseach, an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail, Aithris nan Sruthan-airgid, an Aithris mu Atharrachadh air Cothromas Phàighearan-cìse agus notaichean ris an aithris ionmhasail, le gjorrachadh air poileasaidhean cudromach a thaobh cunntasachd. Is e am frèam mu aithisgean ionmhasail a chuireadh an gnìomh an lagh buntainneach agus na h-Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhasail (IFRSs) mar a chaidh gabhail riutha leis an Aonadh Eòrpach, agus mar a chaidh am mìneachadh is an atharrachadh le Leabhar-làimhe 2020/21 an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FReM 2020/21).

Nar beachd, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- nan dealbh fior is ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007, Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fòdhpa le Ministearan na h-Alba mu chor chùisean na buidhne aig 31 Màrt 2021 agus mun chosg lom aice don bhliadhna a thàinig gu crìch an uair sin;

- air a bhith air an ullachadh mar as còir a rèir nan Inbhean mar a chaidh gabhail riutha agus am mìneachadh is an atharrachadh leis an Aonadh Eòrpach ann am FReM 2020/21; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir nam feumalachdan ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fòdhpa le Ministearan na h-Alba.

### Bunait beachd

Rinn sinn an sgrùdadadh againn a rèir nan laghan a tha buntainneach agus nan Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadadh (RA) (Inbhean) (RA) mar a dh'fheumar fo **Chòd Cleachdadadh Sgrùdaidh** air a cheadachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha mìneachadh a bharrachd air na h-ullachaidhean againne fo na h-irean sin ann an roinn uallachaidhean an neach-sgrùdaidh airson sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail den aithisg. Chaidh ar cur an dreuchd leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 31 Cèitean 2016. Tha an ùine suidheachaidean neo-bhriste air fad airson ceithir bliadhna. Tha sinn neo-eisimeileach air a' bhuidhinn a thathar a' sgrùdadadh a rèir nam feumalachdan beusach a bhuineas ris an sgrùdadadh againn air na h-aithrisean ionmhasail san RA, a ghabhas a-steach Inbhe Bheusan na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail, agus choilean sinn na dleastanasan beusach eile a tha oirnn a rèir nam feumalachdan sin. Cha deach seirbheisean neo-sgrùdaidh air an casg le Inbhean Beusan a thoirt don bhuidhinn. Tha sinn den bheachd gu bheil fianais an sgrùdaidh a fhuair sinn gu leòr is iomchaidh gus bunait ris a' bheachd againn a thoirt seachad.

## **Co-dhùnайдhean ceangailte ri gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd**

Nach eil cleachdadadh gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh; no

Nach do nochd a' bhuidheann sna h-aithrisean ionmhasail mì-chinnt shònraichte sam bith mun chomas aice cumail oirre a' glacadh ri gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd fad ùine dà mhìos deug air a' char as lugh a bhon cheann-là air an ceadaichead na h-aithrisean ionmhasail rin cleachdadadh.

## **Gàbhaidhean mì-aithris stuthail**

Thug sinn aithisg ann an Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhnaidh fa leth, a tha ri faotainn bho làrach-lìn **Sgrùdadadh Alba**, na gàbhaidhean as moth a air am meas de mhì-aithris stuthail a shònraich sinn agus na co-dhùnайдhean againn orra.

## **Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail**

Mar a thathar a' mìneachadh nas mionaidiche san Aithris mu Uallaichean an Oifigeir Chunntachail, tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail aithrisean ionmhasail a bheir dealbh fior is ceart a rèir an fhreàma mu aithisgean ionmhasail ullachadh, agus an smachd air an taobh a-staigh a tha dhìth am beachd an Oifigeir Chunntachail gus am faodar aithrisean ionmhasail a tha saor bho mhi-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, ullachadh.

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail comas na buidhne cumail oirre mar ghnothach leantainneach a mheas, a' nochdad, a rèir mar a tha iomchaidh, chòisean ceangailte ri gnothach leantainneach agus a' cleachdadadh a' ghnothaich leantainnich mar bhunait ri cunntasachd nas lugh a mheas sin mì-iomchaidh.

## **Uallaichean an Luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail**

Is iad na cinn-chòiche a tha againn dearbhachd reusanta fhaighinn a bheil na h-aithrisean ionmhasail anns an pharsaingeachd saor bho mhi-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh leis a' bheachd againn a chur a-mach. Is e a tha ann an dearbhachd

reusanta, ìre àrd de dhearbhachd, ach chan eil i na bharantas gun lorg sgrùdadadh a nithear a rèir Inbhean na Rìoghachd Aonaichte mì-aithris stuthail nuair a nochdas i daonna. Faodaidh mì-aithrisean èirigh à foill no mearachd agus thathar gam meas stuthail mas e, fa leth no còmhla, gum facoidte a bhith an dùil gu reusanta gun toireadh iad buaidh air co-dhùnайдhean eaconamach a ghabhas luchd-cleachdaidh a rèir nan aithrisean ionmhasail seo.

Tha tuairisgeul a bharrachd air uallaichean an luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail air làrach-lìn na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail [www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities](http://www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities). Tha an tuairisgeul mar phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh againn.

## **An ìre dhan robh an sgrùdadadh air a mheas comasach air neo-riaghailteachdan a lorg, leithid foill**

Is iad easbhaidhean, leithid foill, eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean. Bidh sinn a' dealbhadh mhodhan a rèir ar dleastanasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd gus aithrisean ceàrr a lorg a thaobh easbhaidhean, a' toirt a-steach foill. Nam measg sin thathas:

- a' beachdachadh air nàdar àrainneachd smachd a' Choimisein agus ag ath-sgrùdadadh sgròbhainnean a' Choimisein mu na poileasaidhean agus na dòighean-obrach aca a thaobh foill agus gèilleadh ri laghan agus riaghailtean. Dh' fhaighnich sinn cuideachd ri riaghlaidh, sgrùdadadh an taobh a-staigh agus iadsan air a bheil uallach riaghlaidh mu bhith gan comharrachadh fhèin agus a' measadh cunnartan neo-riaghailteachdan;
- a' faighinn tuigse air an fhreàam laghail is riaghlaidh buntainneach agus mar a tha an Coimisean a' gabhail ris an fhreàam sin;
- a' comharrachadh dè na laghan agus na riaghailtean a tha cudromach ann an co-theacs a' Choimisein;
- a' measadh dè cho buailteach agus a tha na h-aithrisean ionmhasais a thaobh aithris ceàrr, a' toirt a-steach mar a dh'fhaodadh foill tachairt; agus
- a' beachdachadh a bheil an comas agus na comasan iomchaidh aig an làn sgioba sgrùdaidh gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh no aithneachadh.

Fhuair sinn tuigse mun fhrèam laghail is riaghlaidh anns a bheil a' bhuidheann ag obair, agus chomharrach sinn na priomh laghan agus riaghailtean a tha:

- a' toirt buaidh dhìreach aig air dearbhadh suimean susbainteach agus foillseachaidhean anns na h-aithrisean ionmhais. Nam measg bha Achd nan Croitorean (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus
- nach eil a' toirt buaidh dhìreach air na h-aithrisean ionmhais ach dh'haodadh gum bi gèilleadh bunaiteach do chomas na buidhne a bhith ag obair no gus peanas susbainteach a sheachnadh. Nam measg bha Achd Dìon Dàta 2018 agus reachdas cosnaidh buntainneach.

Bhruidhinn sinn am measg an sgioba conaltraidh sgrùdaidh mu na cothroman agus na brodan a dh'haodadh a bhith ann taobh a-staigh na buidhne airson foill agus ciamar agus càite a dh'haodadh foill tachairt anns na h-aithrisean ionmhais.

Mar thoradh air na rinneadh gu h-àrd, chomharrach sinn gun robh an cothrom as motha airson foill a thaobh an riatanas a bhith ag obair taobh a-staigh nan crìochan goireasan caiteachais a shuidhich Riaghaltas na h-Alba. Is e an cunnart gum faodadh gun làimhsicheadh an caiteachas a thaobh gnothaichean deireadh na bliadhna gu fealltach ann an oidhrip gus am biodh an leithid rèidh ri amasan a' Choimisein no ri oidhrip suidheachadh cothromach a choileanadh. Mar fhreagairt don chunnart seo, fhuair sinn dearbhadh neo-eisimeileach mu na crìochan stòrais a riaraich Riaghaltas na h-Alba agus rinn sinn deuchainn air sampall de chruinneachadh, ro-phàighidhean agus fhàirdealan a fhuaireadh mu dheireadh na bliadhna feuch an deach an clàradh san ùine cheart.

Coltach ri gach sgrùdadhbh fo ISAn (RA), feumar cuideachd modhan sònraichte a dhèanamh gus dèiligeadh ris a' chunnart a thaobh riaghlaidh. Nuair a mheasar cunnart foill tro riaghlaidh a' dol thairis air smachdan, rinn sinn deuchainn air freagarrachd inntrigidhean irisean agus atharrachaidhean eile; feuch a bheil na breithneachaidhean a rinneadh ann a bhith a' déanamh tuairmsean cunntasachd

mar chomharradh air claoindadh a dh'haodadh a bhith ann, agus rinneadh measadh air argamaid gniomhachais gnothaichean cudromach sam bith a tha neo-àbhaisteach no taobh a-muigh cùrsa àbhaisteach a' ghnìomhachais.

A bharrachd air na dh'ainmichear gu h-àrd, ghabh na modhan againn gus dèiligeadh ris na cunnartan a chaidh a chomharrachadh a-steach na leanas:

- ag ath-sgrùdadhbh foillseachaidhean aithrisean ionmhais le bhith a' dèanamh deuchainn sgriobhainnean taice feuch an robh iad rèidh ri laghan agus riaghailtean buntainneach a chaidh a mhìneachadh mar a bhith a' toirt buaidh dhìreach air na h-aithrisean ionmhais;
- a' coileanadh mhodhan sgrùdaidh gus ceanglaichean neo-àbhaisteach no ris nach robh dùil a chomharrachadh a dh'haodadh cunnartan mì-aithris shusbainteach mar thoradh air foill a nochdad;
- a' ceasnachadh riaghlaidh, sgrùdadhbh a-staigh agus comhairle laghail a-staigh a thaobh tagraighean laghail is agartas a thachair agus a dh'haodadh tachairt, agus eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean; agus
- a' leughadh geàrr-chunntasan choinneamhan den fheadhainn air a bheil uallach riaghlaidh agus ath-rannsachadh aithisgean sgrùdaidh a thaobh a-staigh.

Tha an ìre ga bheil ar modhan-obrach comasach air easbhaidhean a lorg, leithid foill, fo bhuaidh na duilgheadas gnèitheach ann a bhith a' lorg easbhaidhean, èifeachdas smachdan a' Choimisein, agus nàdar, àm agus ìre nam modhan sgrùdaidh a rinneadh.

Tha an gàbhadh nach lorgar mì-aithris stuthail ag èirigh à foill nas àirde na fear ag èirigh à mearachd, bhon dh'haodadh co-rùn, nithean air am fàgail às air an taobh a-staigh, mì-riochdachadh, no gabhail thairis air riaghlaidh air an taobh a-staigh. Bidh comas an sgrùdaidh foill agus mì-riaghailteachd eile a lorg an crochadh air teòmachd a neach a nì e, tricead is ìre na foille, an ìre de cho-rùn a tha ann, meudachd dhàimheach nan suimeannan agus ìre nan daoine a tha an sàs.

## Aithisg air riaghailteachd caiteachais agus teachd-a-steach

### Beachd air riaghailteachd

Nar beachd anns gach cùis stuthail, dh'èirich an caiteachas is an teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhasail no chaidh an cur an sàs a rèir reachdais sam bith a tha iomchaidh agus an stiùridh a thug Ministearan na h-Alba.

### Uallach airson riaghailteachd

Tha e an urra ris an Oifigear Chunntachail riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a dhearrbadh. A bharrachd air ar dleastanasan a bhith a' lorg fiosrachaидh cheàrr anns na h-aithrisean ionmhas a thaobh neo-riaghailteachdan, tha e an urra rinn beachd a nochdad mu riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a rèir Achd Ionmhas Phoblaich is Cunntachalachd (Alba) 2000.

### Aithisg mu fheumalachdan eile

#### Beachdan air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air páirt sgrùdaichte den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach

Rinn sinn sgrùdadadh air na páirtean den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach a chaidh a mhìneachadh mar sgrùdadadh. Nar beachd, chaidh am páirt air a sgrùdadadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach ullachadh mar as ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fòdhpa le Ministearan na h-Alba.

#### Tuilleadh fiosrachaидh reachdail:

Tha am fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnaidh agus sna cunntasan bliadhnaidh an urra ris an Oifigear Chunntachail. Tha am fiosrachadh reachdail eile a' gabhail a-steach an Aithisg Coileanaidh agus an Aithisg Cunntachalachd ach a-mhàin am páirt sgrùdaichte den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach.

Is e an t-uallach a tha oirnn am fiosrachadh eile air fad san aithisg bhliadhnaidh is sna cunntasan bliadhnaidh a leughadh agus, le bhith ga dhèanamh, beachd a ghabhail a bheil am fiosrachadh eile gun a bhith air an aon ràmh gu stuthail ris na

h-aithrisean ionmhasail no ris an fiosrachadh a fhuair sinn sna sgrùdaidhean no a bheil an coltas air a bhith air mì-aithris gu susbainteach air mhodh eile. Ma lorgas sinn a leithid de mhì-rèir stuthail, no coltas mhì-aithrisean susbainteach, tha againn ri co-dhùnadh a bheil mì-aithris susbainteach sna h-aithrisean ionmhasail no mì-aithris stuthail anns an fiosrachadh eile. Mas e, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gun tig sinn chun a' cho-dhùnайдh gu bheil mì-aithris susbainteach san fiosrachadh eile seo, tha againn ri aithisg a thoirt mun t-suidheachadh seo. Chan eil dad againn ri aithris a thaobh seo.

Chan eil am beachd againn air na h-aithrisean ionmhasail a' còmhach an fiosrachaидh eile agus chan eil sinn a' nochdad seòrsa sam bith de cho-dhùnadh dearbhaidh mu dheidhinn seach air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba chun na h-ìre a thathar ag ràdh gu follaiseach nas fhaide air adhart anns an aithisg seo.

#### Beachdan air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air páirt sgrùdaichte den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach

Nar beachd, stèidhichte air an obair a rinneadh ri linn an sgrùdaidh:

- tha am fiosrachadh san Aithisg air Dèanadas don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gun deach an aithisg sin ullachadh a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba; agus
- tha am fiosrachadh san Aithris mu Riaghlaidh don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gu bheil an aithisg sin a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba.

## Cùisean mun fheum sinn aithisg a thoirt le eisgeachd

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba a' toirt oirnn aithisg a thoirt dhuibh, mas e, nar beachd:

- nach deach clàran-cunntasachd gu leòr a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus am pàirt air a sgrùdadhean den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach air an aon rèir ris na clàran-cunntasachd; no
- nach d' fhuair sinn am fiosrachadh is na mìneachaidhean air fad a bhios a dhìth oirnn airson an sgrùdaidh againn.


Chan eil dad againn ri aithris mu na cùisean seo.

## Co-dhùnaidhean air uallachaidhean anns an fharsaingeachd

A bharrachd air na h-uallaichean a tha oirnn airson na h-aithisge agus nan cunntasan bliadhnaidh, tha na co-dhùnaidhean againn air na h-uallaichean anns an fharsaingeachd a shònraicheadh anns a' Chòd-chleachdaidh mu Sgrùdadhean gan nochdadhean san Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhnaidh againn.

## Cleachdadh na h-aithisge againn

Chaidh an aithisg seo a dhèanamh gu dìreach do na pàrtaidhean dham bheilear ga seòladh a rèir Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann air adhbhar sam bith eile. A rèir paragraf 120 den Chòd mu Chleachdadh Sgrùdaidh a cheadaich Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil sinn a' gabhail os làimh a bhith cunntachail do bhuill no do dh'oifigearan, fa leth, no do threas buidhnean.



Pàdraig MacCannich, CPFA (airson is às leth Deloitte LLP)  
110 Sràid na Bàn-righ  
Glaschu  
G1 3BX  
Rìoghachd Aonaichte  
10 Lùnastal 2021



# Aithrisean Ionmhasail 2020/21

Aithrisean ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le fiosrachadh mar thaic is mar mhìneachadh.

## Aithris mu Chaiteachas Lom Ion-chuimseach

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2021

	<b>Nota</b>	<b>2021 £000</b>	<b>2020 £000</b>
Cosgaisean luchd-obrach	2	2,361	2,205
Ìsleachadh is Crònadh	2,3,4	50	50
Caiteachas-obrachaид eile	2	649	552
Caiteachas-obrachaид iomlan		3,060	2,807
Caiteachas-obrachaид lom		<b>3,060</b>	<b>2,807</b>

Tha na notaichean air duilleagan 80 gu 88 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

# Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail

aig 31 Màrt 2021

	Nota	2021 £000	2020 £000
<b>Maoin Neo-làithreach:</b>			
Stuth Teicneòlais Fhiosrachaidh	3	48	46
Maoin dho-bheantainn (Bathar-bog)	4	42	59
<b>Maoin Neo-làithreach iomlan</b>		<b>90</b>	<b>105</b>
<b>Maoin làithreach</b>			
Malairt is stuth eile ri fhaighinn	5	17	18
Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh	6	216	118
<b>Maoin làithreach iomlan</b>		<b>233</b>	<b>136</b>
<b>Maoin iomlan</b>		<b>323</b>	<b>241</b>
<b>Fiachanasan làithreach</b>			
Malairt is pàigheadh eile ri fhaighinn	7	215	101
Fiachanasan eile	7	79	73
<b>Fiachanasan làithreach iomlan</b>		<b>294</b>	<b>174</b>
<b>Maoin iomlan gun fhiachanasan làithreach</b>		<b>29</b>	<b>67</b>
<b>Cothromas Phàighearan-cìse</b>			
Maoin choitcheann		29	67
<b>Cothromas iomlan</b>		<b>29</b>	<b>67</b>



Uilleam Barron  
 Ceannard is Oifigear Cunntachail  
 Ceann-là 10 Lùnastal 2021

Thug an t-Oifigear Cunntachail cead na h-aithrisean ionmhasail seo a sgaoileadh 10 Lùnastal 2021

Tha na notaichean air duilleagan 80 gu 88 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

## Aithris mu shruthadh-airgid

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2021

	Nota	2021 £000	2020 £000
<b>Sruthan-airgid bho obrachaidhean</b>			
Caiteachas-obrachaidh lom	SoCNE	(3,060)	(2,807)
Atharrachadh airson tèr-ghniomhan nach eil mar airgead-ullamh			
Ìsleachadh is Crionadh	2,3,4	50	50
Gluasad an ann an calpa-obrach			
(Meudachadh)/lùghdachadh air malairt is stuth eile ri fhaighinn	5	1	17
Meudachadh/(lùghdachadh) air malairt agus pàigheadh eile ri fhaighinn is ullachaidhean	7	120	16
<b>Sruth-airgid lom bho obrachadh</b>		<b>(2,889)</b>	<b>(2,724)</b>
<b>Sruthan-airgid bho thasgaidhean</b>			
Ceannach stuth teicneòlais fhiosrachaidh	3	(28)	(19)
Ceannach maoin dho-bheantainn	4	(7)	—
<b>Sruthadh a-mach lom mar airgead-ullamh bho thasgaidhean</b>		<b>(35)</b>	<b>(19)</b>
<b>Sruthadh a-mach iomlan mar airgead-ullamh</b>		(2,924)	(2,743)
<b>Sruthadh a-mach mar airgead-ullamh bho mhaoineachadh</b>			
Tabhartas-mar-Chobhair	3 022	2 758	
<b>(Lùghdachadh)/meudachadh lom air airgead-ullamh is co-ionann</b>			
Airgead-ullamh is co-ionann aig toiseach na h-ùine	118	103	
Airgead-ullamh is co-ionann aig deireadh na h-ùine	216	118	

Tha na notaichean air duilleagan 80 gu 88 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

## Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2021

	Maoin choitcheann £000
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2019</b>	<b>116</b>
Tabhartas-mar-Chobhair	2,758
	<b>2,874</b>
Caiteachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(2,807)
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2020</b>	<b>67</b>
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2020</b>	<b>67</b>
Tabhartas-mar-Chobhair	3,022
	<b>3,089</b>
Caiteachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(3,060)
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2021</b>	<b>29</b>

Tha na notaichean air duilleagan 80 gu 88 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

# Notaichean an cois nan Aithrisean ionmhasail

## 1. Aithris mu phoileasaidhean cunntasachd

Fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993, paragraf 19 de sgeideal 1, feumar aithis bhliadhnaill chunntasan ullachadh.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir an Stiùiridh mu Chunntasan (duilleag 89) a thug Ministearan na h-Alba seachad agus Leabhair-làimhe 2020/21 mu Aithisgean Ionmhasail (FReM) a chuir Roinn an Ionmhais a-mach air thoiseach.

Tha FReM a' nochdadadh cruth nan cunntasan bliadhnaill. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ri fhaotainn sa Mhaoin Choitchinn san Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Phàighearan-cise seach san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha gach caiteachas is teachd-a-steach eile san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha na poileasaidhean cunntasachd san Leabhar-làimhe a' cleachdadadh Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhasail (IFRS) mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh airson suidheachadh na roinne poblach.

Nuair a bheir an Leabhar-làimhe taghadh a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar air am poileasaidh cunntasachd air a mheas mar am fear as freagarraiche do shuidheachadh sònraichte Choimisean na Croitearachd a thaghadh gus sealladh fior is ceart a thoirt. Tha na poileasaidhean sònraichte ris an do ghabh Choimisean na Croitearachd air am mìneachadh gu h-ìseal. Thathar air an cur an sàs air an aon rèir ann a bhith a' dèiligeadh ri mìrean a mheasar buntainneach do na h-aithrisean ionmhasail.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail anns an aithisg seo ullachadh mar bhunait gnothaich leantainnich oir tha an t-Oifigear Cunnatachail den bheachd gu bheil goireasan gu leòr aig Coimisean na Croitearachd gus cumail air ag obrachadh anns an ùine air thoiseach fhad is a chithear air adhart.

### 1.1 Gnàthas cunntasachd

Thathar air na cunntasan seo ullachadh fo ghnàthas nan cosgaisean eachdraidheil.

### 1.2 Stuth Teicneòlais Phiosrachaidh

Tha uidheamachd a' ciallachadh stuth bathar-cruaidh teicneòlais phiosrachaidh le cosgais os cionn £5,000. Far a bheil nithean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000, ach far a bheil an clas so-mhaoin gu h-iomlan a' cosg còrr air £5,000, tha iad air an calpachadh. Gu sònraichte, buinidh seo ri ceannach choimpiutairean, fhrithealaichean agus a' bhathair-chruaidh nan lùib, a bhios ag isleachadh nam beatha fheumail, a thathar a' meas aig ìre 3 bliadhna. Thathar air crìonadh a thoirt aig an ìre air ath-obrachadh a-mach gus a' chosgais a ghlanadh ann an cuibhreannan bliadhnaill co-ionann thairis air beatha fheumail nan stuthan. Tha maoin TF ga giùlan aig cosgais eachdraidheil, a chealachdar mar phrogsaidh ri luach ceart.

### 1.3 Maoin Dho-bheantainn

Tha maoin dho-bheantainn a' gabhail a-steach cead bathair-bhuig agus bathar-bog air a leasachadh air an taobh a-staigh aig an robh ìre chalpa de £5,000 le chèile. Nuair a tha maoin dho-bheantainn a chruthaicheadh air an taobh a-staigh mar bhathar-bog ga cur na calpa, chan eil ach cosgaisean a tha ceangailte gu dìreach, a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach is cosgaisean ceangailte ri luchd-obrach, a' nochdadadh nuair a mheasar gun cruthaich a' mhaoin buannachd eaonamach a-rithist mar chaomhnadh no leasachadh air na modhan air an taobh a-staigh. Tha maoin dho-bheantainn ga luachadh aig cosgais a thathar a' cleachdadadh mar rud ionann ris an luach cheart. Thathar air crìonadh a thoirt aig an ìre air a h-obrachadh a-mach gus a' chosgais a ghlanadh ann an cuibhreannan bliadhnaill co-ionann thairis air beatha fheumail na maoine.

Poileasaidh Luach-crìonaidh:

Bathar-bog air a chruthachadh air an taobh a-staigh 7 bliadhna  
Siostam-obrachaiddh no cead phrògraman-obrachaiddh 3 bliadhna.

## 1.4 Cìs Luach a Bharrachd

Tha VAT nach fhaighear air ais a' nochdad leis na cosgaisean buntainneach agus mar chìs anns an Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach san ùine san do dh'èirich i.

## 1.5 Sochairean Luchd-obrach

### Sochairean Fhastaichean san Ùine Ghoirid

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithnicheadh sa bhliadhna san d' fhuaireadh seirbheis bho fhastaichean. Tha a' chosgais ceangailte ri làithean-saora bliadhna agus uairean-obrach sùbailte a chaidh a chosnadh ach nach deach an gabhadh le fastaichean aig deireadh na bliadhna ga h-aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail chun na h-ìre gu bheil e ceadaichte do dh'fhastaichean làithean-saora a thoirt air adhart a-steach sa bhliadhna na dèidh.

### Cosgaisean Peinnsein

Tha luchd-obrach Choimisean na Croitearachd nan seirbheisich chatharra a tha airidh air a bhith nam buill de Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheis Catharra (PCSPS). Is e PCPS sgeama shocairean gun mhaoin anns a bheil iomadh fastaidhear an sàs far nach urrainn do Choimisean na Croitearachd a roinn fhèin den mhaoin is do-mhaoin. Tha an sgeama air a mheas mar sgeama tabhartas deimhinnta fon saorsachd iomadh-fastaidhear a tha ceadaichte ann an IAS 19 Sochairean. Chaidh làn luachadh achdaireachd air a choileanadh le Roinn An Ionmhas HM tro 2018 a dh'adhbhraich àrdachadh ann am tabhartasan peinnsean fastaidhean a thàinig a-steach bho 1 Giblean 2019. Gheibhear fios ann an cunntasan nan goireasan aig Oifis a' Chaibineit: Pàigheadh Catharra ([www.civilservicepensionscheme.org.uk](http://www.civilservicepensionscheme.org.uk))

Gheibhear barrachd fiosrachaидh mu pheinseanan san aithisg air tuarastal air duilleagan 62 gu 63.

## 1.6 Ri Fhaighinn ann am Malairt

Nuair a thathar air teachd-a-steach aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead-ullamh, tha feicheadh ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail.

## 1.7 Ri phàigheadh ann am Malairt

Nuair a thathar air caiteachas aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead-ullamh, tha creideasair ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail.

## 1.8 Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh

Is e a tha ann an airgead-ullamh agus suimeannan co-ionann ri airgead-ullamh an t-airgead-ullamh leis a' bhanca.

## 1.9 Tabhartas-mar-Chobhair

Tha Coimisean na Croitearachd a' faighinn Tabhartas-mar-Chobhair bho Riaghaltas na h-Alba gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ga chur mar chreideas ris a' Mhaoin Choitchinn san ùine san d' fhuaireadh e. Tha cosgais lom Choimisean na Croitearachd ga cur mar chìs air a' mhaoin seo.

## 1.10 Ullachaidhean

Bheir Coimisean na Croitearachd mar dhleastanasan laghail no cruthachail às nach eil cinnt mu shùim no ùine aig àm na h-aithris mu shuidheachadh ionmhasail am meas as fheàrr air a' chaiteachas a dh'haodas a bhith a dhùth gus an dleastanas a shocrachadh.

## 1.11 Fiachanasan Tuiteamach

Tha do-mhaoinean tuiteamach air an aithneachadh a thaobh: ullachaidhean a dh'haodadh a bhith ag èiridh mar thoradh air tachartasan san àm a chaidh seachad agus a bhiodh air an dearbhadh mar thoradh air tabhartasan neo-chinnteach san àm ri teachd a bhiodh taobh a-muigh smachd Coimisean na Croitearachd no a bhuineadh ri dleastanasan san àm a tha an làthair, far am faodadh e a bhith ach far nach eil e idir coltach gun cuirear feum air tabhartasan gus an dleastanas a rèiteach, no nach gabh a mheas le cinnt.

## 1.12 Maoin Dho-bheantainn

Tha maoin tuiteamach air aithneachadh a thaobh maoin a dh'haodadh a bhith ag èirigh à tachartasan a chaidh seachad a dhearbhar ma ghabhas tachartasan mi-chinnteach san àm ri teachd taobh a-muigh smachd Coimisean na Croitearachd àite.

## 1.13 Maoin Treas Pàrtaidhean

Chan aithnichear maoin a bhuineas ri treas pàrtaidhean (mar mhaoinean a chruinnichear agus a chuirear air adhart gu buidheann-gníomha eile) anns na cunntasan seach nach ùidh shocaireach aig a' Choimisean annta. Tha iad a' nochdad, ge-tà, ann an nota fa leth (Nota 10) an cois nan cunntasan a rèir feumalachdan Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean ionmhasail.

## 1.14 Gabhail ri Inbhean Cunntasachd Ùr is Ath-sgrùdaichte

### a) Inbhean, atharrachaidhean agus mìneachadh èifeachdach sa bhliadhna seo

Anns a' bhliadhna seo, tha Coimisean na Croitearachd air grunn atharrachaidhean a chur an sàs air Inbhean agus Mineachaidhean IFRS a tha èifeachdach airson bliadhna a thòisicheas air 1 Faoilleach 2020 no às a dhèidh. Chan eil an gabhail riutha air buaidh mhòr sam bith a thoirt air na foillseachaidhean no air na tomhasan a chaidead a chlàradh sna aithrisean ionmhasail sin:

- Atharrachaidhean air lomraidhean air Frèam-obrach Bun-bheachdail ann an Inbhean IFRS
- Atharrachadh gu IFRS 9: A' cur IFRS 9 le IFRS 4.
- Atharrachadh gu IFRS 3: Mìneachadh air Gniomhachas.
- Atharrachadh gu IAS 1 agus IAS 8 Mìneachadh Stuth.
- Atharrachadh gu IAS 39, IFRS 4, IFRS 7 agus IAS 9 Ath-leasachadh Slat-tomhais ìre Riadh (ìre 1).
- Leasachaidh Bliadhnaile le Inbhean IFRS Cearcall 2018-2020. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.

### b) Inbhean, leasachaidhean agus mineachaidhean a chaidead gabhail riutha tràth am bliadhna

Chan eil inbhean ùra, leasachaidhean no mineachaidhean a chaidead gabhail riutha tràth am bliadhna.

### c) Inbhean, leasachaidhean agus mineachaidhean a chuireadh a-mach ach nach deach gabhail riutha am bliadhna

Aig àm ùghdarrachaidh nan aithrisean ionmhasail sin, cha robh Coimisean na Croitearachd air cur an sàs na h-Inbhean IFRS ùra agus ath-leasachite a leanas a bha air an cur a-mach ach nach robh fhathast èifeachdach:

- IFRS 16: Gabhaltasan. Tha Roinn an Ionmhais air aontachadh bacadh a chur an sàs gu 1 Giblean 2022
- IFRS 17: Cùmhnantan Àrachais. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.
- Atharrachadh gu IFRS 1: Seòrsachadh Do-mhaoin mar Làrach no Neo-làrach. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.
- Atharrachadh gu IFRS 1: Foillseachadh Poileasaidhean Cunntasachd. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.

- Atharrachadh gu IFRS 8: Mìneachadh Poileasaidhean Cunntasachd. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.
- Atharrachadhean gu IFRS 16: Teachd a-steach Seilbh, Acainn is Uidheamachd mus tèid a chleachdad. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.
- Atharrachadhean gu IFRS 37: Cùmhnantan troma, cosgais airson cùmhnant a choileanadh. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.
- Atharrachadh gu IAS 39, IFRS 4, IFRS 7 agus IAS 9 Ath-leasachadh Slat-tomhais ìre Riadh (ìre 2). Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2021.
- Leasachaidh Bliadhnaile le Inbhean IFRS Cearcall 2018-2020. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.

Chan eil Coimisean na Croitearachd an dùil gun toir gabhail ris na h-Inbhean is a' Mhìneachadh air a bheil iomradh gu h-àrd buaidh bhunasach air aithrisean ionmhasail Choimisean na Croitearachd san àm ri teachd, ach mar a tha minichte gu h-ìosal.

Tha Gabhaltasan IFRS 16 a' dol an àite Gabhaltasan IAS 17 agus tha e gu bhith air a chur an sàs le Roinn an Ionmhais HM ann an Leabhran Aithris Ionmhaisail an Riaghaltais bho 1 Giblean 2022. Tha IFRS 16 a' toirt a-steach modail cunntasachd aon ghabhaltas a tha a' ciallachadh riochdachadh nas fheàrr de so-mhaoin agus do-mhaoin neach-gabhaltais, agus a' toirt foillseachadh nas fheàrr air aithris calpa air a chleachdad.

Fo IFRS 16, feumaidh luchd-gabhaltais aithne a thoirt do sho-mhaoinean agus do-mhaoinean le gabhaltasan a tha le teirm nas fhaide na 12 mìos, mura h-eil a' mhaoin de luach ìosal. Ged nach eil mìneachadh bun-thomhasach air a thoirt de 'luach ìosal', tha Coimisean na Croitearachd air taghadh an ìre calpachaидh de £5,000 a chleachdad gus dearbhadh na so-mhaoinean a dh'fheumar foillseachadh. Tha Coimisean na Croitearachd an dùil gum measar fhathast a chuid gabhaltasan ionmhais a tha ann mar-thà mar ghabhaltasan. Bidh gabhaltasan obrachaidh sam bith a tha ann a' tuiteam fo IFRS 16 fo na riaghailtean 'seanaireachd' a tha air an òrdachadh san FReM airson an atharrachadh tùsail gu IFRS 16. Sna bliadhnaichean ri teachd, bidh cunnraighean ùra agus ath-ùrachaidhean cunnraighean air an lèirmheas airson beachdachadh orra fo IFRS 16 mar a bhith air an

comharrachadh mar sho-mhaoinean còir-cleachdaidh. Air an aithneachadh fo IFRS 16 a bhios air an cumail air an Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail mar (i) so-mhaoinean còir cleachdaidh a tha a' riochdachadh còir Coimisean na Croitearachd a bhith a' cleachdad nan so-mhaoinean gabhaltais a tha seo; agus (ii) do-mhaoinean a ghabhail a tha a' riochdachadh an dleastanais a bhith a' pàigheadh airson ghabhaltasan.

Tha a bhith a' toirt so-mhaoinean air ghabhaltas chun Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail a' ciallachadh gum feum ìsleachadh agus riadh a bhith air a chur air còir-cleachdaidh an t-so-mhaoin agus fiachanas an do-mhaoin, fa leth. Bidh ath phàighidhean airgid cuideachd air an aithneachadh ann an Aithris mu Shruthan-airgid, a rèir IAS 7.

Leis an fheum a tha ann a bhith ag ath-mheasadh obrachadh a-mach air ghabhaltasan, agus a' mhì-chinnt a tha ann a thaobh na thathar a' sùileachadh de ghnìomhan gabhaltais bhon Giblean 2021 agus air adhart bhon sin, chan eil measadh den bhuaidh a thathar a' sùileachadh bho bhith a' cur an inbhe an sàs ann an 2021/22 practaigeach aig an àm a tha an làthair. Ach, tha Coimisean na Croitearachd a' sùileachadh gum bi buaidh chudromach aig cur an sàs an inbhe seo air na h-aithrisean ionmhasail.

## 1.15 Breithneachadh Riatanach

### Cunntasachd agus Tùsan Riatanach

#### Mheasaidhean

Ann a bhith a' cur nam poileasaidhean cunntasachd aig Coimisean na Croitearachd mar a thathar a' mìneachadh ann an Nota 1 an sàs, feumaidh An t-Oifigear Cunntachail breithneachadh is measaidhean a dhèanamh agus gabhail ri rudan mun t-sùim a thathar a' giùlan de mhaoin is de dh'fhiachanasan nach eil follaiseach air a' chiad sealladh bho thùsan eile.

#### Measaidhean

Tha na measaidhean agus na beachdan gan rèir stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus nithean eile a mheasar buntainneach. Faodaidh gum bi na toraidhean fhèin diofraichte bho na measaidhean seo. Tha na measaidhean agus na beachdan mar bhunait riutha gan ath-bhreithneachadh air bunait leantainneach.

Tha ath-sgrìobhadh air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine san ath-sgrìobhar am measadh mas e nach bi am measadh a' bualadh ach air an ùine sin, no ann an ùine a' mheasaidh

agus san ùine air thoisearch ma bhios am measadh a' bualadh an dà chuid air an ùine an-dràsta agus air thoisearch. Tha Coimisean na Croitearachd mothachail air grunnan beag thagraidhean a tha no a dh'faodadh a bhith ann gu Cùirt an Fheàrann a dh'faodadh, an crochadh air co-dhùnайдhean na Cùrite, toirt mar bhuil gun tèid cosgaisean beaga a bhuiileachadh an aghaidh Coimisean na Croitearachd. Cha ghabh coltas nan tagraighean agus suimeannan nam fiachanas a dh'faodadh èirigh meas le cinnt. Air beachdachadh air coltas nan cùisean sin a bhith gan co-dhùnadh an aghaidh a' Choimisein agus cosgaisean a bhith air an toirt seachad, chan eil Coimisean nan Croitearachd air ullachadh a mhìneachadh. Ge-tà, chan eil am fiachanas iomlan a mheasadh Coimisean na Croitearachd mòr gu leòr gus fiachanas tuiteamach a chlàradh.

Tha dùil aig Coimisean na Croitearachd cosgaisean fhaighinn a thaobh cùisean a chaidh a cho-dhùnadh roimhe. Tha an Coimisean air co-dhùnadh gu bheil e nas dualtaiche gum faighear cosgaisean air ais. Ge-tà, tha na cosgaisean a tha rim faighinn air ais fhathast gus aontachadh tro phròiseas co-rèiteachaidh le pártaidhean eile. Mura toir an co-rèiteachadh sin aonta, co-dhùinidh neach-sgrùdaidh na cùirte na suimean a bheirear seachad. Leis gu bheil na cùisean sin fo sgrùdadh an-dràsta agus gum faodadh na nithean sin cron mòr a thoirt air suidheachadh a' Choimisein anns na còmhraídhean, tha an Coimisean air roghnachadh, mar a tha ceadaichte le IAS 37.92, gun am fiosrachaidd fhoillseachadh a tha riatanach fo IAS 37.84 – IAS 37.91.

Chan eil an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil tùsan de mhì-chinnt eile ann am measadh a tha feumach air nochdadh.

#### Breithean

Chan eil breithean deatamach a thaobh cunntasachd feumach air nochdadh seach cur an gnìomh nam poileasaidhean gu h-àrd. Ged a tha breithneachadh ga chleachdad ann an socrachadh ire an ìsleachaidh is a' chrònaidh ri h-aitheachadh air uidheam agus bathar-bog IT, aithneachadh malairt agus nithean eile rim faighinn agus aithneachadh fhiachanas eile, tha na breithean seo a rèir a' chleachdaidh àbhaistich agus chan eilear gam meas deatamach leis cho beag agus a tha na suimeannan a tha ann. Cha bhiodh buaidh stuthail sam bith aig diofar bhreithean ann an gin de na raointean seo.

## 2. Caiteachas

	2021 £000	2020 £000
<b>Cosgaisean Buill a' Bhùird agus Luchd-obrach</b>		
Tuarastail	1,714	1,583
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	161	147
Cosgaisean-peinnseanan eile	445	402
Luchd-obrach Sealach	41	73
<b>Cosgaisean iomlan an luchd-obrach</b>	<b>2,361</b>	<b>2,205</b>
<b>Caiteachas-obrachaidd eile</b>		
Cosgaisean àiteachan-fuirich	194	185
Siostaman fiosrachaidd is cian-chonaltraidh	145	101
Trèanadh	13	7
Conaltradh	94	58
Cosgaisean sanasachd riaghlichail	27	39
Cosgaisean-siubhail is cho-labhairtean an luchd-mheasaidh	-	1
Siubhal is bith-beò – luchd-obrach	2	19
Siubhal is bith-beò – Coimiseanairean	1	32
Cìsean laghail	16	14
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh	31	18
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh	25	14
Cosgaisean ruith eile	101	64
<b>Caiteachas-obrachaidd eile gu h-ionlan</b>	<b>649</b>	<b>552</b>
<b>Mìrean nach eil mar airgead-ullamh</b>		
Ísleachadh	26	27
Crònadh	24	23
<b>Mìrean iomlan nach eil mar airgead-ullamh</b>	<b>50</b>	<b>50</b>
<b>Buil iomlan</b>	<b>3,060</b>	<b>2,807</b>

### 3. Uidheamachd Teicneòlais Fhiosrachaidh

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2019	224
Cur-ris	19
Cur an taobh	-
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>243</b>
<b>Isleachadh</b>	
1 Giblean 2019	(170)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(27)
Cur an taobh	-
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>(197)</b>
<b>Luach lom a rèir nan leabhrachean aig</b>	
31 Màrt 2019	54
31 Màrt 2020	46
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2020	243
Cur-ris	28
Cur an taobh	-
<b>31 Màrt 2021</b>	<b>271</b>
<b>Isleachadh</b>	
1 Giblean 2020	(197)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(26)
Cur an taobh	-
<b>31 Màrt 2021</b>	<b>(223)</b>
<b>A' giùlan luach aig</b>	
31 Màrt 2020	46
<b>31 Màrt 2021</b>	<b>48</b>
<b>Frithealadh Airgid Maoin:</b>	
An seilbh	48
<b>A' giùlan luach aig 31 Màrt 2021</b>	<b>48</b>

## 4. Maoin dho-bheantainn – Bathar-bog

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2019	160
Cur-ris	-
Cur an taobh	(14)
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>146</b>
<b>Crònadh</b>	
1 Giblean 2019	(78)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(23)
Cur an taobh	14
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>(87)</b>
<b>Luach lom a rèir nan leabhairchean aig</b>	
31 Màrt 2019	82
31 Màrt 2020	59
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2020	146
Cur-ris	7
Cur an taobh	(10)
<b>31 Màrt 2021</b>	<b>143</b>
<b>Crònadh</b>	
1 Giblean 2020	(87)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(24)
Cur an taobh	10
<b>31 Màrt 2021</b>	<b>(101)</b>
<b>A' giùlan luach aig</b>	
31 Màrt 2020	59
<b>31 Màrt 2021</b>	<b>42</b>
<b>Frithealadh Airgid Maoin:</b>	
An seilbh	42
<b>A' giùlan luach aig 31 Màrt 2021</b>	<b>42</b>

## 5. Ri fhaighinn ann am malairt agus maoin làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2021 £000	2020 £000
Ro-phàighidhean	17	18
<b>Buill</b>	<b>17</b>	<b>18</b>

## 6. Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh

	2021 £000	2020 £000
Cothrom aig 1 Giblean	118	103
Atharrachadh lom air airgead-ullamh agus nithean co-ionann	98	15
<b>Cothrom aig 31 Màrt</b>	<b>216</b>	<b>118</b>
Chaidh na cothroman a leanas aig 31 Màrt a chumail le Seirbheis Bancaidh an Riaghaltais	216	118
<b>Cothrom aig 31 Màrt</b>	<b>216</b>	<b>118</b>

## 7. Ri phàigheadh ann am malairt agus fiachanasan làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2021 £000	2020 £000
Cìs agus Tèarainteachd Shòisealta eile	79	73
Ri phàigheadh ann am Malairt	9	14
Ri phàigheadh ann am Malairt	206	87
<b>Buill</b>	<b>294</b>	<b>174</b>

## 8. Tàr-ghniomhan phàrtaidhean dàimheach

Is e Coimisean na Croitearachd NDPB air le taic Riaghaltas na h-Alba. Tha e an urra ri Riaghaltas na h-Alba am frèam reachdail sam bi Coimisean na Croitearachd ag obrachadh a sholar.

Bha tàr-ghniomhan ionmhais nach bu bheag eadar Buidheann-stiùiridh Àiteachais is Eaconamaidh Dùthchail Riaghaltas na h-Alba (an Stiùireachas Urrasachd) agus Coimisean na Croitearachd rè na bliadhna. Rinneadh tàr-ghniomhan ionmhais leis a' Bhuidhinn suas le Tabhartas-mar-Chobhair de £3,022,000 (2019/20 £2,758,000) mar a nochdar anns an aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cise air duilleag 79.

Cha robh tàr-ghniomhan sam bith eile aig a' Choimisean le buidhnean ceangailte.

## 9. Ionnsramaidean ionmhasail

Tha maoin ionmhasail agus fiachanasan ionmhasail gan aithneachadh nuair a bhios Coimisean na Croitearachd na phàrtaidh do dh'ullachadh cùmhantail na h-ionnsramaid. Tha gach maoin is fiachanas ionmhasail gan tomhas an toiseach aig prìs an tàr-ghniomha (cosgaisean tàr-ghniomha san àireamh). Chan eil maoin is fiachanasan ionmhasail aig Coimisean na Croitearachd den t-seòrsa a tha nan ionnsramaidean ionmhasail bunasach. Tha ionnsramaidean ionmhasail bunasach gan aithneachadh an toiseach aig luach an tàr-ghniomha agus gan tomhas an dèidh sin aig luach an t-socrachaидh aca.

Air adhbharan obrachaidh àbhaisteach, cha bhi cothromachaidhean sam bith mar airgead-ullamh no co-ionann ri airgead-ullamh gan cumail le Coimisean na Croitearachd seach an fheadhainn a bhios a dhìth gus luchd-creideis an-dràsta a phàigheadh – tuarastalan agus luchd-creideis ann am malairt. Tha maoin ionmhasail Choimisean na Croitearachd ga dèanamh suas gu dìreach le airgead-ullamh sa bhanca.

Ùghdarrachadh ionmhais air a thabhan le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ìre a tha a' chosgais air a dhaingneachadh le ùghdarris buidseit. Chan eil Coimisean na Croitearachd ann an gàbhadh a thaobh lionntachd mar sin.

Chan eil fèichearan stuthail sam bith aig Coimisean na Croitearachd agus mar sin chan eil e ga nochdadhdh ri gàbhadh mu chreideas. Anns an aon dòigh, bidh an Coimisean a' tàr-ghniomhadh ann an teirmean stèidhichte ann an Airgead Sasannach agus chan eil e ga nochdadhdh ri gàbhadh anns a' mhargadh.

## 10. Maoin Treas Pàrtaidhean

Maoin an seilbh aig 31 Màrt air an gabh luach-airgid cur:

	<b>2021 £000</b>	<b>2020 £000</b>
Balans banca – Clàran na h-Alba	49	71
Maoin treas pàrtaidh a' trasnadh	38	26
<b>Maoin iomlan ann an airgead-ullamh</b>	<b>87</b>	<b>97</b>

Is e a tha ann am maoin treas pàrtaidhean ann an trasnadh maoin, aig ceann na bliadhna, a fhuaireadh ach nach do chuireadh ann an cunntas-banca fhathast seach gu bheil comas an iarrtais airson clàradh ann an Clàrn nan Croitean aig Clàran na h-Alba fhathast a' feitheamh ri co-dhùnad.

## 11. Fiachanasan Tuiteamach

Dh' fhaodadh an SLC cosgaisean a thoirt seachad an-aghaidh Coimisean na Croitearachd a thigeadh air luchd-tagraidh ann a bhith a' leantainn riarrachadh laghail tron chùirt. Measar na cosgaisean sin aig £12,000. Seach gum faodadh an dleastanas a tha seo èirigh mar thoradh air co-dhùnad san àm ri teachd le Cùirt an t-Seisein a tha taobh a-muigh smachd Coimisean na Croitearachd, tha seo air a bhith air fhoillseachadh mar dho-mhaoin tuiteamach.



**COIMISEAN NA CROITTEARACHD**

**STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA**

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri paragraf 19 de Sgeideal i ri Achd nan Croitcean (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, a' toirt an stiùiridh a leanas le seo.
2. Gèillidh aithris nan cunntasan airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crich air 31 Màrt 2013, agus nam bliadhnaichean an dèidh sin, do na prionnsapalan mu chunntasachd agus do na feumalachdan mu nochdadh san eagran de Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais nuair a bhios e ann an gnìomh fad na bliadhna dhan tèid an aithris ionmhais ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh a thoirt a tha fior is ceart den teachd-a-steach is den chaiteachas is den t-sruthadh-airgid airson na bliadhna ionmhais agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Nochdaidh an stiùireadh seo mar leasachan ris an aithris air cunntasan.

A handwritten signature in black ink, appearing to read "Jim Brewster".

Air a shoighneachadh le Ministearan na h-Alba

Ceann-latha 26/10/12

# Faclair Ionmhais

Tha Ian mhìneachaidh ri fhaotainn ann am Leabhar-làimhe an Riaghaltas mu Aithisgean Ionmhasail (FReM)

## Bunait tàrmachaidh

Tha cunnasan a' Choimisein gan ullachadh air bunait tàrmachaidh. Tha seo a' ciallachadh gun aithnichear caiteachas is teachd-a-steach anns na cunnasan nuair a thathar ga chosg no ga chosnad - chan ann nuair a gheibhear no a phàighear an t-airgead.

## Crònadh

Coltach ri ìsleachadh ach air a chur an sàs do mhaoin dho-bheantainn, is e sin tomhas luach maoine a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

## Maoin

Rudeigin a bhuineas do Choimisean na Croitearachd no a bhios e a' cleachdad, m.e. stuth TF no còraichean air bathar-bog.

## Caiteachas-calpa

Caitheamh air maoin neo-làithreach.

## Sruth-airgid

Gluasad airgid tron Choimisean, seach teachd-a-steach is caiteachas air an tàrmachadh.

## Fiachanas tuiteamach

Fiachanas a dh'fhaodadh tachairt, a rèir tachartais air choreigin san àm ri teachd. Tha fiachanas tuiteamach ga chlàradh sna clàran-cunntasachd ma tha an tuiteamas coltach agus ma ghabhas sùim an fhiachanais a thomhas air thuairmse gu reusanta.

## Maoin làithreach

Maoin a thathar an dùil a bhios mar airgead-ullamh san ath dhà mhìos deug.

## Fiachanas làithreach

Fiachanas a thathar an dùil a bhith air a shocrachadh anns an ath dhà mhìos deug.

## Easbhaidh

Far a bheil caiteachas nas mothà na teachd-a-steach ann an ùine chunntasachd.

## Ìsleachadh

Tomhas luach maoin TF a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

## FReM

Leabhar-làimhe mu Aithisgean Ionmhasail a chuireas Roinn an Ionmhais a-mach.

## Bunait gnothaich leantainnich

Tha aithrisean ionmhasail gan ullachadh air a' bhunait seo, a' gabhail ris gun cùm Coimisean na Croitearachd air ag obrachadh san ùine air thoiseach fhad is a chithear air adhart.

## Tabhartas-mar-Chobhair

Maoineachadh a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba.

## Maoin Dho-bheantainn

Maoin, mar chòir bathar-bog a chleachdad, ris nach gabh beantainn.

## Fiachanas

Fiach air a' Choimisean do bhuidhinn no neach eile.

## Ro-phàighidhean

Sùim a phàighear ro làimh mar chead bathair-bhuig. Ga comharrachadh an toiseach mar mhaoin, tha i na cosgais an uair sin nuair a thathar air sgrù de bhuannachd a thoirt aiste.

## Ullachadh

Fiachanas far nach eil cinnt mun t-sùim no mun ùine.

## SPFM

Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh maoin phoblach mar as còir.

## Cothromas Phàighearan-cìse

Maoin ghlan Coimisean na Croitearachd.

## Ri phàigheadh ann am malairt

Suimeannan rim páigheadh ri luchd-solair bathair is sheirbheisean.

## Ri fhaighinn ann am malairt

Suimeannan rim páigheadh bho threas pàrtaidhean.